**BALESHARE.**—Eachdraidh ceud choinneimh a' gheamhraidh seo aig Meur a' Bhaileshair, an Uidhiste a Tuath. Air oidheche Dhi-h-aoine an seathamh la fichead de 'n Damhar bha coinneamh chumanta air a cumail 'san tigh-sgoile. Bha an iar-cheannsuidhe, Mgr. Gillesbeing MacAmhlaidh anns a' chathair. Leugh an ruinar, gearr-sheanachas na coinneimh bhliadhna (a chumadh air soirbheachadh troimh an ath bhliadhna, oir bha an oigridh ro dheònach air an guth a thogail le comhradh is cool. Dh'fhosgail Mgr. Aonghas Domhnallach an céilidh le pioaireachd, agus na dheidh sin chualas òrain bho'n Mhaighdean usal Mórarg Nic Mhathain agus Mgr. Domhnall Stiubhart. Lean Mgrn. Aonghas Mac Mhathain agus Iain G. Domhnallach le deagh sceulachdan, agus fhuaras òrain eile bho Mgrn. Aonghas Camshron agus Ruairi Mac Mhathain. Chluich Mgr. Domhnall Mac Gilleathain puirt air piob 'h air fideil. Dh'innis a' mhaighdean usal Mairi Nic Amhlaidh sgeulachd ghasta. An deigh òrain a chluinntinn bho'n Mhaighdean usal Una Nic Amhlaidh, agus bho Mgrn. Iain Mac Gilleathain agus Uisdean Mac Mhathain, chuirheadh a' choinneamh fa sgaol le pioaireachd, agus taing do fhear na cathrach.

**BRORA.**—The activities of the Brora branch are followed with close interest in the East Sutherland area. At the opening meeting a large company of influential personalities in the public life of the district were present. The early part of the evening was devoted to a ceilidh, which was afterwards followed by a tattie and herring supper. Mr. Donald MacPhail, Northern Organiser, contributed to the programme with song and story in addition to an informative address on the work of the movement.

**BUNESSAN.**—The Bunessan branch arranged their opening meeting on the occasion of Mr. Shaw's visit to the district. There was a large attendance present to welcome the General Secretary, who, in his remarks, made special reference to the work of establishing Comunn na h-Oigridh and the Gaelic Community Drama idea. A lengthy and varied programme was submitted and Mr. Shaw assisted with several nicely rendered songs and puirt-a-beul.

**COLL.**—The branch at Coll is one of the most popular institutions on the island and large attendances from all parts are present at the meetings held monthly. An additional ceilidh was held last month to welcome Mr. John MacIver, music teacher, who now conducts classes at Acha and Arinagour. The members expressed their pleasure at Mr. MacIver's visit, and they hoped he would enjoy his work with them in Coll.

**CONNEL.**—The visit of the Emsdale Gaelic Choir to the Connel branch was a much looked forward to occasion. A large audience welcomed Mr. Donald Dewar and his singers, and a delightful evening was spent in exhausting a nicely balanced programme of part songs, solos, and instrumental music. Captain Duncan MacGregor, who presided, spoke

in felicitous terms of the good work of the choir and their creditable performances at mod competitions. At the close of the concert the choir and friends were hospitably entertained by Miss Hall of Tandy.

**DUNDEE.**—Very pleasing reports are received of the concert promoted by the Dundee Highland Society. There was such a large demand for admission that it was impossible to accommodate all who desired to be present. The Earl of Airlie, who was introduced by Dr. Angus MacGillivray, chief of the Society, presided, and delivered a very interesting address. The concert programme, which was sustained by prominent artistes, was greatly enjoyed. Lord Provost Buisst paid a well deserved tribute to Mrs. Adamson, Secretary, and to the Committee for their splendid and valuable work in maintaining the best traditions of their race by organising and pioneering such delightful functions where their fellow Gaels could meet and receive encouragement to continue their efforts on behalf of their cultured heritage. It may be remembered that this society, some years ago, issued an interesting series of Gaelic publications which were highly esteemed for their literary and informative qualities in regard to Gaelic matters.

**DUNOON.**—A lecture by the Rev. Thomas Barclay, Sandbank, on the subject of "A week-end in a West Highland Parish," followed by a musical programme, constituted the proceedings at the monthly meeting of the Dunoon branch, over which Mr. Malcolm MacNeill, M.B.E., presided. In the course of his remarks, the Rev. Mr. Barclay gave an interesting and enjoyable account of his experiences in a West Highland manse, making particular reference to the hospitality received and the kindly and courteous qualities of the people he came in contact with during his visit.

**KINLOCHIEL.**—At the annual general meeting of the Lochielside branch, held recently, the following office-bearers were elected:—Hon. president, Lochiel; president, Mr. D. MacMillan, J.P., Corrybeg; vice-president, Mr. J. Lowrie, Garvan; joint secretaries, Mrs. Cameron, The Schoolhouse, and Mrs. D. Cameron, Torban; treasurer, Mr. Dugald S. Cameron, Torban. The first ceilidh of the season was held in the local hall, over which Mr. Archibald MacKellaig presided. Acting as "Fear an Tighe," he conducted the proceedings in real ceilidh manner and as the host he adhered to the traditional custom of recounting the first few sgeulachds. Thereafter song and story, with dancing items interspersed at intervals, constituted a most happy evening, which was greatly enjoyed by the large company present.

**LOCHINVER.**—The reopening ceilidh, which was also the business meeting of the Lochinver branch, was attended by a splendid turnout of members. The secretary and treasurer's reports were approved. Mr. A. M'Kenzie, Park House, was appointed hon. president, Mr. Hugh Macintosh president, and Miss Graham, vice-president. Mr. Macintosh then took the chair, and after addressing the members, he read a most interesting Gaelic letter from a correspondent in Cape Breton. The secretary, on behalf of the members, asked Mr. Macintosh to convey hearty greetings to his far-away Gaelic correspondent. A delightful tea, preceded by mashed potatoes containing lucky charms, was handed round by Miss Mina Mackay and the Misses Mackenzie. Tea was followed by apples and nuts. Several of the favourite singers at former ceilidhs were present and again delighted the audience with the old Gaelic songs. A new member, whose sweet rendering of

Gaelic singing was much appreciated, was Miss K. Macleod. Mr. Urquhart gave several recitations, and Mr. A. D. Macleod had some amusing stories. At the conclusion of the programme Mr. Macintosh made reference to the loss the Gaelic cause had sustained through the lamented death of a parishioner, the late Mr. Roderick Macleod, the gifted Gaelic singer. He asked the company to stand, and a minute's silence was observed in respect to his memory. It was decided to meet fortnightly instead of monthly.

NEWTONMORE.—The general meeting of the local branch was held in the hall committee room. Mr. T. Grant, J.P., vice-president, presided. The appointment of a president in succession to Miss Farquharson of Invercauld was deferred to a later meeting. Mr. Curley expressed the regret felt at Miss Farquharson's decision to retire, as she had, with her enthusiasm, done much valuable work for the branch and the movement. Mr. Grant again stressed the value and importance of the language, and trusted that full advantage would be taken of the Gaelic class, which will commence this season under the able tuition of Mr. Steele, Kingussie. The education grant would be available, and every assistance will be afforded by the branch. A vote of thanks to Mr. Grant for presiding concluded the meeting.

TAYNUILT.—The Cruachan branch opened the session with a ceilidh in the public hall. The president, the Rev. J. MacPherson, occupied the chair, and among those present were representatives from the Bonawe branch, who assisted the proceedings. The programme consisted of songs, sgeulachdan, and instrumental items. A very happy evening was spent in a most enjoyable manner and during that evening forty-five members were enrolled.

THREE.—During Mr. Shaw's visit a number of meetings were arranged for him in Three, which were held at Scarinish, Cornaig, and Hyilpol. At Scarinish the election of office-bearers was proceeded with. Mr. Malcolm MacLean, Salum, was appointed president, with Miss Kate MacCallum as secretary, and Mrs. D. M. MacLean, treasurer. Thereafter a ceilidh was held, to the programme of which a large company of artistes contributed. Mr. Shaw also assisted with several much appreciated Gaelic songs.

WICK.—There was a large attendance at the opening ceilidh of members and friends of Wick branch of An Comunn, in the Academy, on Friday evening, 9th November. Mr. Millar presided, and in his opening remarks, expressed gratification at the success of the recently-formed branch in Latheron which was carrying on with vigour and promise. A very enjoyable programme of songs and musical selections was gone through. Gaelic songs were sung by Mr. M. C. Mackenzie of the High School, and Scottish songs were rendered by Mrs. Sutherland, Miss Lyall, and Miss K. McKenzie. Miss M. S. Henderson played several delightful violin selections. The rest of the evening was devoted to ceilidh stories, anecdotes, and incidents, all of a humorous character, were told by Mr. Wm. Reid, Mr. Charles Begg, Mr. D. G. Henderson, Mrs. Cochran, and the chairman. A very happy evening was thus spent, and the session promises to be as successful as any since the origin of the branch.

TOBAR-MHOIRE.—Mórán bliadhnaich mu 'n robh a' cheud mhòd 's an Oban bha riaghailt aig "Comunn Gàidhlig Thobarmhoire" nach bitheadh cainnt idir ach Gàidhlig aig a choinneamhan. Tha

sinn a' dèanamh ar dibhill air an riaghailt sin a chumail air an là an diugh, agus chun eil sin cho duilich a chionn, am bitheadh, 's e Iain Camshron (Lochiall) a bhios anns a' chathair—esan aig a' bheil leithid de ghaol do 'n Ghàidhlig. 'S e bha air ceann na cuideachd aig a' cheud dhàimh de 'n t-seisean so, air an 24mh là de 'n Dàmhair. Bha oifigich chalma na "Lochinvar" an làthair agus thug iad duinn oidheche chridheil, Niall MacLeod a' seinn òran an deidh òrain, gach aon na b' fheàrr na chéile; Iain Comhannal 'a' cur blas gasda air a chuid òran; agus an Captein (Camshron) fhéin a' dol riutha gu sundach anns an fhlòr sheann dòigh. Is ann bho ar cridhe thug sinn taing do ar càirden sin aig deireadh na ceilidh. Dh' fhosgail a' choinneamh air an 7mh là de 'n t-Samhuinn le ceòl air a' phìob bho Raibeart MacLeod, mac ploibaire a' Chomuinn, gille nach 'eil ach mu ochd bliadhna de aois. Is e sgoilearan a mhaìu bha air a' cheud earrain de 'n chlàr. Thug iad duinn òrain aon-neach, ceòl-caraid, òrain ann an co-sheirm, daunsadh, Gàidhealach de 'n h-uile seòrsa, agus puirt air a' phiano. Labhair an sin an t-Urr. C. MacChill' Leathanig gu soilleir deas-bhriathrach air "Coinneach Odhar, Fiosaiche Bhraith-an-nu," agus bha mòran sgeòil aige mu dhèidhinn nan rudan iongantach is annasach a bha an duine ainmeil so comasach air a dhèanamh. Bha Niall MacLeod ann a ris, a' seinn cho mìlis 's a bha e roimh. Chòrd a h-uile ni anabarrach math ris a' chuideachd mhóir a bha 's an làthair.

#### OBAN MOD DONATIONS.

Previously acknowledged ...	£883 11 2
D. C. MacLeod, Esq., Skelmorlie ...	2 2 0
Mrs. Iain Campbell (Airds) ...	3 0 0
Entertainment at Kilchrenan ...	2 10 0
Fort William Branch ...	1 1 0
	<hr/>
	£892 4 2

#### AN COMUNN GAIDHEALACH.

FOUNDED 1891.

All Scottish Gaels, and all persons in sympathy with the Gaelic movement, are cordially invited to become members. The objects of the Association are to encourage and promote

- The teaching and use of the Gaelic Language,
- The study and cultivation of Gaelic Literature, History, Music, and Art,
- The native industries of the Highlands of Scotland, and
- The wearing of the Highland Dress.

#### TERMS OF MEMBERSHIP.

LIFE MEMBERS ..... One Subscription of £3 3s.  
ORDINARY MEMBERS, An Annual Subscription of 5s.  
"AN GAIDHEAL."

#### (FREE TO ALL MEMBERS.)

The Monthly Magazine of the Association contains records of Meetings of the Association, its Branches, and Affiliated Societies.

Post Free, 2/6 per annum (Subscriptions to be sent to the Secretary).

Treasurer, ROBERT MACFARLANE, C.A.  
Secretary, NELL SHAW.

Office - - 212 WEST GEORGE STREET, GLASGOW.

# THE HIGHLANDS' SPORTING STORES

For Guns, Rifles, Cartridges, Fishing Tackle and  
All Sports Requisites

*The Most Up-to-date Sporting Establishment in the Country*

## SPORTING GUNS OF QUALITY.

Supplied from stock or built specially to Customers' own requirements.

Keepers' and Farmers' Guns from £6 upwards.


Large Selection of Second-hand Guns always in stock.

## DEER-STALKING RIFLES.

New Model Mannlicher-Schonauer Rifles with and without Telescopic Sights, from ..... £13 10s Od.

Rook and Rabbit Rifles and Ammunition of all Calibres.

REPAIRS.—Guns and Rifles may be sent with confidence for Repair, Overhaul, or Alteration. Moderate Charges.



GAME PANNIERS, DEER-SADDLES GAME BAGS, STALKING TELESCOPES, VENISON BAGS, GAME BOXES, and every Requisite for Grouse Moor, Deer Forest, and Estate, at Incomparable Prices combined with Finest Quality.

## LEATHER GOODS.

SUIT CASES, TRUNKS, ATTACHE and DISPATCH CASES, HAT BOXES, HOLD-ALLS, MOTOR GAUNTLETS, LUGGAGE STRAPS,

etc., etc.



## GROUSE CARTRIDGES.

The "KILLER" .....	12/- per 100
The Famous "ROYAL" .....	13/6 "
The "CLACH" GASTIGHT .....	16/- "
The "BARRAGE" WETPROOF .....	17/- "
The "PEGAMOID" WATERPROOF .....	20/- "

All loaded on the premises in modern machines and with all-British components.  
500 Lots sent Carriage Paid.

## TAXIDERMY.


STAGS' HEADS — Preserved and Mounted on Oak Shields ..... 75/-

BIRDS, FISH, and ANIMALS — Preserved and set up true to Nature.

Telegrams — "Angler."

ESTABLISHED 1887.

'Phone 163.



## BADMINTON.

A Special Offer in Badminton Rackets and Shuttlecocks by leading makers from 6/6 to 35/-.  
SPECIAL OFFER TO CLUBS.

## GOLF.

Steel and Hickory-shafted Golf Clubs by best makers at Keenest Prices.

Golf Bags, Balls, Tees, Gloves, and everything for the Game.

## MACPHERSON'S FISHING TACKLE.

Once Chosen — Always Used.

Greenheart and Built Can Salmon and Trout Rods. "Hercules" and "Royal" Casts.

Flies and Tackle to suit all waters.

Sale Agents for the Famous "Grant Vibration" Fishing Rods.



## HOCKEY.

HOCKEY and SHINTY CLUBS and BALLS. FOOTBALLS. BOXING GLOVES. THERMOS and DRAM FLASKS, and all SPORTS GOODS.



**JOHN MACPHERSON, The Sporting Stores, INVERNESS**

**JUST PUBLISHED**—A New Edition of a famous Book—the Book which induced Dr. Johnson to visit the Western Isles.

# A Description of the Western Islands of Scotland

By **MARTIN MARTIN**  
(Circa 1695)

Edited and Containing Introduction by  
**DONALD J. MACLEOD, O.B.E., M.A., D.Litt.**

10/6 net.

Included in the Volume is Martin's "A Late Voyage to St. Kilda" and also "A Description of the Western Isles of Scotland," by Sir Donald Monro, High Dean of the Isles, who travelled through them in 1549. The book contains Martin's Map and Five Illustrations from the original plates.

THREE BOOKS IN ONE

*From all Booksellers.*

## ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

FOR THE BEST DESCRIPTION  
AND THE  
BEST VIEWS OF SCOTLAND  
SECURE

## Come to Scotland

Price - 1/-

By Post, 1/9

A Magnificent Guide Book  
with  
One Thousand Beautiful  
Views, and Printed on  
Finest Art Paper.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

Published by  
THE SIMMATH PRESS LTD.,  
DUNDEE.

**. . . ADVERTISE . . .  
DAY AND NIGHT**

WITH  
**SIMMATH**

## Ray Road Signs

THE ADVERTISEMENT  
THAT'S ALWAYS  
WORKING

All information from

**THE SIMMATH PRESS, LTD.**

Simmath House, Roseangle,


**DUNDEE**

SITUATIONS WANTED

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER

Advertisements under the above headings will be accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath House, Roseangle, Dundee.





## AN GAIDHEAL

EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE—*Douglas 1433.*

Leabhar XXX.]

*Am Faoilleach, 1935.*

[Earrann 4

### CUIMHNE IS DOCHAS.

Is i so an uair anns am bi iomairt air cuimhne agus air dòchas. Is ann le cuimhne a ghlèidheas sinn greim air coibhneas chàirdean re na bliadhna a dh'fhalbh; ach le deagh dhòchas tha sinn a' cùr fàilte air na càirdean ceudna, a' guidhe sonais agus soirbheachaidh dhaibh air feadh na bliadhna tha romhainn. Mar tha an aimsir a' ruith seachd tha caochlaidhean a' teachd; agus is e an duine glic a dh'ullaicheas a mhisneach gu bhì a' gabhail ris gach caochladh mar thig e gu crìch. Tha an Gaidheal buailteach a bhì cleachdadh a chuimhne gu beothail; tha e deas gu bhì a' meòrachadh air nithean taitneach a thainig 'n a char feadh a thuruis; ach air an laimh eile tha cuimhne eagnaich aige air na nithean deuchainneach. Is e sin a dh'fhag e cho so-aomte gu mulad mar thoradh air na cruaidh-chàsan a thainig air a' Ghaidhealtachd. Is còir dhuinn sin a mhothachadh agus a thuigsinn, a chum gu 'n cleachd sinn dòchas, agus gu 'n glac sinn misneach as ùr ri aghaidh cruadail.

\* \* \*

A thaobh an am ri teachd tha feum air dòchas. Ach is còir beachd a gabhail gu stolda air cùisean mar tha iad aig an am. Chan eil an cuspair sin taitneach ri luaidh, ach is eiginne sealltuinn air a' cheist gu cùramach. Tha aireamh na cloinne anns a' Ghaidhealtachd a sior dhol nas lugha gach bliadhna. Is e tha ann ach gnothach muldach mar tha na ficheadan de sgoiltean beaga a sior dhol

air an ais a thaobh àireamh nan sgoileirean. Far an robh ceud sgoilear bho chionn da fhichead bliadhna, chan eil ann an diugh ach deich thar fhichead. Thachair sin an iomadh cearn mu thuath. Ciod e an t-aobhar? Tha gu bheil na glinn a' sior dhol fàs. Tha na raontan falamh a' dol fo fhraoch is luachair, agus an sluagh ag iarraidh do na bailtean mòra, a chionn is nach eil cosnadh no beoshlàinte ri fhaotainn air clàr na dùthcha. Chan urrainn clann a bhì lionmhor, no na sgoiltean a bhì làn far nach eil dòigh air clann a thogail no bheathachadh.

\* \* \*

Chan eil ach ùine ghoirid bho thug An Comunn Gaidhealach aire do 'n chloinn le bhì a' suidheachadh Comunn na h-Oigridh. Tha sin gu math. Ach ciod am feum no a' bhuanachd ma dh'fhàsas àireamh na cloinne cho gann is nach bi a bheag dhiubh ri sheachnadh. Nach eil a soilleir nach eil romhainn ach seargadh is dubhadh a mach, mur deanar oideheirp air na glinn àiteach le tuath, a chum is gu'm bi òigridh pailt ann ar dùthaich mar b'abhaist. Their neach an sud, chan eil gnothach aig A' Chomunn ris na nithean sin. Is e dleasanas A' Chomuinn a' chàinain is an ceòl. Ach ged tha sin ceart, tha feum mòr an diugh air Comunn eile, a ni stri gus an tuath a chàradh air an fhearann. Bu chòir gum biodh crìoch àraidh aig a leithid sin de bhuidhinn; air an ainm an fhortain ciod is ciall a bhì caitheamh ùine no saothair air càinain, mur bi òigridh ann gus a bruidheann, agus cosnadh is lòn gus an òigridh sin àrach mar bu chòir.

Tha meanglain ùra 'g am fosgladh bho am gu am; agus tha sinn taingeil airson gach adhart a tha ri fhaicinn an cùis na càinain. Ach tha sinn car mall ann a bhi tuigsinn cho iomchuidh 's a tha e, gu'n ruigeamaid ar bràithrean thall thar chuan. Tuilleadh is aon turus thug mi tarraunn air a' cheart phuing so anns a' mhiosachan. The e coltach nach eil ar misneach làidir gu leor gu tighinn thairis air nithean a tha anns an t-slighe gus bacadh a chur oirnn. Bha an crois tàire 'n a chleachdadh aig ar sinnsir. Bha lasair is deatach a' chrois tàirse 'n an dùlan is 'n an dearbhadh air dilseachd is cruadal nan laoch. Chan fhaod e bhi gu'n do thréig dilseachd sinn, no gu'n deachaidh ar cruadal bàs. Tha na beusan ceudna sin cho riatanach an diugh 's a bha iad ri am nan creach anns na glinn. Rachadh an crois tàire air shiubhal; faicear a lasair air na sléibhteann; rachadh e thairis air monadh is cuan; gus mu dheireadh an cluinn na seòid an glaoth tionail agus an tig iad gu cabhair an dùthcha.

\* \* \*

Is e ar miann is ar rùn a' chàinain a ghleidheadh, chan ann a mhaoin an Alba, ach feadh an t-saoghail. Thug a' Bheurla an saoghal mòr fo a ceann. Car son nach deanadh Gaidhlig an cleas ceudna? Chan eil àite air thalamh do 'n deachaidh Gall, nach robh Gaidheal gun dàil 'g a ruigheachd, no eadhon a dol seachad air. Anns gach cearn is iomallaiche de 'n Impireachd Bhreatainnach tha clann nan Gaidheal an diugh a' cuimhneachadh air Tìr nam Beann agus air iarmaid an gràidh 's an t-seann dachaidh. Nach e an cridhe thall thar chuan a ni gàirdeachas ri teachdaireachd bliadhna ùire bho 'n Ghaidhealtachd. Mar tha fhios aig cuid de ar luchd leughaidh tha Mòd ri chumail an Vancouver air an earrach so tighinn. Is cinnteach gur an sud a bhios an cruinneachadh sona; càirdean bho astar fada a' coinneachadh agus a' cur fàilte is furan air a chèile. Labhraidh iad an seann chàinain an òige, agus èisdidh iad ri ceòl maiseach an dùthcha. Nach biodh e 'na nì gasda na'n cuireadh an Comunn Gaidhealach teachdaire a ghiulaineadh fios is fàilte gus na Gaidheil a bhios cruinn an Vancouver?

## PERTHSHIRE SETTLERS IN CANADA ONE HUNDRED YEARS AGO.

By COLONEL ALEX. FRASER, LL.D., Toronto,  
Canada.

### IV.

#### LAST DUEL IN CANADA.

A duel was fought in Perth in 1833, probably the last in Canada. John Wilson and Robert Lyon, law students, quarrelled about a young lady. Wilson sent the challenge, as Lyon had slapped his face one day in court. Lyon fell dead at the second shot. The tragedy caused great excitement. Mr. Wilson hid for some days, then surrendered himself, was tried and acquitted. He left Perth, rose to eminence at the bar, and ultimately became Chief Justice of Ontario, but he never would try a criminal case, leaving that to his colleagues. He bitterly mourned his part in the duel. It is said that on each anniversary of the duel he would shut himself up in his room to fast and pray and give vent to his sorrow.

In the early times Perth society had quite a tone infused into it through the residence there of so many officers on half-pay and their wives. The town was governed by a military superintendent until 1822, after which it had municipal government. Pension day among the soldiers was a day of high feasting, and fighting as well. The Officers' Mess was held in Adamson's Hotel, the "Red house," in the upper storey, which was one large room. Dinner parties among the officers were numerous, when the wine flowed freely.

#### ONE OF PERTH'S EARLIEST INDUSTRIES.

It may not be without interest to recall that among the very earliest of Perth's industries was a distillery. Connected with it was a "change-house," where the product of the distillery was dispensed. The whisky was called "Craig-darroch's Peatreck Whiskey," and by the capable judges of those days would be held to equal, if not to surpass, the best brand of the later Dewar's "Doctor's Special."

Two families sprung from the first settlers merit notice, those of the late Senator John Haggart and the late Senator Peter MacLaren. Haggart's mills were hives of industry from early times, and prosperity followed good, honest business. The Haggarts came from Loch Tayside, and the Hon. John Haggart, a veteran statesman, was one of Sir John A. Macdonald's ablest ministers, both as an administrator and a politician.

MacLaren's Mills became a mammoth

concern and the family accumulated great wealth. Senator MacLaren and Senator Haggart were to Perth what Pullar and Campbell were in their own day to the Fair City in Scotland.

Father La Mothe was the first Roman Catholic priest in Perth. He was succeeded by Rev. Father Macdonell, affectionately known as "Father John." He left behind him a fragrant memory; and many anecdotes, about him, quaint and kindly, have become legendary. He was transferred to Glengarry, and was gathered to his fathers among his own kith and kin at the advanced age of about one hundred years. At a time when he was building a new chapel, such was his popularity that many Presbyterians subscribed liberally to the building fund of the Roman Catholic Chapel. Later on the Presbyterians found it necessary to build a new church and they expected reciprocal help from the Catholics. They hoped that Father Macdonell would head their list with a subscription, so two of the elders called on him and explained their errand. To their surprise, and no small chagrin, he positively refused on the ground that he could not canonically help to erect a place of worship for heretics. As they were leaving he called them back and asked what they were to do with the old church building. It was to be pulled down they replied. "O, well, in that case," said the joking priest, "I shall be most happy to subscribe for the tearing down of an heretic church," and he gave a handsome donation.

#### HIGHLAND TRADITIONS AND SUPERSTITIONS.

Life in the early settlement may be partially illustrated in another way. The Highlanders brought with them their traditions and superstitions, and these formed the staple entertainment in many a logging camp and shanty in the long winter nights. John Robertson, from Tayside, as already stated, came in 1818. His son, Hugh, was the seer or second-sight possessor of the family. Before leaving Scotland, Hugh had a vision of the land he was to occupy in Upper Canada, so that he had no searching to do like the other settlers, but going into the forest recognised his lot and settled on it. Among the immigrants was a man to whom a seer in Scotland recounted the former half of his life, and was told that he would meet with another seer in Canada who would reveal the remainder. He met Hugh Robertson, who told him, among much else, that his death would occur at a certain date. On the date mentioned the man was accidentally killed at a logging "bee."

(To be continued.)

## A' CHRAOBH NOLLAIG ANNS A' CHOILLE.

*Eadar-theangaichte leis a' Bhean Uasail Nic Thomas, Bean Mhinisteir Chill Fhinn.*

Air latha grianach foghair leum trì feòragan sìos bun na craoibhe mòire giuthais, agus a steach do 'n phreas challtuinn far an robh am màthair ag obair am measg nan cnothan abaich a bha cheana air tuiteam.

Ann am prìobadh nan sùl rug am fear dosanach air cnò 'n a spògan agus air dha e féin a shocradh air géig mhóir làidir bhriseadh e an t-slige agus dh'itheadh e am biadh. Cha bu luaithe bha aon chnò crìoch-naichte na thug gach fear lamh air cnò eile. An uair bha iad cho sasuichte is nach b'urrainn dhaibh an còrr itheadh, thoisich iad air mire. Lean iad a chéile mu thimchioll nam preasan, a' leum bho gheug gu géig, sìos is suas bho bhonn gu barr nan craobh cho furasda is ged bhiodh iad air talamh réidh. Gidheadh bha iad an comhnaidh a' faire air eagal gu 'n tigeadh namhaid orra gun fhios. Bha piothaidean is ròcaisean, is seabhagan anns a' choille mhóir a bha an sud, agus an uair mhothaicheadh na feòragan cunnart sun bith, ruitheadh iad air ais do 'n nead, agus chrùbadh iad sìos le eagal. An sin thigeadh iad am mach a rithist a chluich agus a dh'ithe, no a chadal an gathan blàth na greine a bha soilleseach cho boidheach eadar duilleach dubh-ghorm a' ghiuthais. Sin mar bha gach latha gu na thòisich an duilleach air fas donn, agus a' ghaoth fhuair air séideadh, agus an reothadh geal air comhdach na talmhainn 's a' mhaduinn. Thoisich an sin na feòragan air cruinneachadh chnothan, agus air an cur am falach gu sabhailte ann an tuill agus an sgoltan nan creag.

Thachair air a' bhliadhna sin gu 'n tainig an geamhradh gle thràth, agus mar sin bha na feòragan 'n an cadal mar bu trice, ach thigeadh iad am mach an drasd is a rithist a shireadh bìdh ged nach robh sin sabhailte. Bha na craobhan lom gun duilleach, agus bha na seabhagan agus na piothaidean a' sireadh bìdh cuideachd.

Bha seachdain an deidh seachdain a' dol seachad, agus an talamh geal le sneachd, agus gach latha bha stòr nam feòragan a' fas na bu ghainne, gus mu dheireadh an robh an tasgaidh falamh.

B'eigin dhaibh a bhi cagnadh an rusg de na craobhan, ach bu bhochd am biadh e agus dh'fhàs iad cho lag 's cho truagh 's gur ann a bha iad coltach ri pocanan beaga béin làn chnàmhan. Chaill iad an cadal agus sguir iad de bhi 'mire; agus shuidheadh na còig

feòragan beaga bochda ri taobh na nìd, a' cumail an stùil air a' chloinn a' cluich anns an t-seanachd. Bhùineadh a' chlann do 'n tigh aig ceann shìos na coille, dìthis nighean agus dìthis bhalach. Cìod e cho gnìomhach 's a bha iad, a' sgeadachadh craobh bheag ghiuthais. Bha am meuran luath ealanta a' ceangal ni-eigin air na geugan, agus cha do stad iad de chrochadh gus an robh gach geug air lùbadh le cudthrom an eallaich. Bha na feòragan air bhoil gus am falbhadh a' chlann, oir bha ni-eigin ag innseadh dhaibh gu 'm b'fhìach a' chraobh ghiuthais ud a rannsachadh. Mu dheireidh sud a' chlann air falbh, is iad a' smeideadh ris na feòragan mar gu 'm biodh iad a' toirt cuiridh dhaibh gu cuirm. Cha bu ruith ach leum. Cha bu luaithe bha chlann air falbh na bha na feòragan an sàs anns a' chraoibh, agus cha bu ghannd fèis! Bha cnothan agus ubhlan ann, diasan cruthneachd de gach seorsa, bideagan arain agus cnapan siucair, a h-uile ni bu mhiann le cridhe feòraig.

Aig deireadh na cuirme cha bu ghannd leum is dannsa is cluich. Fad na h-ùine bha a' chlann 'n an crìban air cùl pris, is iad a' faicinn gach ni a bha tachairt agus ag radh ri cheile gu 'r e so a' chraobh Nollaig a b' fhearr a chunnaic iad riamh.

Gach latha an dèidh so thigeadh iad a sgeadachadh na craoibhe, gus mu dheireadh an d'fhàs na feòragan reamhar is d'paidh. An sin thainig an aiteamh, agus bha cnothan am pailteas fo 'n duillich a bha sgapte aig bun nan craobh. Mar sin bha iad toilichte agus gun ghainne gus an tainig an t-Earrach agus pailteas a ris.



**TOBARMHOIRE.**—Bha an taigh-sgoile gu math làn, 'nuair ghabh Iain Camshron (Lochiall) a' chathair aig na cèilidhean air an 21mh là de'n t-Samhuinn agus air an 5mh là de'n Dùdhlachd. Bha buill A' Chomuinn ann am fonn math, agus bha sinn toilichte seinneadair ùr fhaighinn ann an Iain Eideard a tha ùr thighinn do Thobarmhoire. Eadar leughadh, ùr-aithris, cluich comh-labhairt, òrain, ceòl air guth-chliath 's air piano, sgeulachdan; agus "blaomastaireachd" air "Mort Ghlinn-Comhainn," "Na Caimbeulaich," agus "Turus luchd teagaisg gu Amèrica," chaidh oidhcheanan sunndach soirbheasach a chur seachad.

**WICK.**—There was an exceptionally large attendance at the special ceilidh of members and friends of Wick Branch of An Comunn, held in the Academy on Friday evening, 7th December. Mr. Millar presided, and a very enjoyable musical programme was gone through. Solas were rendered by Miss L. Macadie, Mr. Young, Miss K. M'Kenzie, Mrs. Sutherland, Miss Jessie, M'Leod, Mr. Mackenzie (Gaelic songs), and Mr. Urquhart, who also gave a humorous reading. Miss Henderson played delightful violin selections, and the choir rendered a part-song. Tea was served during an interval, and when the ceilidh was resumed several members told appropriate stories or anecdotes, mostly of a humorous character.

## OBITUARY.

This month we mourn the loss of devoted members of An Comunn. The Lady Helen Tod, who passed away on 1st December, took a very active interest in our work. For many years she represented the Atholl Branch on the Executive Council, and she also acted as Convener of the local Committee since the inception of the Perthshire Provincial Mod. In all her efforts for the furtherance of Gaelic matters she was zealous and painstaking, and her example was an inspiration to all who laboured with her in her native county. The passing of Lady Helen Tod is a distinct loss to the Gaelic movement in Perthshire.

Captain Duncan Finlayson, O.B.E., who passed away on 13th December, was one of the Gaelic stalwarts in the Northern District. A native of Lochcarron, he had a distinguished military career as a young man, and shortly after his return to civil life he was appointed Chief Constable of Ross and Cromarty in 1905, with headquarters at Dingwall. A true Gael, he actively interested himself in the activities of the Dingwall Branch, of which he was president. He was convener of the Local Committee in 1931, when the National Mod was held in the town, and the success attained on that occasion was in no small measure due to his zeal and enthusiasm. During the many years he acted as Chief Constable he took a conspicuous part in the public life of the county. He had a warm corner in his heart for his native Gaelic speech, which he encouraged on all possible occasions. His presence will be missed by those who were associated with him in the cause of Tir is Teanga.

It is with deep regret that we refer to the death of Mrs. D. G. Duff, who was more familiarly known as Miss Bessie Campbell. One of our favourite Gaelic singers, she possessed a charming voice, and although resident in Denbigh, Wales, she regularly attended the National Mod, and at Oban, last September, she was one of the many former Gold Medallists who assisted at the Rural Choir Concerts. Many will remember her brilliant characterisation of the part of "Mairead," in the Gaelic play of that name, which was produced at the Glasgow Mod in 1921. An accomplished young lady of engaging personality, her passing away is a great loss to our movement, and to her husband and family we tender our sincere sympathy.

## IAIN MAC COINNICH.

Fear-deasachaidh "Sàr Obair nam bàrd  
Gaidhealach."

*A' Cheud Duais, Mod 1934.*

Le IAIN N. MACLEOD.

### II.

Chan eil fios aig mòran gu robh Iain Mac Coinnich 'n a aon de na daoine a bha ag ullachadh "Cuirtear nan Gleann." Bha fear ris an canadh iad "Tormod Og" 'n a fhear-deasaiche air a' "Chuirtear" combla ri Iain. Bhiodh "Tormod Og" a sgrìobhadh na Gaidhlig a reir fonn gach lididh, agus, a' freagairt gach litir ghnòthuich a bhuineadh do 'n "Chuirtear," agus b' e obair Iain Mhic Coinnich a bhi deasachadh gach sgrìobhadh airson a' chlà.

Is e bàrd a bha an Iain Mac Coinnich, ach ged a chuir e àireamh mhath de bhàrdachd an eagaibh a chéile, chan eil sgiala air aon rànna rinn e. A réir a bheachd fhéin b' e òran gaol a rinn e anns a' bhliadhna 1830 do Mhàiri Sudge, nighean òsdaire a bha an Inbhir-uirge an Gallaibh, aon cho math agus a rinn e. Chuir e an t-òran sin an clò anns a' "Chruiteura," agus bha meas mòr air aig an àm, chan e a mhàin airson snas na bàrdachd a bha ann, ach a chionn gun robh e air a chur air fonn a bha siubhalach cuireadach air bial gach duine anns an là sin. An uair nach robh e ach 'n a bhalach glé òg, rinn e òran do bheart-fhighe a bha aig nàbuidh dha, agus is e mo bharail gun do chlà-bhuiladh an t-òran sin uair eigin anns an "Celtic Magazine."

Beagan ùine mu 'n do chaochail e, bha e gu dripeil ag eadar-theangachadh a' Bhiobuill gu Gaidhlig, ach cha d' fhuair mi mach riamh có an comunn airson an robh e a' deanamh na h-obrach sin, no dé a thachair do an làmh-sgrìobhainn sin.

Theireadh muinntir Ghearrloch gur h-e cho dìon agus a bha e ag obair air eadar-theangachadh a' Bhiobuill gu Gaidhlig a thug briseadh air a shlàinte, ach a réir beachd cuid eile a rinn mion-rannsachadh air cùrsa a bheatha, tha sinn a' tuigsinn gur h-e an t-saothair a ghabh e ri a chuid fhéin de Fhaclair Mhic Ailpein a bhris air a shlàinte gu buileach. An uair nach robh e comasach air cumail air adhart na b' fhaide le a obair, thàinig e dhachaidh gu Gearrloch gu a sheann eòlas, an déidh dha a bhi ceithir bliadhna diag as aonais na dùtcha. Ged a chaidh gach muirn agus càirdeas agus carthannas a nochdadh dha 'n a thinneas le a chàirdean, cha tug sin feabhas sam bith air a chor agus chaochail e an tigh a athar aig Lòn-dubh faisg air Poll-ùt

anns an Lunasdal 1848. Chaidh a thiodh-eacadh am broinn an t-seann t-seipeil an cladh Ghearrloch, agus a chionn còrr agus trì fichead bliadhna thogadh carragh-cuimhne eireachdail air an uaigh aige, mar chomharradh air spéis nan Gaidheal do a obair as leth ar cànan agus ar ciuil. Am measg nan Gaidheal còire a rinn ullachadh airson airgid a thionail airson a' charragh-cuimhne aige, bha an Rìdèir Coinneach Mac Coinnich Ghearrloch; Tearlach Frisale Mac an Toisich; Osgood Mac Coinnich, Inbhir-iu; Iain Mac Aoidh, Shrewsbury; An t-Ollamh Mac Ghille Dhuibh agus Domhnall Mac Griogair, Lunnainn.

Bha Iain Mac Coinnich meanbh 'n a bhodhaig, le falt bàn agus aodann caol, snaidhte, glasneulach, agus eadhon o a òige bha a choimhearsnaich ag amharc air mar dhuine a bha sònruichte an iomadh dòigh am measg a choimhearsnaich. Fhuair e mòran allabain agus an-sheagaireachd an uair a bha e a' siubhal thall agus a bhos an tòir air bàrdachd agus seachasan, agus gabhadh e creidsinn nach do chuidich sin le a shlàinte, ach bha a dhéidh air an obair a ghabh e os làimh cho mòr agus gu robh e a' cur a shlàinte fhéin an suarachas gach là na'm faigheadh e òran agus sgiala air a shlighe am measg muinntir a' chlachain. Gun teagamh bha mòran 'n a là ag amharc air mar dhearg amadan, a chionn gun biodh e a' siubhal nam fiadhlaichean a' cruinneachadh bàrdachd dhìomhain agus sgialachdan faoine, ach bu bheag an dragh a bha am beachd sin a' cur airson.

Bha teanga gheur sgaitheach aig Iain, agus is iomadh uair a thug sin àbhachdas am measg na cuideachd anns am biodh e. Bha e air feasgar àraidh an tigh air choreigin, agus thàinig nighean an tigh a steach as an tobar le cuinneig uisge, "An do thuit an oidheche, a Cheit?" arsa h-athair rithe. "Thuit: tha i dìreach an déidh tuiteam," arsa Ceit. Sheall Iain oirre agus e a' leigeadh air gu robh e am imcheist, a bha mòr. "Gun gléidh an sealb sinne," arsa e san: "cìod e a dh'eireas dhuinn? C' àite an do thuit i?"

An uair a bha Iain Mac Coinnich a' siubhal troimh eileanan Innse-Gall a' cruinneachadh bàrdachd airson "Sàr Obair nam Bàrd Gaidhealach," thachair dha a bhi oidheche am Port-rìgh. Bha e aig an aon àm a' cruinneachadh airgid a' phaipeir-naidheachd "Inverness Courier," agus air an fheasgar ud chuir e na fhuair e de airgid a' phaipeir sin do 'n tigh-réidh am Port-rìgh, agus dh' iarr fear an tigh-réidh air fuireach combla ris fhéin ré na h-oidheche sin. Ghabh Iain ris a' chuireadh, agus mu ìosal fheasgar chaidh e sìos cuairt a dh' ionnsuidh laimhrig Phort-rìgh. Bha còta mòr fada air a bha

ruigheachd sìos gu a shàilean, agus bho e 'n a fhasan aige an còmhnaidh a bhì sealltuinn mu 'n cuairt da, agus gu tric suas do na speuran, agus shaoileadh neach nach robh eòlach air gu robh mòran de dhìth-cèille air. An uair a ràinig e an laimhrig, chunnaic e soitheach air acaire an sin, agus cumadh boirionnach air a toiseach. Cha do thog Iain a shùil dhìth, agus mu dheireadh thuir e captein ris, "Nach' eil i da-rìreamh 'n a boirionnach briagha!" "Gun teagamh tha," arsa Iain, "b' fhearr leam gu ceicadh tu rium i." "Is fhearr dhuit an soitheach a cheannach," arsa an captein. "Chan urrainn mi," arsa Iain; "chan e na h-uile duine a bhiodh comasach air an soitheach sin a cheannach, agus is e am boirionnach a tha air a toiseach a tha mise ag iarraidh." Chum an captein air tarraing as, agus dhùil aige gur h-e leth amadan a bha ann. "Is iomadh duine a chunnaic mi le còta a bu ghiorra na thu fhéin leis am bu mhiann a ceannach," arsa an captein. "Ma tha," arsa Iain, "bu mhiann leam a ceannach air sgàth a bhoirionnach a tha air a toiseach. Bheil luchd agad innte?" "Tha," arsa an captein: "Tha coig ciad bolta mine innte agus dé bheir thu oirre?" "Is leamsa i," arsa Iain, "airson trì chlad pinn Sasunnach," agus leam e air bord, agus thig e agus sìos coig pinn Sasunnach mar urras air bialamh a' chaithean. Is ann an uair sin a thug an captein nach robh fear a ghnòthaich cho gorm agus a bha e am beachd, agus dh' fhoighnich e de aon de na seoldairean an robh beachd aige gum biodh airgid aig Iain. "Faodaidh tu bhì cinnteach gu bheil," arsa an seoldair, "mu 'n d' fhàg e coig pinn Sasunnach agad." Chaidh Mac Coinnich air ball air ais agus dh' innis e do fhear an tigh-réidh gun cheannaich e an soitheach mar bha i airson trì cheud pinn Sasunnach, agus gun d' fhag e coig pinn aig a' chaithean mar urras. Dh' aithich Iain nach robh airgid aige a phàigheadh air a son, ach gum b' fhiach an luchd a bha innte còrr agus na thairg e oirre. Rinn fear an tigh-réidh suas a inntinn gun ceannaicheadh e fhéin an soitheach, agus gun toireadh e suim mhath do Mhac Coinnich airson a bhì cho dealasach. Chaidh iad air ball far an robh an captein, agus thairg iad na trì cheud pinn Sasunnach a thoirt dha air a bhois. Chaidh an captein 'n a bhoil gu h-uamhasach, agus dh' iarr e gun gabhadh iad a lethsgial airson a bhì cho gòrach agus gun deanadh e cumha gu soitheach nach bu leis fhéin a reic, agus mu dheireadh thairg e trì fichead pinn Sasunnach a thoirt do Mhac Coinnich na'n leigeadh e seachad a chòir air an t-soitheach. Rinn Mac Coinnich sin, agus cha do ghabh e sgillinn de na thairg an captein

dha, ach thuir e ris nach bu chòir dha beachd amadan a ghabhail air duine sam bith gus a faigheadh e aobhar ceart airson sin.

Bha inntinn bhreithneachail, thuigseach, gheurhaiseach, aig Iain Mac Coinnich, chan e mhàin a thaobh ghnòthaichean a bhuineadh do chàin air do cheòl na Gaidhlig, ach a thaobh a bheachdan air creideamh agus cràbhadh cuideachd. Bhiodh e gu tric a' sgrìobhadh shearmonan an Gaidhlig do mhinistearan nach robh comasach air Gaidhlig a sgrìobhadh, agus tha Alasdair Mac Coinnich a bha 'n a fhear-deasachdair air an "Celtic Magazine" ag ràdh gun do leugh ean cuid de na searmonan sin, agus gun tigeair uatha nach robh sràd de spiorad cumhann an là anns an robh e beò fuaighte idir ri Mac Coinnich. Bha e uair aig Orduighean an coimhthional àraidh anns a' Ghaidhealtachd, agus thuir e gu robh e air a ghnòthachadh a chridhe an uair a bha e cluinntinn uamhasan an lagha agus na h-ifrinn air an searmonachadh an àite gràdh agus bàidh Chrìosda ri peacaich. "Tha mi ag amharc air an seòrsa searmonachaidh sin," arsa ean, "mar thobbeum an aghaidh m' Athar Nèamhaidh. Gu de cho an-ìochdmhor agus a tha Dia air a dheanamh leotha. Is e Dia a' ghaol aig an t-samhraidh a tha 'n a mo Dhia-sa. Is e mo dhiabhal a dheanainns de 'n t-seorsa De a tha iad a' searmonachadh dhùinn."

Is e so cunntas beag cearbach air beatha agus obair Iain Mhic Coinnich Ghearrloch. Chan eil e idir soirbh mòran iomraidh fhaighinn an leabhraichean Gaidhlig no Beurla air a bheatha agus a shaothair fhéin-àicheil as leth ar càin air agus ar ciùil, agus rinn mise gach rannsachadh a b' urrainn domh airson gum biodh an cunntas so cho eagnuidh agus a ghabhadh e deanadh. Cha d' fhuair mi forbhais air aon chunntas a sgrìobhadh an Gaidhlig mu a obair, rud a tha glé neonach. Ged a rinn e na rinn e ann an cur àirde air a' Ghaidhlig, is mòr m' eagal gu bheil an linn anns a bheil sinn beò a' deanamh dearmaid air a bhì meòrachadh uime, Gun teagamh faodaidh e bhì gu bheil iomrallan cainte agus cunntasan nach eil eagnuidh an clò "Sàr Obair nam Bàrd Gaidhealach," ach dé dheanamaid mur biodh an leabhar so againn airson a bhì 'g a rannsachadh agus 'g a cheartachadh. Chaidh esan gu uchd a dhìchill ann a bhì cruinneachadh bàrdachd agus seanchas anns gach àite. Rinn e na dh' fhaodadh e, agus an d' rinn cuid a dh' fhaodas coire fhaighinn do a shaothair an roinn fhéin ann a bhì dioghlam am fion-lios na càin mar a rinn ean? Sin a' cheist. Ach an cridhe nam fìor Ghaidheal bith cuimhne Iain Mhic Coinnich maireannach fhad 's a bhuaileas tonn ri tràigh.

## LAMENT FOR THE CHAMPIONS OF THE RED BRANCH.

Song of curlew,  
Shrill and lonely,  
Found an echo in my ears:  
Western breakers,  
Seething fiercely,  
Roused my spirit's deepest fears.  
In the gloaming  
By a peat-fire,  
On the shores of Alba's sea,  
Keltic mists  
Of gloomy portent  
Cast o'er me their glamourie.  
Fifty druids,  
Clad in snow-white,  
Tresses stirred by evening's breeze,  
Chaunted low  
The song of Connar,  
'Neath the grove of sacred trees.  
Emain Macha!  
Home of heroes!  
Dwelling-place of Connar's band,  
Proudly rise  
Thy towers and castles  
O'er the fair Ultonian land.  
Nobly went  
Thy hosts to battle  
'Gainst the wild Galwegian Queen:  
Never since  
Have men so mighty  
In Erin or in Alba been.  
Emain Macha!  
Home of minstrels!  
Song and feast dwelt in thy halls:  
Oft the wandering  
Bard has tarried  
'Neath thy hospitable walls.  
Gladly has  
The clarsach sounded,  
Gaily passed the ruby wine;  
Never more  
Shall be in Gaeldom  
Noble feasts the like of thine.  
Emain Macha,  
Woe came to thee  
On that day when Connar viewed,  
With eyes of love,  
The fair Deirdre,  
Singing in the sacred wood.  
Snow-white breasts,  
And eyes like sapphire,  
Hair like rays of Leigh's bright car,  
Cheeks like roses,  
Grown midst lillies:  
For these did Connar go to war.

Fell the glorious  
Sons of Úsnach:  
Fell Cuchullain, brave and free:  
Fiacha, Illain,  
Connal, Fergus,  
For the love of Deirdre.  
Emain Macha!  
Home of silence!  
Mourn 'st thou for thy mighty dead?  
Mound of memory,  
Stripped of glory,  
Whence all youth and life has fled!  
Lament, ye bards,  
For Emain Macha,  
Pour forth its swan-song o'er the lea:  
The champions  
Of the brand of Ulster  
Never more shall Erin see!  
The seabird's cry  
Awakened me early.  
I cast my plaid upon the sand,  
And watched the ray  
Of heaven's glory,  
Gilding the far Ultonian land.  
WM. A. S. FLOOD.

## TOBAR A' CHINN.

Le A. BUDGE MACASKILL,  
Doncaster.

(*A' Cheud Duais, Mod 1933.*)

Air latha geal samhraidh thàinig Fear an Rudha a mach as a thigh agus thug e sùil mu'n cuairt. Bha an saoghal uile seimh, ciùin; na lusan 'nan cadal fo bhlàths na gréine air nach robh neul dorcha a' cur sgàile; a' mhuir mar sgàthan fìor-ghlan do na beanntalbh gorma. Shìos ri taobh na mara bha a chuid spréidhe ag ionaltradh, na cuileagan an dràsda agus a rithist 'gan gluasad am measg an rainich 's an fhraoich. Air sliabh na beinne bha na caoraich fo thàmh an dubhar chlachan is chreagan, am beagan a bha ann diubh, oir cha robh na caoraich air teachd do'n Ghàidhealtachd gu léir fhathast. 'Sann a thigheadh e steach air neach nach robh peacadh no mì-rùn ri tachairt riutha anns a' phàrras bheag a bha so.

Thionndaidh e agus thug e a chlaidheamh agus a bhiodag a nuas o'n bhalla. Theannaich e a bhàrran mu chasan agus a bhoineid mu cheann. Bha e mar so greis 'ga aodachadh fhéin. Chuir an ablach mnatha aige a ceann a mach air an doras:—

“C'ait am bheil thu togail oirre a nis?”

"Rud nach innis mi 'n diugh cha n-aithris thu màireach."

Cha do chuir so athadh air a' bhoirionnach: bha i cleachdte ri nithean doirbhe. Cha n-atharraicheadh i dath ged a bheireadh a mac dhachaidh marbh air targaid na'm biodh mac aice, rud nach robh 's cha bhiodh e coltach gu'm biodh tuilleadh. Thug i sùil air a' choisiche 's e leum gu h-easgaidh thar an alltan bhig a' ruith aig ceann an tighe, agus chunnaic i an claidheamh ri 'shliasaid. Chan ann tric a dh' fhalbhadh e uidheamaichte mar sud, gun fàth a thurus innsheadh dhi, ach nach robh e air fàs neònach bho chionn mhiosan air ais 's gur gan a theireadh e facal rithe? 'S coma dhise ciamar a dh' fhalbhadh no thigeadh e; na'n èireadh dàdha rachadh i glé ealamh do thaigh a bràthar air Rudha Shléibhte. C'arson a bhiodh dragh air neach air latha grianach mar so, a' ghrian a' boillsgeadh gu séimh 's a' mhuir mar ghloine, Sgurr Alasdair le caochladh dhathan 'n sheasamh shuas air a cùlaobh is e an iompais faclan coibhneil a labhairt. Thall air an fhaireg chitear Rùm agus Canaidh agus Uibhist nan eun 'n an suidhe air a' mhachair loinnrich. B'ailidh an sealladh a bha sgaoilte fa chomhar a sùla.

Fhad agus a bha a' bhean 'n a seasamh mar so bha Fear an Rudha a' deanamh adhartais mhaith air a thurus. B'aotrom a cheum; leum e o thom gu tom le lùths nan eang, a thargaid a' bocail air a' dhruim 's a' bhreacan a' seideadh a mach 'na dhéidh mar sheòl luinge. Cha do chuir alltan stad air, rachadh e thairis orra mar nach biodh iad idir ann. Cha robh a leth bhreac 's an dùthaich airson astar a chur 'na dhéidh. Bha e àrd 'na phearsa agus domhain 's a' bhroilleach, 'n a' dhuine deanta. Air a' ghualainn bha a' bhreacan air a' thigeadh an dòigh choma ach bha eileadh crochte gu snasmhor mu mheadhon. Do dhùine greis uaithe bha e maiseach ri ambarc air. An uair a' thigeadh neach dlùth mhiannaicheadh e bhi còmhla ri fear 's an bith eile. Bha aogas an duine fhada so 'na chùis eagail. Os cionn a' shùla bha lorg de bhuille trom a' bhlaír. An uair a' thigeadh corruich air, ni a' thachradh tric, dh' fhàsadh an làrach so dearg, an sin dubhghorm. Air fheusaig cha tàinig ealtuinn bho iomadh latha; rud nach robh annasach 's an latha bh' ann, ach bha i so cho peallach, mar chaor'-uan a' gheibheadh droch gheamhradh. Bha i cuideachd salach. Bha a' dhead a' dhith dà fhiaicail agus air uairean thigeadh e smugaid troimh an bhearna air na badan fraoich a' fas ri taobh a' cheuma.

Chum e air. Thàinig e fadheòidh suas ri taobh an locha is faicear sin mar sgàthan soilleir air a' chuartheadh le beanntan

gorm is dearg. 'S e bh' anns an loch so ach ribe do'n mharachaie, le beul farsuinn, fosgailte ri siantan a' Chuain Shiair. Air an latha gheal so bha an loch sìobhalta, ciùin is chitheadh an coisiche na meallan geala far an robh an t-uisge staoin. Bha an sùlaire agus an lach ag gabhail foise air uachdar an uisge an déidh ann bronnach a' shàsachadh. Bha gach ni sàmhach agus sìtheil, gun fhuaim gun duine r'a fhaicinn thall no bhos. Bhuineadh an latha do Thìr nan Og.

the sufferers, the Chief was not without friends among the justices of the peace, any two of whom could hold court. The higher courts of justice were far off, litigation was expensive and beyond the means of the settlers among whom money was scarce, and beyond and above all this, it was believed that the Government of the Province was a "Cabal of the Closet" and that backstairs influence was of more account with the Executive Council than the general welfare of the increasing population. In fact, the Government of that day, and for years before and after, was called "The Family Compact," and although my own researches lead me to believe that the term was not justly applied—taking all the circumstances of the time into consideration—yet settlers in the backwoods sparsely scattered over wide areas of trackless forests were not unnaturally inclined to believe that ruling powers tolerating such abuses as unquestionably existed in the MacNab settlement were open to sinister influences. The MacNab was a "gentleman," had the flair and assurance of a Highland chief, and held contracts, the legality of which was not for many years tested, and his actions were upheld at the centre of power.

#### EFFORT FAILS TO TRANSPLANT FEUDALISM.

Highlanders, however, are not easily beaten. Among the men of Perthshire were some who were convinced that they had been deceived, and they agitated, petitioned, and wrote letters to the press and to the home Government. The Chief generally succeeded in stamping out agitation by evictions from half-cleared farms, by sentences imposed in his own court, on trivial or trumped up charges, by which his tenants were terrorised. Yet, after all, the day of sure reckoning was approaching. A real official enquiry was ordered, and for the first time the conditions on which The MacNab obtained his land from the Crown were revealed. It was shown that he had never had the ownership which he claimed to have in the land. Shorn of illusory appearances, his real status was that of a Government agent engaged in the settlement of a township under the ordinary regulations of settlement. Then came the demand to disgorge, and quickly the arbitrary glory of Kinnel Lodge, on the river Ottawa, passed away. The design was bold and daring, and a few years earlier might have succeeded, but with the march of enlightenment and education, even in the backwoods of Canada, it was doomed to failure. To-day, there is no section of Canada more attractive, with its fertile farms, its prosperous towns and villages, reminiscent of Killin,

Lochearn, and Balquhider than the district on the southern bank of the Ottawa river in which an effort was made to transplant feudalism into Canada by the Last Laird of MacNab, a hundred years ago.

(To be continued.)

### CIONNAS A THACHAIR MI AIR A' GHÀIDHLIG.

An do chuir mi an céill rianh dhuibh an dòigh anabarrach neònach anns an cuala mi a' Ghàidhlig airson a' cheud uair? Faodaidh mi ràdh an toiseach gu'n do rugadh mi an Abar-eadhain, agus cha ruig mi leas a ràdh nach chluinnear aon fhacal Gàidhlig anns a' bhaile dhealrach aig taobh na mara. A bharrachd air a sin dh'fhag mi mo dhùthaich nuair a bha mi glé òg is chuir mi seachad a' chuid bu mhò de mo bheatha ann an Sasunn. Leis a sin chan iongnadh idir gu 'n do dhi-chuimhnich mi gu tur gu 'n robh anns an t-saoghal cànan ris an abrair Gàidhlig. Matà, beagan bhliadhnachan air ais thachair orm a bhi air a' bhàta a' tighinn bho 'n Fraing. Bha gaoth làidir ann is mar sin shir mi mach dìon àite gu toit mhath de 'n phìob a ghabhail. Bha duine ann de dà chailleig. Thòisich e air cànan a bhruidhinn nach b' urrainn domh idir a dheanamh a mach. Faodaidh mi ràdh gu bheil mi comasach air dhà no trì chànanean coimheach a labhairt, ach dh'fhaireadh e orm gu buileach aon fhacal a thogail de na bha e ag ràdh. Agus gu mo mhór iongnadh cha do fhreagair na caileagan anns a' chànan ud ach anns a' Bheurla Ghallda, mar so: "Ayc" neo "A dima ken." Fad na h-ùine uile gu leir a bha mi làimh riù cha do labhair na caileagan ach a' Bheurla Ghallda agus cha do labhair an duine ach a' chànan neònach sin.

Nuair a ràinig am bàta Sasunn bha mi fathast an imcheist nu 'n chùis. Shuidh mi gu socrach anns a' charbad-iaruinn is bha sinn mu leth slighe do Lunnainn nuair gu h-obann ghlaodh mi inach: "Tha e agam. Cuiridh mi geall gur i a' Ghàidhlig a bh'ann."

Siu agaibh, matà, dìreach a' cheud uair a chuala mi a' Ghàidhlig. Chuir mi romham a h-ionnsachadh agus cha b' fhada gun an do thachair mi air càrdean suairce a bha ro dheònach gus mo chuideachadh leatha. A nis gu bheil mi tighinn gu aois, is mise tha toilichte gu 'n d'amaid mi oirre, agus tha mi ag innseadh dhuibh gu bheil e mòran na 's taitniche am feasgar a chur seachad na cuideachd na Gàidhlig na bhi an cuideachd na muinntir aig an cinema. Is mise dhearbh sin!

ALASDAIR MACDHONNCHÀIDH

## URRAM DO'N CHEANN SUIDHE.

Tha iomadh latha bho 'n a bha co-chruinneachadh cho mòr de Ghaidheil an cuideachd a cheile air Oidheche na Seann Bhlaidhn' Uire is a bha an "Aitreach nan Gaidheil" air an dara la deug de'n Fhaoiteach. Bha an Talla loma-làn. B'e aobhar dha so gu 'n robh Ceilidh nan Gaidheil agus cairdean Gaidhealach eile ag cur urrainn air Mgr Iain R. MacGille na Brataich, Ceann Suidhe a' Chomuinn Gaidhealaich, agus aon de luchd-stéidheachaidh na Ceilidh. Bha bhàrd air an deagh chur an ordugh air an ullachadh fa chomhair na cuideachd a theann a mach a chum a bhi a' nochdadh do aoidh an fheasgair an Àrd chliu air fhéin gu pearsanta agus am meas air an t-saothair ionmholta a rinn e ré fad a laithean ann an aobhar na Gaidhlig.

Air ceann na cuideachd bha Mgr Calum MacLeòid a tha nis 'na Cheann Suidhe air a' Ceilidh fad seachd bliadhna fichead, agus ré na h-uine sin, agus roimhe, bha e fhéin is Mgr MacGille na Brataich ann an dlùth chairdeas.

Mar is dual ann an Ceilidh nan Gaidheil b'e ceann toisich obair an fheasgair buidheachas a thoirt do'n Àrd Thi air son a mhaitheasan agus rinneadh sin leis an Urramach Alasdair MacDhomhnaill, Ministear Eaglais Chalum Chille, a rinn mar an ceudna ailtachadh roimh 'n bhiaidh, agus an deidh sin bha obair an fheasgair ann an làn-ghleus.

Ann am briathran freagarrach mar a leanas nochd Mgr Calum MacLeòid do Mgr MacGille na Brataich deagh-ghean a chairdean agus aig crìoch na h-òraide thiodhlaic e dha inneal a ghuth-athar agus pasgan airgid, agus fhuair Mórág, a nighean, mar an ceudna cuimhneachan dhi fhéin a chum a bhi a leigeil ris dhi deagh rùn a cairdean dhi fhéin is do a h-athair.

### Oraid Mgr. Chalum MhicLeòid.

Tha sinn an so an nochd gu bhi ag cur seachd feasgar caidreach ann an cuideachd a chéile, ach gu sònraichte gu bhi ag cur urrainn air neach tha làn-airidh air an urram as àirde a tha 'nar comas-ne mar a cho-Ghaidheil a nochdadh dhà. Tha sinn crìunn gu bhi leigeil ris ann an dòigh fhaicsinneach ar meas agus ar gràdh air ar caraid ionmhuinn, Iain MacGille na Brataich. Is ainneamh a thachair e dhomhsa dleasan cho taitneach a bhi agam ri choimh-ionadh is tha agam an nochd ann a bhi ag cur an céill, mar as fhearr a theid agam air, mòr mbeas buill na Ceilidh air Mgr Mac Gille na Brataich agus na fiachan fo am bheil iad dhà air son a shaothair luachmhor fad dhà fhichead bliadhna ann an obair na Ceilidh. Is còir dhomh

a radh mu 'n teid mi na's fhaide nach iad buill na Ceilidh a mhàin tha nochdadh an spéis do ar caraid leis an tiodhlaic tha sinn a' tairgse dhà an nochd. Ged bha e gun teagamh ionmhuigh gu'm bitheadh a' cheud cheum anns a' ghnathach air a ghabhail leis a' Ceilidh, bha cothrom air a thoirt do chairdean eile a bhi ag cuideachadh agus ghabh móran diubh an cothrom gu togarrach.

Tha sinn an nochd a' deanamh ruid a bu chòir a bhi air a dheanamh bho chionn fada. Chan ann idir roimh an àm tha Gaidheil a' bhaile so, gu sònraichte a' chuid sin diubh a tha, no a bha, ceangailte ris a' Ceilidh, ag cur urrainn air Mgr Mac Gille na Brataich. Chan aithne dhomhsa duine eile 'nar meas as dilse do'n Ghàidhlig, as eudmhoire air a taobh, no duine rinn barrachd le eisimpleir a chaithe-beatha is a ghiulain ann a bhi ag cumail suas cliù agus deagh ainm ar muinntir anns a' bhaile so.

Ma tha aon fhear 'nar meas a tha airidh air an ainm Fìor Ghaidheil is e ar caraid. Tha "Gaidheil" air a sgrìobhadh gu soilleir air clàr an aodainn aige. Rachadh a thaghadh a mach mar Ghaidheil ann an cuideachd 'sam bith. Ma tha so fìor a thaobh an duine bho'n leth am muigh tha e na's ro-fhlora mu thimchioll an spioraid a tha riaghladh an taobh a stigh d'heath. Cluinnibh e bruidhinn air ceist 'sam bith, agus bheir sibh faineas gur ann le shùilean a' Ghaidheil a tha e ag amharc oirre, le inntinn a' Ghaidheil a tha e 'ga cnuasachadh agus gu'm bheil a ghuth agus a mhodh labhairt cho Gaidhealach ri ceòl na pìoba móire.

Chan 'eil iad ach tearc anns an latha an diugh a tha cho eòlach air litreachas, air bàrdachd is ceòl na Gaidhealtachd ri Mgr Mac Gille na Brataich. The e féin comasach air òrain a dheanamh agus air fuinn a chur riutha. Sgrìobhaidh e a' Ghaidhlig gu cothromach, le smas is grinneas, gun inasad bho'n Bheurla, agus is mòr am beud nach 'eil barrachd de'n sgrìobhadh aige againn ann an clòdh.

Cha robh feum aig ar caraid riamh air an earail—e chuimhneachadh nan daoine bho'n tainig e. A thaobh nan nithean luachmhor agus ionmholta sin a choisinn do ar slugh an cliù agus an t-urram a tha an saoghal gu saor a' toirt dhaibh lean e gu dlùth ri cliù a shìnnsean.

Cha toir e breith chruaidh air creutair bochd 'sam bith. Gheibh e leisgeul air a shon ma tha leisgeul ri fhaotainn. Cha d'fhuaradh riamh e ann an riochd 'fear casaid nam bràithrean.' Gu cinnteach bidh na beannachdan air a cheann a tha air an gealltainn do na daoine tròcaireach agus do luchd deanamh na sìthe.

Cha bu chòir da bhi 'na iognadh 'sam bith gu'm biodh Gaidheal tha cho sònraichte air son a bhuidhean inntinn, air son a ghliocais agus eòlais, air son uaisleachd agus caomhalachd a nàduir, air son a shaothair bho làithean oige as leth na Gaidhlig agus air son a theas ghràdh do'n chaintinn, air a thaghadh le a cho-bhuill gu bhi air ceann a' Chomuinn urramaich An Comunn Gaidhealach. Is math a thoill e an t-urram so; urram cho àrd, ann an seadh, is as urrainn Gaidheal a mhealtuinn. Thainig an t-urram so thuige gun iarraidh—tha nithean ann a thig gun iarraidh a thuilleadh air an tri a tha air an ainmeachadh anns an òran. Cha do thagair e riamh a thaobh saothair 'sam bith a rinn e duais no urram air a shon féin. B'e a chleachdadh daonnan a bhi ag cur dhaoine eile air thoiseach air fhéin. Am measg nan subhailcean a tha air a shiubhal tha irioslachd agus fein-àicheadh comharraichte. Thachair nithean neònach gu leoir rium fhìn—nithean ris nach robh dùil agam—'na mo thurus tre fhàsch na beatha so, agus is i aon diubh mi bhi 'gam fhaighinn fhìn air ceann Ceilidh nan Gaidheal fad seachd bliadhna fìchead agus Mgr Mac Gille na Brataich, no mhaighstir agus m' fhear-teagais ann an gnothaichean na Gaidhlig, ach 'na bhall cumanta.

A thaobh 'oibre air son na Ceilidh tha e dùilich sin a chur an cainnt. B'e aon de 'n bhuidhinn bhig thapaidh a chuir a' Cheilidh air bonn dà fhìchead bliadhna air ais agus cha tainig atharrachadh, no lùghdachadh air a thlachd anns a' Cheilidh agus 'na h-obair. Tha sinn fhathast a' dol air adhart fo bhuidhne is fo stiùireadh nan riaghailtean a dhealbhadh e fhéin agus a choimprean aig tùs na Ceilidh.

Chan ann gu bhi ag glòrachadh na Ceilidh a tha sinn an so an nochd ged tha mi ag creidsinn gu 'm bu cheart cho math le Mgr Mac Gille na Brataich a bhi ag eisdeachd ri moladh na Ceilidh is a bhi ag eisdeachd ri a mholadh fhéin, ach faodaidh mi so a radh. Tha a' Cheilidh a nis ainmeil agus measail am measg Ghaidheal a bhos is thairis; tha Gaidheil fhoghlumte a' tighinn a labhairt ruinn a h-uile Gearran às gach ceàrn de 'n dùthaich a' toirt misnich agus cuideachaidh dhùinn. Tha deagh ainm na Ceilidh air son eud agus dilseachd do 'n Ghaidhlig aithnichte anns gach àite agus anns gach cuideachd anns am bheil spéis do 'n Ghaidhlig ri fhaighinn, agus chan eil duine againn nach toir a' cheud aite do Mgr Mac Gille na Brataich am measg nam feadhnach a choisinn an cliù so do 'n Cheilidh.

Tha mòran eile a dh'fhaodteadh agus a bu chòir aithris mu thimchioll air caraid ach is

ann a chuirinn-sa feum air an teanga fhileanta aige fhéin gu bhi ag radh na bu mhath leam anns an doigh a bu mhiann leam. Tha feadhainn eile a' dol a bhruidhinn agus ni iadsan suas na tha dhith air mo sheanachas-sa. Tha mi an dòchas gu 'n gabh iad an cothrom agus nach caomhain iad air caraid ach gu 'n leig iad ris dha, ann an doigh a chuireas blàths 'na chridhe nach fuaraich ann an cabaig, am meas agus an gràdh a tha againn air.

Chan 'eil e fhéin no mise nis cho òg no cho easgaidh 's a bha sinn, ged tha mi an dòchas nach 'eil annhuinneachd na h-aoise ri fhaicinn ro shoilleir ann ar bodhaig no 'nar n-inntinn fhathast. Is còir dhuinn le cheile a bhi taingeil do 'n Tì bho am bheil gach tiodhlac math is iomlan a' tighinn air son na slàinte mhaith a chaidh a bhualachadh oirnn. Ach ann an cùrsa nàduir chan eil an t-àm anabarrach fad às an uair a dh'fheumas sinn a bhi ag cur dhinn nan dreuchdan is nan oifeagan a tha sinn ag coimhlionadh agus an t-saothair a tha ceangailte riutha, ach agus an tig an t-àm sin tha mi an dòchas gu'm faighear sinn a' seasant gualainn ri gualainn a' cuideachadh, mar as fhearr is urrainn duinn, leis gach aobhar aig am bheil mar chriach a bhi a' leasachadh cor na Gaidhlig agus gach ni eile a tha luachmhor anns an dileab a chaidh fhàgail againn mar Ghaidheil.

Ann a bhi ag eirigh a chum taing a chur an ceill do Mgr MacLeòid agus do na cairdean a chuidich leis an tiodhlac-spéis chaidh gabhail ri Mgr MacGille na Brataich gu furanach, agus bha mionaid no dha mu 'n d' fhuair e cothrom bruidhne. Ann 'na dhoigh Ghaidhealach fhéin dh' innis e mar so mar a bha e a' faireachdainn aig an àm, agus cho mòr is a bha e an comain gach uile neach a chuidich tiodhlac cho luachmhor a thoirt dha.

### Freagairt Mgr. MhicGille na Brataich.

Tha mise nochd 'n ur sàr chomain gu léir. Gu ro-shonraichte tha mi an an comain ar ceann iùil ionmhuintinn, Mgr. Calum MacLeòid, a rinn anns na briathran eireachdail a chleachd e mu m' dheidhinn-sa ni glé àraid a bharrachd air mise mholadh thar m' airdheachd. Thaisbean e, gun fhios da, ionracas a chridhe Ghaidhealach fhéin—na feartan co-mhothachail sin a tha chòmhnuidh 'na nàdur agus a chomasan dealbhadh agus trocaireach ann a bhi 'toirt ionmraidh air Gaidheal eile. Chan ann idir a chionn 's gu 'n do mhol e mise gu m' chùl a tha mi ag radh gu follaiseach ni a tha muinntir na Cèilidh a faireachdainn gu coitcheonn gur h-ann againn a tha an t-aobhar buidheachais

gus h-esan a tha 'na cheannard air ar cuideachd.

Tha mi ann am mòr fhiachaibh cuideachd do ar Rùnaire ro-dhligeach, Mgr. Eoghann Mac-a-Phi, 's da chomhairle airson na rinn iad air fad do dhearbh shaothair as mo leth anns a' ghnòthach so. Tha mo bhuidheachas cuideachd aig Mgr. Caimbeul, Fear Riaghlaidh na h-aithribh so, a rinn na dh' fhaodadh e gus lóinn shunndach a chur air ar curm.

Duine 'sam bith a chuir uiread de shaoghal seachad 'na bhall de Cèilidh nan Gàidheal 'sa chuir mise fhuaire e anns a' Cèilidh sin uiread de thoileachasan inntinn agus do ghràdh chàrdean na tha 'ga chur mar tha ann am fiachaibh anabarrach do 'n Chomunn. Ach so mar a tha chùis agus b' e dòigh fhuighanta na Cèilidh riamh e.

Gu fortanach dhòmhsa b' ann aig a' Ghàidhlig a bha an lamh-an-uachdair mar mheadhon còmhraidh anns gach dachaidh a bh' agam riamh bho m' òige 's mar sin nuair a thainig mi gu ire bha i gach latha mar ioc-shlaint do m' chridhe a bhiodh gu ro-thric air a shàrachadh le obair ghòir na Beurla. Anns an t-seirbheis anns an robh mise cha bu leam fhein uair sam bith de 'n oidhche no de 'n latha 's b'e beachd nan inbheach an uair ud nach robh còir air ùidh a chur ann an nì eile ach 'obair. 'Nam bheachd-sa cha bu mhòr a b' fhiach an seòrsa saoghail a bh' aig mòran de m' choimpirean, cha robh Gàidhlig aig na trughain ann, ach 'sann a bha mise trang gach cothrom a gheibhinn eadar choisirean agus choinneamhan Gàidhealach 's chum iad sin mo chàil 's mo chridhe riumsa am feadh is a bha càch a' fàilneachadh.

Math is gu 'n robh na comunnan ud a' còrdadh ruinn uile air iomadh dòigh cha robh feadhainn dhinn idir riarichte leis an àite iochdarach a bha ar cànan fhein a' faotainn mar bu trice ann am beachdan na h-uibhir de luchd-labhairt. Chan e gu robh sinn a' deanamh ar-a-mach sam bith an aghaidh na Beurla oir b' i sin aon de 'r cànainean agus bha an deagh fhios againn cho feumail 'sa bha i dhuinn ann an Glaschu ged nach robh i air a ceangal ruinn le bannaibh gràidh sam bith 's ged bu ro-bheag aice-se e co dhiubh labhramaid facal dhith no nach labhradh. Is e bha sinne 'toirt faireach nach robh an Gàidheal am bitheantas am measg a cho-Ghàidheal a' deanamh feum de chànan fhein ach ann an seanachasan beaga suarach nach robh a' cur luchd no urram oirre, 's gu 'n robh e ro dheas an còmhuidh gus a cur as an rathad gu buileach nuair a dheònaicheadh a' Bheurla a h-aghaidh bhuidhneachd a nochdadh. Cha robhtar gu tric ann am beachd gu 'n gabhadh ceistean cudthromach no feallsanachd foghlumichte an rannsachadh no an deasbud innte.

Cha robh a còir 'g a cumail rithe, 's cha robh ionad tearmuinn dhith idir ann.

Is ann a chum is gum biodh cothrom ciallach air a thoirt dhith am measg a luchd muinntir fhein agus dion riaghailtean air a thoirt dhith air a còirean a chuireadh Ceilidh nan Gàidheal air bonn; 's air-leam gu 'n do choimhllion a' Chèilidh gu h-urramach riamh gus a' so a rùntean glice ann a bhi a' toirt dachaidh bheag sheasgair do 'n Ghàidhlig far am bheil i 'faighinn fasaigdh agus didein bho 'n dian ruaisg a tha 'ga leantail is far am faigh i a h-uile còmhadh bho a càirdean.

Is math a tha e drùghadh air m' inntinn ged is mise a tha faotainn bhur molaidh agus bhur tabhartasan fiachail gu bheil m' ainm-sa gabhail a steach ainmean nan càirdean gràdhach ud a bha leinn aig tús na Cèilidh ach a tha nis ann an Tir-nan-og. Cha bu mhath leam aig an àm so bhur toirt leam troimh ghràdh-taimh nan sonn, ach saoleam gu bheil sinn air uairean fhathast 'gan cluinntinn a' labhairt ruinn, gach aon drubh fa leth 'na Ghàidhlig eireachdail fhein 'gar comhairleachadh a bhi dleas do Cèilidh nan Gàidheal.

Bha am manadh a chuireadh oirnn an toiseach glé mhi-fhàbharach . B 'e sin gu robh sinn cho Gàidhealach 's nach b' urrainn gu maireamaid aonaichte 'nar beachdan, gu 'n spreadhamaid bho cheile gu h-obann ann an corruich san trod 's gu 'n cuireadh sin crìoch dheireannach oirnn 's air ar leithid. Ach cha b' ann air a ghabhail sin a thachair. Air mo shon fhein dheth 'se mo bharaill nach robh comunn dùtchail riamh ann a bu mhòtha ghin de fhìor chàirdeas buan am measg a luchd-buill na Cèilidh nan Gàidheal. Rinneadh dlùsich dhinn gu léir, 's chan fhiosrach mi aon neach a bha ann an dreuchd bho 'n a thòisich a' Chèilidh nach do rinn uile dhichead, fhad 's a bha e maille rinn gus àirde chur air clù 'a' chomuinn.

Is iomadh òraid ro-phongail a fhuair sinn bho shàr sgoileirean Gàidhealach agus is iomadh feasgar sona a chuir sinn seachad ann an còmhraidhean gasda, ann an dealbh-chluichean is ann an ceòl, agus ged bu tric a bhiodh feadhainn dinn a leantail air connasachd gu uair 's a' mhaduinn mu 'n òraid a chuala sinn 's a' Chèilidh bhitheamaid gu dleasdanach aig an t-seirbhis Ghàidhlig aig aon uair deug.

Bha sinn toilichte is cha robh cothrom a gheibhamaid nach toireamaid àbhachdas air choireigin às. Mar tha fios aig feadhainn an so bha e 'na chleachdadh againn bho chionna fada, bhi 'g ainmeachadh gu follaiseach gach neach a bhiodh ag iarraidh tighinn 'na bhall de 'n Chèilidh a chum is gu 'n

gabhte ris mur biodh nì aig neach na aghaidh, agus bhiodh gach lide de ainm 's de shloinneadh 's de sheòladh an neach sin ri bhi air a chur ann an Gàidhlig co dhiubh a dh' aithnichte gu furasda gu de bha sin ag ciallachadh anns a' Bheurla no nach aithnichte. Bha Niall Mac 'Illeathain agus Eachann Mac Phàidein anabarrach comasach ann a bhi faotainn fhacalan a dheanadh an gnothach airson ainmean annasach 's air àitean air nach cualas riamh roimhe ainm Gàidhlig. Chan aithne do ghoill Ghlaschu a leth cho éibhinn 's a tha na h-ainmean a th' aca air cuid do shràidean 's do chearnan a' bhaile, ach tha Gàidhlig na Céilidh a leigeil sin ris. 'So mar a dh'ainnicheadh ball ùr àraid a bha 'n sud. "Tha mise ag ainmeachadh Dhugaidh Mhic 'Ille Dhuibh as sinne, àireamh a trì deug sràid Bheagan-Dòchas ann am Bail' Anndra gu bhi air a ghabhail a steach mar bhall de 'n Céilidh." "Tha mise 'cur mo thaice ris a sin", arsa fear eile 's e ag eiridh, "air a bhonn so gu 'n teid an 'an' a sgaradh bho 'n fhacal 'bheagan' a chum 's gu 'n leughar an seòladh mar so—Àireamh a trì deug sràid-bheag an Dòchas ann am Bail-Anndra, ma 's i sin an t-sràid bheag a tha dealachadh bho shràid Stob-na-Croise." Thuir a' cheud fhear gun b' e sin a thuir e fhein 's fhreagair an dara fear gu 'm b' e ach nach b' e.

Is math dhuinn gun teagamh gu 'n robh ar Comunn air a chuartachadh ri riaghailtean matha 's tha mise air aon cinnteach ainm fhein gu 'n do shealbhaich sinn iomadh beannachd air an tàilleamh.

Is iomadh uair a thainig e stigh orm ann an còimhcheangal ri obair a' Chomuinn Ghaidheal-ach gur h-iad na ceart riaghailtean sin againne feadhainn cho math 's a b' urrainn a bhi ann a chum cor na Gàidhlig a sheasamh gu ceart air feadh na dùthcha. Tha mi de 'n bheachd gur h-e nì ion-mhiannaichte bhiodh ann Comunnan Litreachail agus Caidreamhail a bhi air an cur air dòigh anns gach ceàrn anns am bheil deannan sluaigh a tha Gaidhealach, agus dìon a bhi air a chur air na comunnan sin le macsamhuil riaghailtean na Céilidh. Ri ùine thigeadh na riaghailtean sin cho nadurra ris gach neach 's a tha iad a' tighinn ri muinntir Cheilidh nan Gàidheal. Tha cuid mhath de òigridh na Gàidhealtachd a' faotainn tomhas de fhoghlum ann an cànan an dùthcha fhein a nis (nach b'e an t-aideachadh anamoch e gu dearbh 'g a dheanamh ann an dùthaich Chrìosdail) 's tha e ion-chuidh gu 'm biodh còthroman freagarrach air an toirt dhaibh a chum 's gu 'n dean iad feum dhaibh fhein 's do chàch leis an teagasg a tha iad a' faotainn. Dh' fhalbh an latha anns am foghainn aona

chainnt do neach ionnsaichte. Tha an Gaidheal gu ro-mhath dheth anns an t-seadh so cheana is bitheadh cho fad 's a chumas e aige 'na slàinte 's 'na gloinead cainnt chomasach a shinsre. Tha Comunn na h-Òigridh air tighinn gu bith a nis agus tha ar dòchas ann gu 'm m'udaich e gu mòr 's gu rathail 's gum bi e 'na chòmhnaidh treun agus treibhdhireach air taobh na Gàidhlig anns na làithean, deuchainneach, ma dh' fhaoidte, a tha feitheamh oirre.

Is e glé bheag a shaoil mise 'n àm so 'n uiridh gu 'm bithinn anns an t-suidheachadh so an nochd agus ann an suidheachaidhean sònraichte eile, ach ma 's cuis-thaitneis dhomh gach nì mar a thachair a thainig sin uile do Chéilidh nan Gàidheal.

Tha mo mhór bhuidheachas agaibh a rithist airson nan tiòdhlaean luachmhor agus eireachdail a thug sibh dhomh fhein is do m' nighinn 's airson an spioraid ro-chàirdeil anns an do dheònaich sibh iad dhuinn. Tha mo nìgean a' deanamh mòr uail as bhur coibhneas 's tha mi dearbhte bho m' fhaireachdunnean fhein gur docha leatha an tiòdhac so na nì eile fhuaire i riamh a chionn 's gu 'n d'fhuaire i e bho Chéilidh nan Gàidheal.

Gun a fada beo sibh fhein uile agus a' Chéilidh.

Bhruidhinn Mgr. Seòras Marjoribanks, an t-Urra. Alasdair MacDhomhnaill, an t-Urra. Calum MacLeoid, Aonghas MacDhonnchaidh, Niall S. Caimbeul, Eachann MacDhughail, Donnchadh MacCaluim, Anna NicGilleathain, agus chaidh òrain a sheinn le Peigi Chaimbeul, Aline NicCoinnich, Oighrig NicMharcuais, Anna NicGilleathain Airdghobhair, Catriona NicGilleathain Airdghobhair (Aithris), Seumas Mac a Phi agus buidheann Fhìdhleir.

Air iartras D. MhicGrigair MhicGhillebhàin chaidh taing a thoirt do na seinn-eadarann, agus thugadh taing do Fhear na Cathrach leis an Urra. Cailean Mac a Phearsain. Chaidh a' choinneamh a dhùnadh le urngh leis an Urra. Calum MacLeoid.



On Saturday, 12th January, our President, Mr. John R. Banerman, was honoured by the members of Ceilidh nan Gàidheal and other Highland friends at a social gathering in the Highlanders' Institute, Glasgow. The function was promoted by the Ceilidh, the well-known all-Gaelic Society which he helped to form, and which he named thirty-nine years ago. During the evening Mr. Banerman was presented with a wireless set and a wallet of Treasury notes, while his daughter, Morag, received a lady's toilet brush set. Mr. Malcolm MacLeod, who has been president of the Ceilidh for twenty-seven years, presided over the meeting. A full report which, as in accordance with the Ceilidh rules, is given in Gaelic, appears in this issue.



## EXECUTIVE COUNCIL.

A meeting of the Executive Council of An Comunn was held in the Waverley Hotel, Stirling, on Friday, 25th January. The President, Mr. John R. Bannerman, presided, and the following members were present:—Rev. John Bain, Edinburgh; John M. Bannerman, B.Sc., Balmaha; W. D. Barclay, Glasgow; Mrs. Barron, Glasgow; Miss Campbell of Inverneil, M.B.E.; Capt. A. R. Campbell, O.B.E., Glasgow; Capt. George I. Campbell, Yr. of Succoth; Rev. David Duncan, Musselburgh; Mrs. S. C. B. Edgar, Greenock; Alexander Fraser, Bishopton; Miss Lamont of Knockdow; Miss May MacArthur, Glasgow; Duncan MacCallum, Glasgow; John MacDonald, M.A., Glasgow; Stewart MacInnes, Inverness; John MacIntyre, Glasgow; John MacKay, Linlithgow; Fred T. MacLeod, Edinburgh; Rev. Malcolm MacLeod, M.A., Glasgow; Malcolm MacLeod, Glasgow; Wilfred J. MacLeod, Glasgow; George E. Marjoribanks, Sonachan; Colin Sinclair, Ph.D., Glasgow; John H. Smith, Glasgow; Miss Edith L. O. Taylor, Dunblane; George Thomson, M.A., Glasgow; Miss Millar Weir, Alexandria.

Attending—Robert MacFarlane, C.A., Treasurer; Neil Shaw, Secretary, and Hugh MacPhee, assistant to the Secretary.

The President referred to the death of The Lady Helen Tod, Blair Atholl and to the loss sustained by the Gaelic movement in Perthshire by the passing of such a keen worker in the cause. She had been closely associated with the Gaelic movement in her native county for over forty years, and since its inception was Hon. Convener of the Perthshire Provincial Mod Committee.

The President also made reference to the death of Captain Finlayson, Chief Constable of Ross-shire, and recalled his valuable services to An Comunn as Convener of the National Mod Local Committee at Dingwall in 1931.

The lamented death at an early age of Mrs. Duff (Bessie Campbell, Dornie) was feelingly referred to by the President. She was regular in her attendance at the Mods, and her services were freely given at Concerts and Ceilidhs where her natural gifts and charming personality made a strong appeal.

Sympathy was expressed with all the bereaved and the loss to An Comunn by their passing was duly minuted.

Minute of previous meeting was read, approved and signed.

Apologies from several members were intimated.

The President referred to the honour conferred on Colonel Gilbert Gunn, a member of

Council. The appearance of Col. Gunn's name in the New Year's Honours List as an Officer of the Order of the British Empire gave keen satisfaction to his many friends in An Comunn.

Minute of Meeting of Finance Committee was read and approved, on the motion of the Convener, Mr. Alexander Fraser.

Minute of Meeting of the Education Committee was read. Names of suggested members to act on the Special Committee which was to inquire into the teaching of Gaelic were read, also names of those who were to form the Northern Sub-Committee. On the motion of the Convener, Rev. Malcolm MacLeod, the minute was approved.

Minute of Meeting of Publication Committee was read and adopted, on the motion of the Convener, Mr. Malcolm MacLeod.

Minute of Meeting of Propaganda Committee was read. The Committee recommended the purchase of a Dictaphone as they were satisfied that there still remained a large amount of unpublished tales and songs to be collected.

On the motion of Captain G. I. Campbell, Yr. of Succoth, the minute was approved.

Minute of Meeting of Art and Industry Committee was read. Arrangements are now complete for the holding of a Celtic Art Exhibition in Edinburgh during Mod week. On the motion of the Convener, Miss Campbell of Inverneil, the minute was approved.

Minute of Meeting of Mod and Music Committee was read. It was reported that a letter had been received from Messrs Compton MacKenzie and J. L. Campbell suggesting that a sum of £300 be guaranteed by An Comunn to defray the expenses of Juvenile Choirs coming from the Outer Isles to the Mod. In view of the greater expenditure involved in travelling from the Islands the Committee recommended that the proportion of their expenditure to be paid by An Comunn should be increased from 15 to 25 per cent. On the motion of the Convener, Mr. Malcolm MacLeod, the minute was approved.

The Rev. David Duncan, Convener of the Edinburgh Mod Committee, and the Rev. John Bain, Vice-Convener, reported on the progress being made with arrangements in Edinburgh for the forthcoming Mod. The reports were considered very satisfactory.

Minute of Meeting of Clann an Fhraoich Committee was read. It was reported that 13 Branches of Comunn na h-Oigridh had now been formed. The Committee recommended that the Organisers should encourage the formation of Shinty teams in connection with Comunn na h-Oigridh and that camans be supplied free to the first ten teams formed. The minute was

approved on the motion of the Convener, Mr. George E. Marjoribanks

Letter from the Secretary of the Oban Branch was read, forwarding copy of resolution of protest against the reported refusal of the Sheriff at Stornoway, to continue to give witnesses the option of giving their evidence in Gaelic. After discussion the following resolution, put from the chair, was, with one dissentient, Mr. Fred T. MacLeod, adopted:—"The Executive having had its attention directed to the published reports of the proceedings at a recent sitting of the Sheriff Court at Stornoway, from which it would appear, if these proceedings were correctly reported, that there is to be a serious curtailment of the privilege hitherto enjoyed by Gaelic-speaking witnesses of giving their testimony in Gaelic, emphatically protests against any change in the hitherto recognised practice that witnesses should be permitted to give their evidence, or any part of it, in the language in which they are best able to express themselves. The Executive is strongly of opinion that in all Gaelic-speaking areas it should be in the option of witnesses to give their evidence in Gaelic or English, and, further, that in such areas Sheriffs and court officials should have at least a working knowledge of Gaelic."

The meeting closed with a vote of thanks to the chairman.

### MOLADH NA H-EARADH.

Fhir a shiubhas thar chuan  
 Beir an t-soiridh so bhuam  
 A duthaich na luachrach  
 'S nam fuar-bheanna àrd;  
 Do'n Eilean bheag bhoidheach  
 Tha fuairte ri Leòdhas  
 Na h-Earadh nan òb,  
 Far am b'òg robh mi tàmh.  
 Loch Bheirivig guamach  
 Le chuagan mun cuairt air  
 Far an d'àraicheadh suas mi  
 Ri bruaichean an t-sàil  
 Far an caidinn gu suaimhneach  
 'S an dùsgainn gun ualach  
 Le gàirich a' chuain  
 'Na 'mo chluasan gun tàmh.  
 Ach c'ait' bheil an òigridh  
 A chleachd a bhì comh rium  
 A siubhal le sòlas  
 Feadh mhointeach is chàrn ?  
 Tha cuid diubh air fògradh  
 A dùthaich an èolais  
 'S cuid eile nach beò  
 Fo na fòdan a' tàmh.

Is c'ait' bheil na fearaibh  
 A dh'àraich na h-Earadh  
 Na laoich a bha fearail  
 Is ceanalt 'n an gnàths,  
 Na fìrnan suairce  
 Fo'n eilidhean cuachach  
 Chuir a' Ghearmailt fo bhuaireas  
 'Nuair ghluais iad do'n bhàr ?

Tha cuid diubh air fhualag  
 Mar chaoraich gu'n bhuaichail'  
 Cuid eil' anns an uaigh dhiubh  
 'S an cuantan nach tràigh,  
 'S tha mathraichean guamach  
 Le claisean 'n an gruaidhean  
 'S am peathraichean luaineach  
 A' luaidh air am bàs.

Ach 's toigh leam do bheanntan  
 An dàbhlachd a' Gheamhraidh  
 Clach mheallain le gamhlais  
 A' danns' air am bàrr;  
 Is toigh leam do ghleanntan  
 Fo chulaidh an t-Sàmhradh  
 'S crònan nan allt  
 A ruith mall thun na tràigh.

Is toigh leam do lòn  
 Is do leanagan boidheach  
 Far am fàsadh an nèoinean  
 'S na sòbhraichean bàn—  
 Is toigh leam do mhointeach  
 'S do gharbh chreagan gròbhaich  
 Far am faicte na h-eoin  
 Anns na còsan le'n àl.

Is toigh leam gach buaile,  
 Gach allt agus fuaran,  
 Gach cnocan beag cruaidh  
 Tha mu 'n cuairt air na Baigh;  
 'S do chreagan cas guamach  
 Ri aghaidh nan cuantan  
 Mar chalaid ro-bhuan  
 Nach dean gluasad gu bràth.

An Cliseam 's an t-Arcla  
 'S Beinn Bhiarach an Leacainn  
 Le'n comhdach de'n t-sneachd'  
 Ag cur mais' air an àit,  
 'S beinn chorrach a' Chaolais  
 Ri doinninn nam Faoilleach  
 Toirt fàsaidh gu saor  
 Do na caoraich fo'n sgàil.

An t-eilean beag priseil  
 A fhuair sinn bho'r sinnsir  
 O! 's toigh leam fhìn e  
 'S cha dìbir mi chàs—  
 'Se 's boidheche le fìrinn  
 A chunnaic na chi mi  
 'Se durachd mo chridhsa  
 Gun till mi ann slàn.

HEARACH.

## IOMRADH AIR NA LOCHLANNAICH ANN AN EACHDRAIDH NA GAIDHEALTACHD.

By ANGUS MAC TAVISH,  
*Oban High School.*

1st Prize, Group D3, National Mod, 1934.

An uair a leughas sinn eachdraidh ar dùthcha chì sinn gu bheil mòran iomraidh innte mu na Lochlannaich. Is iad sin na daoine a thàinig thar sàile á Lochlann a shireadh am beò-shlainte feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Bha iad 'nan daoine calma agus treun agus bu bheag leotha na dhòirtheadh iad de fhìuil air son an dùilean a choimhlionadh.

Is ann mu dheireadh na h-ochdamh linne a thàinig na Lochlannaich do na h-Eileanan Gàidhealach an toiseach. B'e I Chaluim Chille a' cheud àite air an d'rinn iad. Loisg iad an eaglais agus na seann leabhraichean a bha anns an eilean, agus thug iad leotha a h-uile nì a b' fhiach. Cha do thoilich so iad agus anns a' bhliadhna ochd ceud agus sia thill iad agus mhòrt agus mharbh iad gach neach a bha air an eilean—tri fichead agus a h-ochd air fad. Cha robh manach no eaglais no leabhar air fhàgail 's an àite.

Rinn iad an nì ceudna anns gach eilean a tha eadar Leodhas agus Eilean Mhanainn. Ghabh iad seilbh air gach rud a bha anna agus rinn iad tràillean de na h-Eileanaich. Is e Somhairle mac Ghille-Bhrìde a' cheud fhear a dh'fheuch ri am bacadh. Chaidh leis glé mhath agus chuir e iad a mach á Earra-Ghàidheal gu buileach. Bha an dùthaich so aig a mhic 'na dheidh. Is iomadh dòigh a dh'fheuch rìghrean na h-Albann air son na h-eileanan 'fhaighinn ach cha tàinig a h-aon diubh gu buil gus an do chuir an treas Rìgh Alasdair ruag orra aig an Learga Ghallda anns a' bhliadhna dà cheud deug, tri fichead 's a tri. An sin fhuair Alba seilbh air na h-Eileanan an Iar.

Faodaidh sinn a ràdh nach robh gnothach sam bith aig Alba ris na h-Eileanan no ris an oirthir an iar ré na h-ùine a bha iad an seilbh nan Lochlannach. Rinn so muthadh mór air Albainn agus air Eirinn.

Roimh àm nan Lochlannach bha an aon seòrsa Gàidhlig ann an Albainn agus ann an Eirinn. 'N uair a thàinig na Lochlannaich chaidh sgar a chur air a' chàirdeas a bha eadar Albainn agus Eirinn. Chaidh a' Ghàidhlig a chur do thaobh an ear na h-Alba agus dh'fhàs i an

sin leatha féin. Cha mhór nach robh i air a dl-chuimhneachadh buileach agus cha chluinn sinn mòran iomraidh oirre gus an dh' fhàg na Lochlannaich Alba. Air an laimh eile dh' fhàs a' Ghàidhlig Eireannach ann am modh eile agus chì sinn an diugh cho mì-choltach 'sa tha iad.

Bha busaidh mhór aig a' chànan Lochlannach air a' Ghàidhlig Albannaich. Tha iomadh facal againn a bha na Lochlannaich a' labhairt. Chì sinn so gu h-àraidh ann an ainmean àitean, anns na h-Eileanan. Faodaidh sinn a ghabhail mar eisimpleir an "Calbh," eilean beag aig beul acarsaid Thobar-mhoire.

Ach rinn na Lochlannaich milleadh searbh air a' Ghàidhealtachd an uair a ghabh iad gnothuch ri I. Bha I aig an àm sin 'na àite far an robh gach sgoilear a b' fheàrr ann an Albainn a' tighinn. An uair a chaidh na daoine a mhòrt sguir so agus tha i an diugh mar àite eile an uair a dh' fhaodadh oilthigh a bhì ann mar biodh gu'n tàinig a leithid de mhi-fhortan air. Theich a h-uile manach a bha ann an I agus thug iad orra do bhaitean na Roinn Eòrpa. Thug iad leotha an leabhraichean agus sgrìobh iad leabhraichean far an robh iad. Tha na rudan sin a nis a' tighinn am follais agus tha sinn a' faighinn leabhraichean Gàidhlig anns na h-àitean a tha fada air falbh o I.

Ach thubhairt an t-òran

"I mo chridhe, I mo ghràidh

An àite guth mhanach bithidh geum bà,

'Ach mu'n tig an saoghal gu crìch

Bithidh I mar a bha"

Tha sinn an dòchas gu bheil sin fìor, ach bithidh cuimhne againn cò is coireach air son mar thachair do dh' I—na Lochlannaich.

The Publication Committee has issued an interesting booklet, "An Cuairear," which consists of seventeen prose and six poetry pieces, all of which were set as test papers in the Junior Literary and Oral Sections at National Mods. Although primarily intended as a reader for the many Gaelic continuation classes now held throughout the country, "An Cuairear" is worthy of its place on the bookshelves of all interested in Gaelic literature. The contents are all by acknowledged writers, and they deal with a pleasing variety of interesting subjects. It is nicely prepared, and very moderately priced at threepence per copy. The Committee trusts "An Cuairear" will find its way, and be a welcome visitor, to many Highland homes.

## SECRETARY'S NOTES.

During the past month, I had the pleasure of conducting a short and successful tour of the Branches at Lochaline, Salen, Tobermory, and Lochbuie. At each of these meetings large attendances were present despite the rather inclement weather then prevailing, and a rather pleasant feature of the tour was that Gaelic was the only language employed at all the meetings. These Branches are very active and preparations are now being made for the coming of Mr. John MacIver, music teacher, who will shortly commence duty there.

\* \* \*

At Tobermory, where the Summer School of Gaelic will be held this year from 16th July until 9th August, the Branch Committee are actively interesting themselves in the arrangements. They are looking forward to the School and will assist in every way possible to accord a hospitable welcome to the students. Particulars of the School with the name of the Local Secretary will be given in our next issue.

\* \* \*

When at Tobermory, I had the pleasure of calling on Mr. D. N. Lowe, Rector of the Higher Grade School, and discussed with him the proposal of forming a branch of Comunn na h-Oigridh. He is very favourably disposed towards the idea, and values it as a very useful agency for interesting the young folk in the movement. Mr. Lowe very willingly consented to the presentation of badges to twenty-three pupils, all of whom are taking Gaelic as a subject of instruction and who took part in the literary, oral, or solo competition at the National Mod. The Branch agreed to interest itself in Comunn na h-Oigridh and a special evening is to be set apart each session for "Oidheche Chomunn na h-Oigridh" when the children who have been admitted to this new organisation will appear before their elders, and assist in the programme of an all Gaelic Ceilidh. This is an idea that we would like to see adopted by all our Branches in districts where Branches of Comunn na h-Oigridh have been established.

\* \* \*

On my return to the City on Thursday, 17th January, I had the honour of presiding over a concert promoted by the Greenock Gaelic Choir in the Watt Hall. This concert which was held on two evenings was presided over on Wednesday evening by Mr. D. C. MacLeod, and it is worthy of mention that, on each

occasion a full house was present, and as one now comes to expect, the choir and soloists gave delightful renderings and interpretations of the various items submitted. It was a most enjoyable evening.

\* \* \*

Mr. MacPhail, Northern Organiser, concluded a tour of the North Sutherland and Caithness Branches, and he is now engaged in North and South Uist. A most encouraging feature of his visit in Sutherland and Caithness was the keen interest shown by parents in the work of An Comunn. During the summer vacation, it may be remembered, a number of teachers attended a Gaelic Class at Inverness, and on their return to their respective districts they have all given evidence of their willingness to assist in all our efforts.

\* \* \*

A short time ago, a new Branch and a Gaelic Class was formed at Helmsdale. Within a very short time a large number of pupils were enrolled at this class, which, is conducted under the auspices of the Sutherland Education Committee with Mr. Duncan Hunter, M.A. as teacher. The attendance has been very well maintained and there is no lack of enthusiasm for the old language in this district. Senior and Junior Music Classes are being held by Mr. Walter W. M. Ross, in the district.

\* \* \*

In the village of Latheron in Caithness, which many people regard as not being a Gaelic area, there is a very active Branch of An Comunn. Mr. MacPhail was on a visit to the District when he met an old man walking slowly along the road. In his customary cheery manner Mr. MacPhail addressed the stranger and enquired of him, "Cia mar a tha sibh, a dhuine choir," to which the old man replied with a kindly glint in his eye, "Tha mise a charaid, mar a tha mi, ach chan eil mi idir mar a bha mi." Could anything be more expressive? Although Gaelic is not the language of the youth in this village the older people still speak it, and now that a Branch has been formed there, an endeavour is being made to have a Gaelic teacher on the staff of the Local School, so that evening classes may be conducted during the winter months.

\* \* \*

It was a red letter day in the history of the Branch at Elgin when the Prime Minister attended a concert on 27th December. In thanking the Branch for inviting him to the concert he warmly commended the work of

An Comunn to the Elgin people, and in thanking the officials for appointing him as their Honorary President, he assured them they would always find him a staunch supporter, and he hoped that when his working days were over he would return to the North and spend many happy evenings attending Ceilidhs where those beautiful Hebridean songs would be sung, as they were hundreds of years ago.

## CRAOBH-SGAOILEADH.

### An Airde Tuath.

Annas a' mhiosachan mu dheireadh thugadh iomradh air coinneimh Frith-Chomhairle na h-Airde Tuath, air a' 15mh là de 'n Dùbhlachd. Moch Di-luain, an 17mh là de 'n Dùbhlachd, thog am Fear-deilbhe air gu Duirmis, an ceann a Tuath Chataibh. Bha aireamh mhath cruinn 's an Tigh Sgoil agus bha Mgr. Mac Phail 'na Fhear-Cathrach. Bha an t-ionad so de 'n Ghaidhealtachd (Baile is dlùithe do 'n Pharbh) ainmeil riamh airson seinneadaran Gaidhlig, agus is ann am feabhas a tha iad a' dol. Chualas mòran de na h-òrain aig Rob Donn agus sgeulachdan a bhunneas do 'n Taobh-Tuath.

Air an ath-oidhche bha am Fear-deilbhe annas a' chathair aig Ceilidh an Mealainis far an robh ceud cruinn anns an talla ùr. Bha Ceilidh thaitneach ann agus mu 'n do chrìochnaich an oidhche fhuaire sinn balgann agus mir, agus cha deach a h-aon dachaidh acrach. Dh'fhag am Fear-deilbhe le carbad nam maileidhan rioghail an ath mhaduinn aig seachd uairean agus air an fheasgar sin, bha e 'na Fhear cathrach aig Ceilidh an Tunga. Bha barrachd is ceud an lathair agus is e so cruinneachadh bu mhotha bha aig meur Thunga fhathast.

Air feasgar Di-ciadainn labhair am Fear-deilbhe ri da fhichead a chruinnich anns an sgoil an Sgeiridh. Mhìnich e an obair tha 's an amharc aig a' Chomunn agus thuir e gu 'm biodh e iomchuidh gun rachadh meur ùr a' steidheachadh anns a' bhaile sin, a chum agus gum biodh cùisean a bhunneas do ar cànan agus ar ceòl a' faighinn cothrom as fearr. Bha na bha an lathair làn-riarachtaiche gu 'm bu chòir meur ùr a chur air bonn agus chaidh sin a' dheanamh a réir riaghailtean a' Chomuinn. Is e Domhnall Mac Leoid, A.M., mac brathair Ruairidh, nach maireann, an Ceann Suidhe agus Eachann Mac Aoidh, an Rùnaire.

An uair a rainig am Fear-deilbhe am Blàran Odhar (Bettyhill) bha bùird loma-làn de gach ni a dheanamh feum do chàil duine. Fhuair

sinn greim, thòisich a' Cheilidh agus gu dearbh is math a chuir a bhean-usal Nic Aoidh gach ni an òrdugh. Bha Niall Mac Fhionghuin comhla ruinn cuideachd agus fhuaire sinn Oraid is Òrain uaithe. Roimh ùd na Ceilidh, thadhail Mgr. Mac Phàil air cùim de na pàrantan agus thug e fo 'n comhar an dleasdanas do 'n Oigridh, le bhì a' cleachdadh na Gaidhlig anns na dachaidhean. Chan 'eil teagamh nach deantar mór-fheum anns an doigh so na'm biodh tide r'a sheachnadh.

Air an ath latha chum Mgr. Mac Phail air a chuart gu Mealbhaich ach cha robh e comasach coinneamh a chumail air oidhche Shathurna. Chruinnich luchd-comhairle a' Mhoid agus bheachdaich iad air an àm a bhiodh freagarrach airson Mòd an Taobh-Tuath, 1935.

Air feasgar Di-Luain chumadh Ceilidh aighearach an Srath Alladal agus bha trì fichead an lathair. Is bochd an gnothach e 's a innseadh nach 'eil ach coignear chloinne anns an sgoil 's an t-Srath air an là an diugh.

Chaidh am Fear-deilbhe thar an t-sreang Chatach air latha na Nollaige agus air an fheasgar sin chumadh coinneamh de mhèur a' Chomuinn aig Inbhir-Uige, an Gallaibh, agus air an ath-oidhche an Latharan a' Phuill. Bha àireamh mhaith cruinn aig an dà choinneimh ged a bha an t-side fiuch agus fuar.

Thadhail Mgr. Mac Phàil aig Bun Illidh air an rathad a' tighinn dachaidh agus bha comradh aige ri Rùnaire a' mheoir ùr a' chaidh a' steidheachadh anns a' bhaile sin o chionn ghoidir. Bidh Còisrean agus Co-fharpuisich eile às an ionad so aig Mod Bhrùra anns an Og mhios. Air a' cheart fheasgar bha am Fear-deilbhe a' frithealadh aig Cuirm-Chuill an Eilginn. Bha e taitneach fhaicinn gun robh Mgr. Seumas Ramsay Mac Dhomhnaill, Prìomh fhear-comhairle a' Chruin, agus a nighean Iseabal, 's a chuideachd. Aig deireadh na Cuirme labhair esan air an obair ionmhalta a tha An Comunn Gaidhealach a' deanamh air tàilleamh cànan agus ceòl nan Gaidheal.

Tha Mgr. Mac Phail aig an àm so air chuart air an Uibhist, (Deas agus Tuath) a' réiteachadh cùisean fa chomhar Féil nan Dealbh-Chluichean.

### An Airde Deas.

Choinnich a' Chomhairle Dheasach an seòmair gnothaich a' Chomuinn air feasgar Dior-daoin, an seachdamh là deug de 'n Fhaoilteach. Bha ceò dòmhail 'sa bhaile air an fheasgar sin agus chum sin mòran de na buill aig an dachaidhean. Bha Mgr. Donnchadh MacAluim, am Fear Gairme, anns a' chathair.

Am measg gnothaichean eile bha fathunn bho 'n Rùnaire mu dheidhinn a chuaritean bho 'n a choinnich a' Chomhairle mu dheireadh.

Chumadh Ceilidh na Seann Nollaige an Ceann-loch Chille Chiarain air an naodhamh là de 'n bhliadhna agus bha an Rùnaire 'na Fhear Cathrach thairis air a' choinneimh. Bha faisg air dà cheud pearsa an làthair agus chuireadh seachd oidheche chridheil, shunndach. Tha cròilean Gaidhlig 'ga ghiulan air aghaidh anns a' bhaile agus tha e taitneach r'a innsadh gu bheil na h-oileanaich a' frithealadh gu math.

Bha an Rùnaire aig Ceilidh Bhliadhnaid na Nollaige aig Meur Loch Aluinn air an aona la deug. Bha e 'na Fhear Cathrach an so mar an ceudna oir a thaobh bàis seana bhean 's an sgìreachd air a' mhaduinn sin cha robh e ionchuidh gu 'm biodh an Ceann Suidhe, an t-Urramac Eachann A. MacSuain, air ceann na Ceilidh. Bha mu thri fichead cruinn agus bha rogha òran, sgeul is ciùil an.

Air feasgar Di-luain rainig an Rùnaire Loch Buidhe agus chumadh coinneamh chaidreamhach an sin. Bha a' Mhgn. Uasal Anabladh NicPhail, an Ceann Suidhe, anns a' chathair, agus bha mu dheich ar fhichead 'sa chuideachd. Chuireadh uidheam air ceilidhean eile a chumail 's an aon bhothan agus thugadh taing do Mhgr. MacDhonnchaidh, Tòrosaidh, airson cead tighe fa chomhar nan ceilidhean is obair a' Chomuinn.

Bha faisg air ceud cruinn 's an t-Sailein Mhuileach air feasgar Di-mairt, agus bha Mgr. Alasdair MacPharlain anns a' chathair. Dh' fhosgladh a' Cheilidh le ceòl air a' phìob-mhòir air a chluich le balachan òg, MacGille Riabhaich, agus 'na dheidh sin bha òrain is òraidean. Thainig cuid de 'n luchd-seinn a Tir-Odhraim agus Caolas Ulbha, agus gu dearbh is ainmig a chluinnear seinn cho fonnmhor aig Ceilidh air duataich no aig baile. Tha Gaidhlig air a teagasg ann an Sgoil an t-Sailein bho chionn àireamh bhliadhnach.

Thadhail Mgr. MacGille Sheathanaich an Ard Sgoil Thobarmhoire air Di-ciadain, an seathamh la deug, agus le cead is còmhnaidh a' Mhaighstir Sgoile chuir e buidheann de Chomunn na h-Oigrìdh air bhonn an sin. Thug e bràiste do cheithir ar fhichead de na sgoilearan a tha ag gabhail Gaidhlig mar chuspair foghlum. Tha a' Mhgn. Uasal Griseal Nic Dhomhnaill, A.M., air ceann a' chroilean agus faodar a radh gu 'n do rinn an òigrìdh othail mhòr ris a' bhàiste a tha 'g an combharrachadh a mach mar Ghaidheil.

Fhrithheil an Rùnaire aig coinneimh de Chomhairle a' Mheòir 's an feasgar agus an deidh sin chumadh a' Cheilidh àbhaisteach. Bha mu cheithir fichead cruinn agus labhair an Rùnaire air Comunn na h-Oigrìdh, Dealbh-chluichead agus obair craobh-sgaolidh a' Chomuinn. Tha Gaidhlig air a teagasg gu

cùramach 's an Ard Sgoil agus mar an ceudna tha Sgoil Oidheche Ghaidhlig 'ga cumail aig am bheil mòran oileanach.

Bha an Rùnaire 'na Fhear Cathrach aig cuir-m-chiuil Coisir Ghaidhlig Ghrianaig air an t-seachdamh là deug agus thug sin gu crìch a chuaritean gu toiseach mìos a' Ghearrain.

Tha a' Mhgn. Ealasaid NicMhartainn, A.M., a' teagasg an Arainn agus tha Mgr. Iain MacIomhar a' teagasg an Tìriodh.

## BRANCH REPORTS.

TOBARMHOIRE.—An àite "ceilidh mhòir na Nollaige" 's e cuir-m-chiuil a bh' againn an bliadhna, agus mar a thionndaidh e am mach, b'e atharrachadh fortanach a rinn sinn a chionn 's gun d'fhuair sinn an cotbhor air na seinneadairean barrachta, Niall MacIleathain 's a bhean, fhaighinn, agus gu'n robh iad a' seinn cho math 's a bha iad riamb. Cha robh ach iad fhéin agus bean Phrobhaist MhicPhilip air a' chlàr, "na bha clàr ann," mar a thubhairt Iain Camshron (Lochiall) a bha 's a' chathair. Is e cuir-m air leth taitneach a fhuair sinn. Bha coinneamh shònruichte againn air an 4mh. là de'n Fhaoilteach a thoirt cumhneachain do Chalum MacIllTosa, A.M., airson na h-òibre mhaith a rinn e mar thaisgear a' Chomuinn ré nan coig bliadhna so mu dheireadh. Tha e a nis 'g ar fàgail agus bitheadh sinu 'ga ionndruinn, ach ged is e call mor tha againne, tha sinn toilichte gu'm bheil e' faighinn air adhart 'na obair féin, agus tha sinn cinnteach gu'n cum e suas bratach na Gaidhlig an Dunonnan, far am bheil a' dol.

Wick.—Though the night was stormy, and many of the members were otherwise engaged, there was a larger attendance than had been anticipated at the ceilidh of Wick branch of An Comunn Gaidhealach, held in the Academy on Christmas night. Mr. Donald MacPhail, Inverness, organiser for the northern area, was present, and gave much information concerning the progress of the movement in general. Gaelic songs were sung by Mr. MacPhail and Mr. M. C. MacKenzie; Mr. D. B. Cowper gave humorous recitations, and four little girls — Annie Budge, Betty Bentley-Imes, Margaret Gunn, and Cathie Lyall (pupils of Mr. James Lyall) — in costume danced Highland dances very nimbly and neatly, music being supplied by Piper J. Christie, who also opened the ceilidh with bagpipe selections. Mr. Millar, who presided, proposed votes of thanks to Mr. MacPhail and the performers, and a very happy evening was closed in the usual manner by the singing of "Oidheche mhaith leibh" and the National Anthem.—A ceilidh of members and friends of Wick branch of An Comunn Gaidhealach was held in the Academy on Friday evening, 18th January. The speaker was Rev. John MacInnes, M.A., Halkirk, who gave an interesting address on the impressions of the Highlands recorded in notes and writings by distinguished visitors in past times. A musical programme was gone through, including Gaelic songs by Mrs. Alexander; songs in English by Miss McLeod and Mr. D. Sinclair, jun.; violin selections by Miss M. S. Henderson, and a part song by the choir. All the items were greatly appreciated and encored. Votes of thanks were heartily accorded to Mr. MacInnes and to the artistes.

# THE HIGHLANDS' SPORTING STORES

For Guns, Rifles, Cartridges, Fishing Tackle and  
All Sports Requisites

*The Most Up-to-date Sporting Establishment in the Country*

## SPORTING GUNS OF QUALITY.

Supplied from stock or built specially to Customers' own requirements.

Keepers' and Farmers' Guns from £6 upwards.

Large Selection of Second-hand Guns always in stock.

## DEER-STALKING RIFLES.

New Model Mannlicher-Schonauer Rifles with and without Telescopic Sights, from ..... £13 10s Od.

Rook and Rabbit Rifles and Ammunition of all Calibres.

REPAIRS.—Guns and Rifles may be sent with confidence for Repair, Overhaul, or Alteration. Moderate Charges.



GAME PANNIERS, DEER-SADDLES GAME BAGS, STALKING TELESCOPES, VENISON BAGS, GAME BOXES, and every Requisite for Grouse Moor, Deer Forest, and Estate, at Incomparable Prices combined with Finest Quality.

## LEATHER GOODS.

SUIT CASES, TRUNKS, ATTACHE and DISPATCH CASES, HAT BOXES, HOLD-ALLS, MOTOR GAUNTLETS, LUGGAGE STRAPS, etc., etc.



## GROUSE CARTRIDGES.

The "KILLER" .....	12/- per 100
The Famous "ROYAL" .....	13/6 "
The "CLACH" GASTIGHT .....	16/- "
The "BARRAGE" WETPROOF .....	17/- "
The "PEGAMOID" WATERPROOF .....	20/- "

All loaded on the premises in modern machines and with all-British components.  
500 Lots sent Carriage Paid.

## TAXIDERMISTRY.

STAGS' HEADS — Preserved and Mounted on Oak Shields ..... 75/-

BIRDS, FISH, and ANIMALS — Preserved and set up true to Nature.

ESTABLISHED 1887.  
Phone 163.

Telegrams — "Angler."



## BADMINTON.

A Special Offer in Badminton Rackets and Shuttlecocks by leading makers from 6/6 to 35/-.  
SPECIAL OFFER TO CLUBS.

## GOLF.

Steel and Hickory-shafted Golf Clubs by best makers at Keenest Prices.

Golf Bags, Balls, Tees, Gloves, and everything for the Game.

## MACPHERSON'S FISHING TACKLE.

Once Chosen — Always Used. Greenheart and Built Case Salmon and Trout Rods. "Hercules" and "Royal" Casts.

Flies and Tackle to suit all waters.

Sale Agents for the Famous "Grant Vibration" Fishing Rods.



## HOCKEY.

HOCKEY and SHINTY CLUBS and BALLS. FOOTBALLS. BOXING GLOVES. THERMOS and DRAM FLASKS, and all SPORTS GOODS.



**JOHN MACPHERSON, The Sporting Stores, INVERNESS**

JUST PUBLISHED—A New Edition of a famous Book—the Book which induced Dr. Johnson to visit the Western Isles.

# A Description of the Western Islands of Scotland

By **MARTIN MARTIN**  
(Circa 1695)

Edited and Containing Introduction by  
DONALD J. MACLEOD, O.B.E., M.A., D.Litt.

10/6 net.

Included in the Volume is Martin's "A Late Voyage to St. Kilda" and also "A Description of the Western Isles of Scotland," by Sir Donald Monro, High Dean of the Isles, who travelled through them in 1549. The book contains Martin's Map and Five Illustrations from the original plates.

THREE BOOKS IN ONE

*From all Booksellers.*

## ENEAS MACKAY

44 CRAIGS - - - STIRLING

FOR THE BEST DESCRIPTION  
AND THE  
BEST VIEWS OF SCOTLAND  
SECURE

## Come to Scotland

Price - 1/-

By Post, 1/9

A Magnificent Guide Book  
with  
One Thousand Beautiful  
Views, and Printed on  
Finest Art Paper.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

Published by  
THE SIMMATH PRESS LTD.,  
DUNDEE.

.. ADVERTISE ..  
DAY AND NIGHT

WITH  
SIMMATH

## Ray Road Signs

THE ADVERTISEMENT  
THAT'S ALWAYS  
WORKING

All information from  
THE SIMMATH PRESS, LTD.

Simmath House, Roseangle,

DUNDEE

SITUATIONS WANTED

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER

Advertisements under the above headings will be accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath House, Roseangle, Dundee.





EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE.—*Douglas 1433.*

Leabhar XXX.]

*Am Màrt, 1935.*

[Earrann 6

### WADE AGUS TELFORD.

Mu na làithean so fhéin cluinnear gaoir is gearan mu chor nan rathaidean móra. Bha uair ann agus bha dùil gu foghnadh an t-inneal-toit agus an rathad iarainn airson daoine is bathar a ghiùlan, air cho fad 's gum bitheadh an t-astar. Ach a nis leis an inneachd ùr, an “gluaistean” ola, tha coltas gum bi gach inneal eile a' dol air cùl. Riamh bho theann daoine ris an inneal ola iomairt air an rathad mhór tha an gnothach air fàs cudthromach. Tha eich gu' tarruinn is marcachd air dol á fasan. Tha na ceudan an diugh, agus eadhon na mìltean, a' cur seachad mórán de 'n ùine a' siubhal an carbad ola air rathad mór an rìgh. Agus tha a' bhuil sin air na rathaidean, agus air an chor bhoched anns a bheil iad, làn de shluic is de thuill. Ged tha cis 'g a tagairt bho 'n luchd siubhail gidheadh is e aobhar an gearain aig an am nach eil ionmhas a réir meud na cis 'g a chosg air càradh nan slighean.

\* \* \*

Bho chionn beagan is dà cheud bliadhna air ais bha e anabarrach doirbh turus a ghabhail anns a' Ghaidhealtachd. Is e a b' aobhar air sin gu robh an dùthaich cho leathoireach, gun rathad air na imicheadh coisiche, no air an gluaiseadh uidheam ghiùlain. Faodar a ràdh gur ann do bhrìgh easbhuidh rathaidean a mhair ceannaire is mì-riaghailt cho fada

anns an taobh tuath. Chaidh guin is ganhlas a chumail suas cho fad is a bha muinntir air an sgaradh bho chéile le beanntan is coilltean. Leis cho iomallach 's a bha na h-àiteachan comhnaidh cha robh deagh chothrom aig na fineachan gu eòlas ceart a chur air a chéile. Ach aon uair is gu 'n deachaidh an dùthaich fhosgladh le rathaidean bha slighe mar sin air a deanamh do choigrich; bha luchd turuis is fir gnothaich a' ruith na bu trice; bha eòlas air dòighean dhaoine eile 'g a mheudachadh. Mar an ceudna bha teachdairean an rìgh ag imeachd air rathad mór an rìgh, agus bha rian is òrdugh a' fàs mar bha ùghdarras 'g a chur air bonn.

\* \* \*

Cha b' ann idir air sgàth leas nan Gaidheal a chaidh suim airgid a cheadachadh leis an Ard Rìaghladh anns a' bhliadhna 1728 gus rathaidean a dheanamh anns a' Ghaidhealtachd. Mar is fhiosrach an leughadair dh'éirich na fineachan an aobhar nan Stiubhardach an 1715 agus an 1719. Fhuaras treubhan ri guaillibh a chéile anns an oidheip sin nach fhacas riamh roimhe ach aig naimhdeas. A nis mar thuig an t-Ard Rìaghladh Breatunnach gu 'n robh na Gaidheil ionnas agus aontachail air taobh nan Stiubhardach, bheachdaich iad gun dàil gu 'm feumadh iad dòigh fhaotainn air ceannaire an aghaidh an rìgh ùir a chiosnachadh gu h-obann. Cha ghabhadh sin deanamh gun slighe air an gluaiseadh

saighdearan an rìgh gu cabhagach do gach cearn anns am faodadh reubaltaich an cinn a thogail. Is ann do bhrìgh sin a rinneadh na rathaidean, gu bhì goireasach do 'n arm dhearg. Cha leigear a leas creideas air bith a thoirt do 'n Rìaghladh gu 'n robh iad a' sireadh leas nan Gaidheal.

\* \* \*

Cha luaithe a shuidhicheadh air na rathaidean airson an airm na chaidh Seineilear Wade mu thuath; agus an taobh a stigh de choig bliadhna rinn e saothair mhòr a' deanamh rathaidean—mu dha cheud gu leth mìle astair de rathad laidir fulangach, agus iomadh ceud drochaid air an cumadh gu grinn, agus air an deagh thogail. Tha cuid mhath de dhrochaidean Wade am feum fhathast; agus is gann gu 'n crìochnaich iad an uair a tha cuid de dhrochaidean an la an duigh a' tuiteam mu 'n gann a tha iad crìochnaichte. B' iad an luchd oibre saighdearan Gaidhealach a bha dileas do Rìgh Deorsa II. Bha iad air an éideadh ann am breacan dorcha. Uaith sin fhuair iad mar ainm *Am Freiceadan Dubh* agus an comharrachadh bho 'n arm dhearg. Is e an tuarasdál laitheil a bha aca, a thuilleadh air biadh is aodach, gach sergeant tasdan, fear-ceirde tasdan, agus cosanach coitichionn sia sgillean.

\* \* \*

Dlùth air deireadh na h-ochdamh linn deug dh'èirich innleachdair ainmeil rathaidean do 'm b' ainm Telford. Rinn esan corr is naoidh ceud mìle astair de rathaidean an ceann tuath Alba. Rinn e mar an ceudna dà cheud deug drochaid. Is e a rinn an rathad tarsuinn air Alba bho Bhaile a' Chàil gu Loch Carronn. Rinn e rathad anns an Eilean Sgitheanach bho Shligeachan gu Dunbheagain. Rinn e cuideachd an Cladhan Uisge bho'n Chorpaich gu Inbhirneis a' gabhail a stigh Loch Neis, Loch Omhaich, agus Loch Lochaidh. Ach c' àit an d'fhuair an t-Ard Rìaghladh an t-airgead airson nam feabhassan mòra sin? Fhuair air an dòigh so. An déidh Bliadhna Thearlaich ghlac an Crùn le laimh làidir na h-oghreachdan aig na triathan ceannaireach. Thog an Crun màl nan oighreachdan bho an tuath. Agus chan fhaca an Rìaghladh beairt a b'fhearr no an t-airgead sin a chosg air rathaidean is drochaidean fo stiùradh Thelford.

#### BRANCH CONSTITUTION AND RULES.

A new supply of Branch Constitution and Rules has been prepared in five different colours, so as to have them available for successive years. These are sold at 3/6 per 100, postage extra, and they may be had on application to the General Secretary.

## PERTSHIRE SETTLERS IN CANADA ONE HUNDRED YEARS AGO.

THE CLYDE OF CANADA.

By Colonel ALEX. FRASER, LL.D., Toronto,  
Canada.

### VI.

In the year 1820, one thousand and seventy-six labourers and mechanics from Lanark and Glasgow in Scotland, assisted by the Government, settled to the north of Drummond Township. They named their new home Lanark and changed the original name of the river on the banks of which they settled, to the Clyde. They prospered, founded industries, erected mills, and in due time when the adjoining townships were formed into a county, "Lanark" was the name chosen, but Perth, already the administrative centre of the wider district, became and still remains the county town.

The County of Perth in Upper Canada, the Perthshire of Ontario, is situated in the western part of the Province about one hundred miles from Toronto and three hundred from the town of Perth. The difference between western and eastern Ontario would be, generally speaking, that between the Highlands and Lowlands of Scotland. The County of Perth lies in a fertile stretch of territory, much of the land being the equal of the best in the Carse of Gowrie or in the valley of the Forth or Clydesdale. At one time it formed part of what was known as the "Huron Tract," the name "Huron" being that of one of the most powerful of the Indian tribes whose habitat was not far distant and after whom Lake Huron, one of the great inland lakes of Canada, was named. A large area of this fine territory was acquired by a British Company, known as "The Canada Company" on the usual settlement terms. This Company has honourably carried out its obligations to the present day, for all its interests have not been yet disposed of. The first general agent of the Company was John Galt, the Scottish author, whose stories are still in vogue; and whose administration in Upper Canada was greatly helped by Dr. William Dunlop (Tiger), well-known in Edinburgh and London literary circles in the days when Edinburgh was proudly regarded by Scotsmen as the "Modern Athens."

#### STREAM OF PERTSHIRE EMIGRANTS.

In the late twenties and early thirties of the nineteenth century, immigrants from the

homeland kept pouring in and the Perthshire emigrants took advantage of the liberal terms and security of settlement offered by the Canada Company by selecting one of the new townships as their future home. To visualise the places from which these latter came, one could take train at Perth for Crieff, and from there walk (as I have done) by road, passing through the all but awesome "Sma' Glen," in the deep bottom of which the river Almond flows over its uneven, gravelly channel. By the roadside is the unauthenticated "Ossian's Grave" of Fingalian legend, and on the opposite side of the river the famous Robbers' Cave in the well-nigh inaccessible high cliff, where fugitive marauders often found needy shelter and concealment. Here and there the scenery is wild, bordering on the picturesque, though as one proceeds along the rising altitude, it is scarcely impressive. In the gloaming the hamlet of Amulree is reached, where night lodging can be procured. Leaving in the morning and proceeding for a couple of hours, with a swerve to the left a few miles' walk brings one to MacDiarmid's large sheep farm, where rest and a Highland welcome awaits the traveller. By a moorland path one may cross to the vicinity of Aberfeldy and have a complete change of scene. Or leaving Amulree by the road through Strathbraan, a stiff walk brings you to Dunkeld. In that round of travel, occupying a couple of days afoot, would have been found, about one hundred years ago, the largest number of those people whose future is now being considered. Among them were crofters, small farmers, labourers and a few mechanics. Some were from other parts of the shire.

#### INDUSTRIOUS AND THRIFTY PEOPLE.

The name of the township in which they settled was Easthope, one of the largest and best in the Huron district. From the very commencement fortune smiled on them. It could scarcely have been otherwise, they were an industrious and thrifty people. A considerable portion of the surrounding country had already been occupied, and as the work of clearing went on rapidly and steadily, the rich and varied soil yielded up its latent wealth. In short, a sturdy yeomanry was being created such as was to be found among the better-class tenant-farmers of England or the bonnet-lairds of Scotland. This, of course, was not achieved without the process of arduous pioneering, with its temporary discomforts, deprivations, and discouragement. But a stout-hearted people, men and women inured to the vicissitudes

of life and withal possessed of unflinching faith in themselves and in Providence, were not easily dismayed by difficulties which to a softer race might have seemed to be insurmountable. And besides, they had before them, in not far distant communities, the example of what earlier pioneers had accomplished. The Sutherland clearances had thrown evicted crofters, tenants and tacksman into the famous Zorra Township in the adjacent County of Oxford, and stalwart MacKays, Mathesons, Munros, MacLeods, MacKenzies, Murrays, and Sutherlands had shown to newcomers how brawn and brain could achieve much more than a comfortable competency. Again, to the immediate east was the County of Waterloo, early settled by an industrious class of Menonites of Dutch and German origin, with more than two generations of trans-Atlantic experience in the British Colonies of New York and Pennsylvania—a people equally expert on the farm and in the factory, whose farms were as weedless as gardens, and as well-cultivated rood by rood as if emulating the intensive village of modern Denmark.

#### NOT SLOW TO LEARN.

The Perthshire immigrants were not slow to learn, and it was but a comparatively short time until their township became noted for the industry and intelligence of its settlers. As a corollary, the delegates from Easthope rose in influence in the District Council and were able to sway local affairs. When the township became well settled, it was divided into two townships—North Easthope and South Easthope. The Perthshire men were in the northern division. There was no county of Perth at this time, but when the District of Huron was divided into counties to meet the increasingly growing needs of the inhabitants the question of names became acute. The North Easthope Councillors favoured Perth and they succeeded; the district becoming the "United Counties of Huron, Perth and Bruce," with one general council for municipal government. This was in 1849. In 1852, these counties became independent of each other, and have since so remained. The capital city of the County of Perth is Stratford and the name of the winding river on which it stands is the Avon, reproducing the famous English name Stratford-on-Avon. The city is a noted railway centre, being on the main line of the Canadian National Railway from Toronto to Chicago and having a number of long branch lines radiating from it to the north, south, and west.

## ONLY ONE "FAIR CITY."

In this respect it might be compared, slightly, to Perth in Scotland say about fifty years ago, when the Caledonian Railway ran through from Carlisle to Aberdeen; the North British to Edinburgh; the Highland to Inverness and Wick; and the Caledonian to Dundee. There, however, the comparison may well begin and end; for, though the city of Stratford, Ontario, is noted for its churches, schools—primary, intermediate and collegiate; public buildings, aquatic park, avenues and glades of graceful maple trees; yet there is but one "Fair City," with its majestic Tay, its spanned bridge, beloved of the Muse, its North and South Inches, its ancient streets and vennels, its Kinnoull and Moncreiffe Hills, its history, and its atmosphere of ancient and modern life, meet for meditation, and thrilling thought; its incomparable walks, to Scone Palace, Kinfauns or Cherrybank—I am recalling fifty years ago—you who reside there now know better than I, whether or not expansion or modern civic improvements have imposed themselves on the centre or circumference of the early eighties of last century, but in any case there can be but one "Fair City" to me, and to me but one Perthshire; Inverness and Inverness-shire, the contrary notwithstanding.

The County of Perth, in Ontario, has contributed fully her fair share to the public life of Canada—in the matter of statesmen and educationists; professional men in medicine, theology and law; and very markedly in financial, commercial and industrial interests.

To particularise where there is really a plethora of merit might be a difficult task, but without being invidious, honourable mention may be made of the Monteiths, the Ballantynes, the Maclarens, the Livingstones (relatives of the great Dr. Livingstone of African fame), The Maybees, the Hays, and the Maxwells, who with respect to personal character and achievement have shed no small lustre on the County of Perth.

*(To be continued.)*

## GEALACH AN ABACHAIDH.

"Sìod agaibh a' ghealach ùr, Rìgh nan Dùl 'ga beannachadh!" theirear ann an cuid de àitean anns a' Ghàidhealtachd mar a chithear a' ghealach ùr a' cheud uair.

B' i a' ghealach a bha againn ann am mìos an t-sultainn an té ris an abrain 'gealach an abachaidh.' Tha i so eadar-dhealaichte bho na h-uile gealach eile anns a' bhliadhna. Is i a' ghealach a tha slàn dlùth air an ám a tha a'

ghrian os cionn cearcall-meadhoin na talmhainn. Tha i ag éirigh air aireimh de làithean an déidh a cheile, aig laighe na gréine, agus a' dearraidh gus an éirich a' ghrian an là-arnamhàireach. Ma bhithas an t-sìd math cha bhì moran dorchadais ann rù na h-ùine sin.

Do bhrìgh gu bheil am fogharadh anns an airde-tuath de ar dùthaich 'rinn linn theirear 'gealach an abachaidh' rithe gu coitcheinn. Air tìr-mòr na Gàidhealtachd theirear "gealach a' bhruic" rithe ann an cuid de àitean a chionn gu 'm bì am broc a' trusadh feoir thioram r'a solus airson a leabaidh gheamhraidh. Ann an Cataibh, theirear "gealach bhuidhe buain a' choice" rithe, agus anns na h-eileanan siar "gealach bhuidhe na Feill Micheil."

Ann an Albainn, anns na seann lhinntean am bitheantas, agus gu sònruichte anns a' Ghàidhealtachd, bha crìonadh na gealaich air a chunntas 'na am mì-shealbhadh agus fàs na gealaich 'na am soirbheasach airson toiseachadh air cuid de oibrichean. Ach cosmhuil ri iomadh sean chleachdunn eile tha an saobh-chràbhadh sin a nis a' dol air dì-chuimhne.

EILEANACH.

## MR. SHAW'S MARRIAGE.

It is with pleasure that we record the wedding of the General Secretary, Mr. Shaw, to Miss Elizabeth Taylor. This happy event took place in the Argyll Arms Hotel, Campbeltown on Thursday, 21st February. There was a large company present to witness the ceremony, and to accord to Mr. Shaw and his bride their felicitations and best wishes. The ceremony was performed by the Rev. Alexander Moffat, B.D., assisted by the Rev. T. S. MacPherson. Mr. Moffat presided over the wedding supper with happy good humour, while Mr. MacPherson in a most appropriate and fitting manner proposed the toast of the Bride and Groom. A very pleasing tribute was accorded to Mr. Shaw and his good lady by the numerous friends who expressed their congratulations in the sixty-two telegrams that were received, a goodly number of which were in Gaelic and from Branches. Mr. Macfarlane, Treasurer, and Mr. MacPhee, Assistant Secretary, were among the guests to do honour to their colleague.

Mrs. Shaw was for several years a very active member of the Campbeltown Branch and of the Campbeltown Gaelic Choir.

We feel sure that all members of An Comunn will heartily join in wishing Mr. and Mrs. Shaw long life, happiness, and prosperity.

"Na h-uile latha dhaibh."

## COMUNN NA H-OIGRIDH.

Nach sibhse bhios pròiseil, a chlànn ghaolach, gu 'm bheil Comunn na h-Oigridh a' faotainn, o so a mach, taoibh-duilleig de 'n "Ghaidheal" dha fhein? Feumar aideachadh gur e urram mór a tha An Comunn Ghaidhealach a' cur oirnn le bhì toirt dhuinn àite anns a' mhiosachan aca: urram is còir dhuinn a leigeil ris gu 'm bheil sinn a' tuigsinn a luach le bhì 'ga chur gu deagh bhuil—a' bhuil is àirde bhios 'nar comas a dheanamh dheth.



MAIRI NIC NA CEARDAICH,

An Sgoil Bagh a' Chaisteil.

A' cheud Duine-Cloinne a' fhuair Braiste  
Comunn na h-Oigridh.

Ach "tha car eile an adharc an daimh." Chan 'eil Comunn na h-Oigridh ach 'na naoidhean beag fhathast. Tha 'eachdraidh roimhe 's chan 'eil dad 'na dhéidh. Tha taoibh-duilleig euchdan ar Comuinn falamh an diugh. Tha aige ri e fhein a dhearbhadh air beulaibh nan Ghaidheal air feadh an domhain. Cuireamaid romhainn, mata, mu 'm bi an eachdraidh sin moran bhliadnaichean a dh'aois, gu 'm bi e 'na urram do 'n "Ghaidheal" i bhì air a sgrìobhadh ann.

Nis, tha fhios nach toigh le muinntir òig a bhì 'g éisdeachd ri searmoinean fada. Cha bu toigh leam-sa co-dhiu, an laithean m' òige—gu dearbh no 'n diugh fhein na 's mo. Creidibh

mise, mata, nach bitear ag iarraidh oirbh searmoinean fada leughadh anns an taoibh-duilleig so. Ach cuireamaid sìos am biogad, o àm gu àm, facal mu dhéidhinn nan nithèan sin a tha bunamhasach do Comunn na h-Oigridh.

Cìod is bun agus brìgh do ar Gluasad ri? Cìod a bha 'nur beachd 'nuair a fhuair sibh Braiste "Gaidheil" an là roimhe? Nach eil am facal sin fhein, "Gaidheal," ag innseadh dhuibh?

Bha dà bhalach ann, Murchadh agus Domhnall. Bha Gaidhlig aig 'am parantan le chéile, is bha i aig na balaich mar nach b' olc. Ach ged a bha Murchadh a' tuigsinn a h-uile facail, cha robh e ro-ghaolach air a bruidhinn. Agus 'nuair a bhìodh e fhein 's Domhnall a' bruidhinn Gaidhlig ri chéile 's a ghabhadh Sasunnach seachad orra, thionndaidheadh Murchadh gu Beurla air ball, dìreach a thoirt a chreidsinn air an t-Sasunnach nach robh Gaidhlig aige. Bha nàire air d' a taoibh. B'fhearr leis gu 'na bradh an Sasunnach ris fhein "Balach tapaidh, tha Beurla aige." 'Nuair a bha an roghainn aig balaich na sgoile ball-coise no camanachd a chluich, ball-coise a b'fhearr le Murchadh—bu toigh leis na fasanan ùra, Gallda. Bha 'n dà bhalach déidheil air dannsadh: ach 'nuair a thigeadh na coimhearsnaich cruinn, sean is òg, an talla ùr a' bhaile, gu bhì crathadh an casan, cha bhìodh gnothuch aig Murchadh ri ruidhle no srathspéidh no eadhon ri "ceithir cuir fhichead thulaichean." B'fhearr leis na dannsaichean Gallda: 's iad a b'uaisle. Dh'fhàs e suas gu aois fàgail na sgoile. Air ball bha *cigarette* 'na bheul. Bha e nis a' cur cùl ris a' Ghaidhlig gu leir, agus chan i a' Bheurla mhath a bh'aige, ach a' chabarsaid ghrannada a chuala e aig na daoine a thainig air chuairt as na bailtean móra. Mu dheireadh fhuair e tairgse math o dhuin-uasal e bhì 'na fhorsair aige air oighreachd bhreagh air a' Ghaidhealtachd. Saoil an do ghabh e sin? 'S e nach do ghabh—b'fhad a bhuaidh' e! Bha e fadalach 'sa' Ghaidhealtachd: cha robh *cinema* ann: an aon fhacal cha robh ni ann a b'ail leis agus thug e Lunnainn air, far an do rinn e a dhìchioll agus di-chuimhneachadh gu 'n robh e 'na Ghaidheal riann. Ach nach d'fhuair sinn ar leòir de Mhurchadh bochd?

Agus Domhnall? Cha bhì mi fada 'g innseadh dhuibh mu dhéidhinn Domhnall. Nuair a chaidh an Sasunnach seachad air-san, 's ann a b'airde a' Ghaidhlig aig Domhnall. "Cànan mo shìnsrean—foghnaidh i dhomh-sa: cànan is brèagha tha 'san domhain, ged a tha 'Bheurla math gu leòir 's a' bhaile mhòr." Dh'ionnsuich e leughadh is sgrìobhadh Gaidhlig, agus rinn e

na b'urrainn da gus a' Ghaidhlig a thoirt air ais gu bhì 'na cànan laitheal aig na Gaidheil. Sheas Domhnall ris a h-uile cleachdadh a b'fhearr leis na daoine treuna o'n tainig e.

Dh'ionnsuich e an eachdraidh, ghabh e ris na seann chluicheadan Gaidhealach, chuir e roimhe leigheil fhaicinn do 'n t-saoghal nach eil ni na 's urramaiche, na 's ionmholta, na bhì 'na DHEAGH GHAIÐHEAL. Fhuair e cosnadh math air a' Ghaidhealtachd, agus thug e air ais gu torraicheas iomadh ploc math fearainn a bha 'na laighe fàs fad leth-cheud bliadhna.

Nis, ciod a their sinn mu 'n dà bhalach sin? Ciod, ach gu 'm bheil e furasda ri fhaicinn gu 'n robh Domhnall ann an Comunn na h-Oigridh agus gur bochd an sgeul nach robh Murchadh ann cuideachd!

So na Buidhnean de Chomunn na h-Oigridh a chuireadh air bonn gus a so:—E. Sgitheanach—Cill-Mhoire; Bearnasdal, Sgoil MhicDhiarmaid; Uidhist a Tuath—Cairinnis, Loch nam Madadh, Bailesear; Beinn na Faodhla—Baile a' Mhanach; Muile—Tobarmhoire, Buncasain; Barraidh—Bagh a' Chaisteil, Bagh a Tuath; Ile—Boghamor; agus Uidhist a Deas—Iochdar.

Nis, cuiridh mi cagar beag 'nur cluasan. Tha fhios agaibh gu 'm bheil "Ceann-Feachd" air ceann gach Buidhne de Comunn na h-Oigridh. Faodaidh an Maighstir-sgoile bhì 'na Cheann-Feachd, no Bana-Mhaighstir-sgoile: faodaidh duine air bith eile bhì 'na Cheann-Feachd, ach e bhì freagarrach agus deònach. Cha dean e muthadh. Ach so mo chomhairle dhuibh:—leanaibh ri bhuir Ceann-Feachd, ge be cò air bith e; an àite bhì 'nur dragh dha, bithibh 'nur cùl-taic dha. Ma bhios sibh dìleas dha-san, bithidh sibh dìleas do Chomunn na h-Oigridh; agus chan fhada gus am faigh sibh so a mach, gur h-e bhuir Ceann-Feachd aon de na Cairdean, no Bana-Chairdean, is fearr a th'agaibh.

Agus so a' cheud ni is còir dhuibh a dheanamh, ma's e nach do rinn sibh cheana e. Taghaibh aon Bhalach agus aon Chaileag anns gach Buidheann gu bhì 'na "Cheannard" agus 'na "Bana-Cheannard" agaibh. Taghaibh gu math 's gu ro-chhràmach. Biodh e mar bhòid is mar cheangal orra sin deagh-eisimpleir a thoirt dhuibh a thaobh bhuir dualchas mar Ghaidheil, gu h-àraidh ann a bhì labhart na Gaidhlig 'nur measg fhein.

Dé mu dhéidhinn Camanachd? Nach bu mhaith leibh i bhì agaibh 'nur Buidheann? Cuimhnicibh gu 'm beil ceud againn camain

a thoirt seachad a nasgaidh do'n cheud deich Buidhnean a dh'iarras iad. Ciod a tha bhuir Ceannard a' deanamh 'sa' ghnòthach? Cuireadh esan a chomhairle ris a' Cheann-Feachd: no is docha gu 'm bi e air dheireadh.

Thar gach ni, cuimhnicibh nach dean e am feum as lugha an taobh-duilleig so a bhì againn mur eil duine dol 'ga leughadh. Mur a teid agaibh air a leughadh gu réidh, ceart, tha mi cinnteach nach diùlt an Ceann-Feachd cuideachadh leibh, ma dh'iarras sibh air gu modhail—mar "Dheagh-Ghaidheil."

SEORAS GALLDA.

## A MODERN SEANACHIE.

Recently there died at Husabost in Skye a remarkable seanachie, who, though barely sixty years of age, was yet one of the type whom we associate with a generation now past. John Macpherson, a native of Skye, was endowed with splendid natural talents. If only he had had educational advantages in his youth he would have been among the best of Gaelic scholars. I do not know a single scholar who could repeat half of the old poetry and romance of which this humble son of Skye was master. He knew a vast amount of unpublished material. He could repeat much poetry that has died with himself. He represented the class of reciters and singers from whom J. F. Campbell of Islay and Mrs. Kennedy Fraser must have collected so many folk-legends and ancient melodies. N. R.

## GAELIC SOCIETY OF PERTH.

The Gaelic Society of Perth met and carried out recently a specially arranged programme of Gaelic, Hebridean, and Scottish songs by the Gaelic Society's own choir, under the conductorship of Mrs. J. Robertson. Ex-Bailie Baxter, secretary, presided, and gave a brief account of the visit of Robert Burns to Perth in 1787. Burns entered Perthshire by Glendevon and Gleneagles, and then on to Crieff and Ochertertyre. On that occasion, Burns composed the song, "Blyth, blyth and merry was she," in honour of Miss Murray of Lintrose. On the same trip he made also a poem on Loch Turret. At Dunkeld, the poet met the famous Neil Gow, and spent a night with him. A musical programme was also very greatly appreciated.

## SECRETARY'S NOTES.

In response to an invitation from the Killin Branch, I attended one of their Ceilidh meetings last month. Mr. James MacRaw, M.A., president, occupied the chair and there was a large company present despite the rather inclement weather then prevailing. We had a very happy evening together and I thoroughly enjoyed the experience of renewing acquaintance with the friends who uphold our cause in this historic district.

\* \* \*

A pleasant feature of the movement in this area is the manner in which Branches assist each other at their Ceilidhs. During my visit there was a party of artists from Dalmally present, and at the previous meeting a company travelled all the way from Kinloch Rannoch to assist. This exchange of visits by Branch representatives is regularly maintained in this area and it is a practice we would like to see more generally adopted in all centres. It adds to the attractiveness of the meetings and gives sincerity to the motto—"CLANNA NAN GAIDHEAL RI GUAILLIBH A CHEILE."

\* \* \*

On a recent evening, a party from the Killin Branch travelled to Callander to give a presentation of the Play, "Posadh Seonaid," to the members of the local Gaelic Society. It was thought that the Y.M.C.A. hall would be sufficient to accommodate the audience, but, much to the surprise of the Committee, there was such a large demand for admission that it was quite impossible to admit half of those who presented themselves at the door. In view of this enthusiasm the drama party returned the following evening, and again the hall was packed. It is very nice to know that there is such an interest taken in Gaelic matters in this town.

\* \* \*

The activities of Mr. Donald MacPhail during the past month led him in the direction of the road to the Isles. His lot was cast among the hospitable isle folk of South Uist, where he had a series of thirteen meetings, this being the number of branches on the island. At each of these he was very well received, and it is worthy of mention that Gaelic and Gaelic only was the prevailing order on all occasions.

\* \* \*

A noteworthy feature of the meetings of the Uist Branches is the preference that is accorded to Gaelic debates. Each year discussions are arranged on matters of local interest and,

on these occasions, a full house is the rule. The speaking is not confined to the principals only as the members in the body of the hall, with due observance of the rules of debate, express themselves on the subject under review. No English is allowed, and it is pleasing to observe the ease and grace with which the younger members take part in the discussion.

\* \* \*

The relating of folk tales is another favourite method of entertainment. These are recounted in the traditional style, and along with the debates, provide an excellent medium of making the members more familiar with the literary usage of the language, and also assists in keeping alive these interesting items of native lore. We would like to see our Branches equally interested in those matters.

\* \* \*

Five Branches of Comunn na h-Oigridh were formed during Mr. MacPhail's visit to Uist. These are at Lochmaddy, Carinish, Baleshare, Balivanich, and Iochdar.

\* \* \*

A meeting of Branch Secretaries was held in North Uist to discuss arrangements for the forthcoming Uist and Barra Gaelic Drama Festival. All the branches are keenly interested in the success of this Festival, which is to be held immediately after the National Mod.

\* \* \*

We congratulate the players in the Ardgour team in their success at the Scottish Community Drama Festival at Fort William. Their presentation of "An t-Agh Odhar" was very favourably commented upon by the adjudicator. This is the first occasion on which a Gaelic team took part in the National Drama Competitions. The Branches in the Ardnamurchan area are arranging a festival of their own this year. It will be held at Acharacle on 27th April. The Hon. Mrs. MacLean of Ardgour, whose work in connection with the Ardnamurchan Provincial Mod is so well known, is prominently associated with this new movement.

\* \* \*

I had the privilege of being present at the Annual Mod of the Glasgow High School Gaelic Class Ceilidh on 9th February. It is an indication of the growing popularity of this Mod, that it became necessary to engage the Berkeley St. Andrew's Hall to accommodate the members of the public who now attend the proceedings. The various sections included classes for solo and oral competitions, and performances in all these were of a high standard

We are indebted to the Ceilidh officials for their efforts in promoting this Mod by means of which much good work is accomplished.

\* \* \*

Arrangements are well advanced for the Annual Mod of the Paisley Highlanders' Association which takes place in the Good Templar Hall, on 9th April. The Mod instituted by the Edinburgh Tir nam Beann Association last year is to be continued, and will be held this year on 25th May. The Gaelic Society of London which was formed in 1777, has successfully promoted a Mod for several years and the 1935 Festival will take place on 13th April. At a joint meeting of the Greenock Highland Society, Ceilidh Ghaidheil Ghrianaig and Greenock Tir nam Beann Association it was decided that an annual Mod should be held in the town, and the first of these is to be held in the Masonic Hall on 29th March.

\* \* \*

These Mods are additional to those promoted by our own Provincial Mod Committees. In the Southern Area eight Mods have already been arranged as follows: Kintyre Mod, at Campbeltown on 9th and 10th May; Lorn, Mull, and Morven Mod at Oban on 6th and 7th June; Mid-Argyll Mod at Lochgilphead on 11th and 12th June; Islay Mod at Bowmore on 12th or 14th June; Perthshire at Aberfeldy on 14th June; Ardnamurchan at Strontian on 25th June.

\* \* \*

The Mod which is to be held in Vancouver this month is attracting the attention of many Highlanders throughout the Dominion. Mr. John MacLeod, from Pas, near Winnipeg, a brother of the late Roderick MacLeod, Inverness, expects to be present. Another Gael who is coming from Winnipeg is Mr. Donald MacInnes, a native of Broadford, Skye. This Mod has already been given the influential Patronage of such men as Mr. T. B. MacAulay, President of the Sun Life Insurance of Canada; Major-General J. W. Stewart, Vancouver, and Mr. Angus MacInnes, M.P. Among the entries received in the literary section is one from California, U.S.A.

\* \* \*

We are fortunate in that Mr. Angus Robertson, ex-President, will at the time of the Vancouver Mod be on a visit to Canada, and he hopes to be present to represent us at the proceedings. He will carry with him a special message to our Canadian friends for the success of their efforts. The message is as follows:

Do Luchd-Riaghlaidh a' Mhoid  
an Bhancoubhar.

A Mhuinntir Ionmhuinn,

Tha sinne a tha aig an àm so a riochdachadh a' Chomuinn Ghaidhealaich ag cur le laimh ar caraid agus ar teachdaire dileas, Mgr. Aonghas MacDhonnchaidh, a bha re chòig bliadhna 'na Cheann Suidhe ionmhuinn againn air ar Comunn, do bhur n-ionnsuidh-sa, 'r bràithrean gràdhach ann am Breatunn Cholumbia, ar làn bheannachdan aig an àm so air dhuibh a bhì a' dol le chumail ainm an baile mòr Bhancoubhar a' cheud oidheip a rinneadh fhathast air Gaidhlig ath-stéidheachadh 'n ur measg is a h-urram a chur an àird aig Mòd.

Tha sinn ag guidhe dhuibh gach adhartas is buaidh is urrainn dhuinn a chur an cèill dhuibh is gach rogha soirbheachaidh a bhì le 'ur Mòd. Gu robh bhur Comunn a' sìor dhol an meud 's an maitheas, agus creidimh gu'm bi dàrctadain bhur cardean a dh'fhàg sibh air seann chladaichean siara na h-Eorpa 'g ur sìor leantuinn le'n dàrachdan dùthchail a h-uile latha 'chi 's nach fhaic.

Is sinne bhur bràithrean dileas,

IAIN R. MAC 'ILLE NA BRATAICH,

Ceann Suidhe.

NIALL MAC 'ILLE SHEATHANAICH,

Rhànaire.

\* \* \*

We are pleased to announce that our Treasurer, Mr. Robert Macfarlane, C.A., has been appointed to the very honourable and important office of Commissioner for Income Tax for Dumbartonshire. This is one of the highest distinctions that can be accorded to a member in his profession. It is interesting to note that Mr. Macfarlane completed twenty-five years service as Treasurer of An Comunn at the end of January of this year.

\* \* \*

Many friends will be glad to hear that Professor E. A. Milne, F.R.S., Rouse Ball, Professor of Mathematics at Oxford University, has been awarded the gold medal of the Royal Astronomical Society for his scientific researches. Mrs. Milne is a daughter of Mr. H. F. Campbell, Dornoch, one of our life members and a former Convener of our Education Committee.

\* \* \*

Dr. Catherine Chisholme, a member of the Manchester Branch, has been honoured by His Majesty the King, who conferred on her the C.B.E., decoration.

\* \* \*

Mr. Lachlan Campbell, a member of An Comunn, and one of the most prominent Gaels in London, at a recent meeting gave a description of a recent visit to South Africa. He met several Gaelic-speaking people during his travels and these included a Jew, an excellent and facile speaker of the language. This man who is now a prosperous trader, spent his early days in Inverness-shire.



Among the many money making efforts that are being arranged by the Edinburgh Mod Committee is a large Feill. There is much preparation needed for such an undertaking, and, it occurs to us, that many of our members might be willing to assist in its success by sending contributions for the various stalls. Mr. Donald MacIndeor, 62 Corstorphine Bank Drive or Mr. Alasdair J. Duncan, 31 Melville Street, who act as joint-secretaries will be very pleased to accept and acknowledge donations.

\* \* \*

By the number of enquiries received in connection with the Celtic Art Competitions it seems that this native form of art decoration is attracting the attention of many students. To those who desire to become interested in this subject, we would recommend the book "The Elements of Celtic Art." It is an excellent publication, specially prepared for beginners. The introductory matter explains the principles of the Art, and by gradual stages it proceeds until the more complicated interlacing patterns are reached. There are numerous illustrations showing the construction of various designs. The author of the book is the late E. K. Carmichael. We stock it in the office, 212 West George Street, and would be pleased to supply copies on application. The price is 1/- per copy, postage one penny.

\* \* \*

The appointment of a local Secretary for the 1935 Summer School of Gaelic has not yet been made. The School will be held at Tobermory from 16th July until 9th August. Any one desiring to make enquiries in regard to accommodation should write to Miss G. L. Macdonald, Rosebank, Tobermory. Miss MacDonald, is the Branch Secretary, and she will attend to such matters in the meantime.

\* \* \*

The members of the Elgin Branch are fortunate in having a person of Miss Margaret Winifrede Simpson's accomplishments associated with their activities. Miss Simpson possesses decided musical gifts and is well known for her original verse. She has composed clarsach accompaniments and obligato, and at the recent Ceilidh which the Prime Minister and his daughter attended and so much enjoyed, several of Miss Simpson's were sung and recited. She also trains a choir in Gaelic and Scots songs. Miss Simpson has been responsible for arranging a number of Ceilidhs, and their success indicates her devoted interest in the work, and gives evidence of her abilities as an organiser.

We notice that Paul Robeson, the famous coloured singer, is to include Hebridean songs when he appears at the International Celebrity Concert at the Music Hall, London, towards the end of this month.



## CRAOBH-SGAOILEADH.

### An Airde Tuath.

Air an 8 mh là de 'n Fhaoilteach thog Fear-deilbhe na h-Airde Tuath air gu Uibhist agus air feasgar Dior-daoin bha a' cheud choinneimh de 'n turas an Loch nam Madadh. Ged a bha an oidhche fuathasach stoirmeil bha dà fhichead cruinn 's an Tigh Sgoile agus bha an Ceannt-Suidhe, Mgr. Calum Mac Leoid, anns a' chathair. Labhair Mgr. Mac Phail air obair a' Chomuinn agus an déidh sin bha Ceilidh laghach ann le òrain agus sgeulachdan. Mu 'n do chriochnaich a' choinneamh bheachdaich a' Chomhairle air Féill nan Dealbh-Chluichean 1935.

Air an ath-oidhche thadhail am Fear-deilbhe aig Sollas far an d'eisd e ri deasbairreachd "Co dhìu as fearr posadh ri té ghrànda le airgid no ri té bhoidheach gun airgid idir." The gillean Shollais dol a' phosadh té bhoidheach, airgid ann no as. Labhair Mgr. Mac Phail air Feill nan Dealbh-Chluichean, agus Comunn na h-Oigridh.

Air Di-Sathuirne chruinnich Rùnairean nam Meuran an Ceannt a Tuath Uibhist, aig Cladach-Chircebst, agus bheachdaich iad air "Feill nan Dealbh-Chluichean an Uibhist is Barraidh 1935."

Air Di-Luain an 14mh là bha Mgr. Mac Phàil aig coinneimh de mheur a' Chladaich agus bha aireamh mhath cruinn. Chaidh oidhche laghach a' chur seachad le òrain agus sgeulachdan agus chuidich am Fear-deilbhe leis a' Cheilidh mar is abhaist.

Bha am Fear-deilbhe an lathair aig Ceilidh an Tigh-Ghearraidh air Di mairt agus ged a chuir an cnatan mosach, "Am Flu," moran gu na leapaichean, bha aireamh math cruinn. Chualas moran de sgeulachdan beaga a' bhùineas de 'n chearn so de dh'Uibhist. Roimh mheadhon latha thadhail Mgr. Mac Phàil aig Sgoil Chairinnis agus chuireadh air bonn Meur de Chomunn na h-Oigridh. Tha ceithir air fhichead gille is nighean ceangailte ris a' mheur so agus e'ait am bitheadh buidheann de Chomunn na h-Oigridh mur biodh anns an ionad 's an deachaidh Blàr Chairinnis a chuir. Tha an Teampall aig ceann an Tigh-Sgoile. Nach bu laghach an t-aite so airson Cuirm-chnuic de bhuidhnean Comunn na h-Oigridh an ceann a Tuath Uibhist.

Air an ath-fheasgar labhair Mgr. Mac Phàil ri Gaidheil Lochephort 's an Tigh-sgoil. Bha an an talla làn agus an déidh na h-oraide chualas deasbairachd air a' chuspair, "Co dhiu as fearr mac no nighean do phàrantan?" Is cinnteach gur e so Baile Chloinn Phàil chionn bha coignear de 'n chinneadh so an sàs 's an deasbud. Choisinn na gillean ach tha na nighean de 'n aon bheachd fathast, nach eil moran feuma anns na gillean a chum furtachd a thoirt do na pàrantan 's na laithean a th'ann.

Bha Ceilidh anabarrach 's a Bhaile Shear air feasgar Dior-daoin. Chualas òrain, sgeulachdan, ceol na fìdhle agus na pobamóire, le sluagh is aithne sin a' dheanamh le grinneas. Chaidh buidheann de Chomunn na h-Oigrìdh a chur air chois cuideachd. Tha ceithir-deug de 'n Oigrìdh agus bràistè A' Chomuinn 'nam broilleach a nis, agus is Gaidheil is Bana-Ghaidheil iad gu 'n cùl.

Air feasgar Di-haoine chumadh coinneamh an Cairinnis. Labhair am Fear-deilbhe air cor na Gaidhlig agus as a dhéidh sin bha Ceilidh thogarrrach ann.

Chaidh Mgr. Mac Phàil gu Beinn na Faogha air Di-Sathuirne agus bha ceud gu leth a' feitheamh an Tigh-Sgoil Bhaile Mhanaich. Labhair e air na cuspairean, Feill nan Dealbh-chluichean agus Comunn na h-Oigrìdh. Chaidh buidheann de 'n Oigrìdh a' chur air chois. Bha Ceilidh ghasda ann an déidh sin agus fhuaradh ceòl air a' phìob mhòir leis a' phìobaire ainmeil sin, Mgr Aonghas MacAmhlaidh.

Air oidheche Di-luain bha faisg air dà cheud aig Ceilidh an Cnoc na Mòna far an d'fhuair sinn òrain agus sgeulachdan thaghta. Chan 'eil an Albainn sluagh as déidheile air sean eachdraidhean na buill a' mheòir so agus is math is aithne dhaibh sgeulachd innseadh.

Air an ath-latha, Di-màirt, chuireadh air bonn 's an Iochdar, meur de Chomunn na h-Oigrìdh anns am bheil fichead ball agus anns an fheasgar bha an Tigh-sgoile loma lan de Cheilich. Chuidich an Comunn òg leis a' chlàr-eagair agus bha Ceilidh thaitneach ann. B'e so aireamh bu mhòtha a bha riann cruinn an Tigh-sgoil an Iochdar.

'Nuair a rainig Mgr. Mac Phàil Tigh-sgoil Gheirinnis air feasgar Di-ciadain, bha an t-aite cho lan 'sa chumadh e. Labhair e air chisean a bhuneas do aobhar na Gaidhlig agus chualas cuideachd oraidean bhrosnachail o Mhgr. Mac 'Ille Mhaoil, Mgr. Mac Leoid agus An t-Urramach Calum Leing. As a dhéidh sin fhuair e òrain, sgeulachdan agus dannsadh. Tha duil ri buidheann on mheur so a bhi 'gabhail pàirt am Feill nan Dealbh-chluichean an Uibhist.

Ged a bha oidheche dhoirbh ann bha aireamh maith cruinn an Tigh-sgoile Fhoghmòr air feasgar Dior-daoin. An so cuideachd, chualas mòran de sgeulachdan a bhuneas do Uibhist agus is ro-mhath chaidh an innseadh.

Chumadh a' choinneamh nu' dheireadh de 'n chuairt anns an Talla mhòr an Dailebrag air feasgar Di-haoine. Bha an oidheche fuathasach stoirmeil agus air an aobhar so, cha robh an àireamh cho mòr. A dh'aindeoin sin bha Ceilidh laghach ann agus bha Fear na cathrach e fhein am fonn math airson òran. Tha am meur so deonach gu 'n teid buidheann air adhart gu Feill nan Dealbh-chluichean.

Aig gach coinneimh is i a' Gaidhlig a mhàin a bh'air a labhairt agus anns gach ceàrn de 'n Eilean, Deas is Tuath, tha a' chlànn deas-bhriathrach an Gaidhlig 's am Beurla. Tha an sluagh air fad coibhneil, cairdeil, deighheil air gach seann eachdraidh agus tha an oigrìdh 'g an togail suas le làn eòlais air canain an athraichean agus gach deagh bheus eile a tha leantuinn na h-obrach so.

Dh'fhag Mgr. Mac Phail aig da uair 'sa mhaduinn (Di-Sathuirne) agus rainig e Inbhirnis 's an fheasgar, làn-riarachte leis na chuala 's na chunnaic e air a thurus do Uibhist.

### An Airde Deas.

Rinn an Rùnaire ullachadh airson cuairt a ghabhail an Airdnamurchan, ach a thaobh is gu 'n robh moran ag gearan leis a' chnatan mhòr, agus e fbein 'nam measg, b'èigin a chuairt a chur air ais gu am iomchuidh eile.

Air an naodhamh là de 'n mhios chaidh seachad fhritheil an Rùnaire aig Mod Ceilidh Comunn Ard Sgoil Glaschu a leigeil ris gu bheil An Comunn ag gabhail ùgh ann an obair na Ceilidh, agus aig a' cheart m'ag giulan deagh-ghean bho 'n Fho-Chomhairle Dheasach. Thug e taing do luchd Comhairle na Ceilidh air son an dealais do thaobh na canain agus bhrosnach e iad a dhol air adhart leis na mòdan a chum òigrìdh nam bailtean móra a mhisneachadh agus am barrachd saothair agus dichill a dheanamh a chur ri meud an eolais air canain an athraichean. Bha am Màd soirbheachail air a h-uile dòigh agus tha taing gu sòradh aig buill na Ceilidh.

EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE.—*Douglas 1433.*

Leabhar XXX.]

*An Cèitein, 1935.*

[Earrann 8

### MOD DHUNEIDEANN.

Ann an òran mhòlaidh a rinn Donnachadh Bàn do Dhunéideann tha e ag iomradh air ma'se a' bhaile, agus air na h-ìoghnaidhean a tha ri'm faicinn ann. Chan ann a mhàin airson a mhaise a bha Gaidheil deidheil air ceanna-bhaile na rìoghachd. Tha aobhar na dhà eile airsin am bu chòir dhuinn a bhì measail air Dunéideann. Dleasaidh am baile taitneach ud urram a chionn gur ann an sud a shuidheas prìomh-chùirtean na h-eaglais agus an lagha. Do neach a ghabhas beachd tùrail air an dà nì sin is anabarrach mar tha Dunéideann mar fhuaran o bheil iomadh sruthan mar gum b'eadh a' sìleadh feadh na dùthcha air fad a thaobh ughdarras an cuisean eaglais, is ceartais, is foghlum. Tha na Gaidheil fo chomain do Dhunéideann, a chionn gu'n do bhuilich am baile ainmeil sin onair is deagh-ghean air iomadh Gaidheil. Tha feadhainn de ar muinntir a' suidhe air uiribh anns na h-ionadan is airde, an cathair riaghlaidh a' bhaile, anns a' chùbaid, anns an ard-chùirt, agus anns an oil-thigh.

\* \* \*

Feadh na naodhamh linn deug thug Dunéideann comhnadh nach bu bheag do'n Ghaidhealtach. Tha sin fìor gu sonraichte a thaobh eaglaisean agus sgoilean. Ged a dh'fhaodas a bheachd féin an diugh a bhì aig gach fear a thaobh nan roinnean a bha anns an eaglais, gidheadh tha sinn cinnteach gu'm biodh iomadh sgrì anns an taobh tuath a dh'èasbhuidh tighean aoraidh aig am an Dealachaidh mur bhiodh gu'n d'fhuaras cuideachadh o Dhunéideann. Gun teagamh tha seo a' gabhail a stigh na dùthcha air fad a thaobh an airgid; ach is ann ri Dunéideann

a shealladh mòran de ar n-athraichean airson furtachd. Nach ionmholta an obair a rinn Comunn nan Ban Uasal an Dunéideann airson na Gaidhealtachd. Is anns a' bhliadhna 1850 a shuidhich eadh an Comunn cluìteach sin, a tha ag obair gu dìleas gus an latha an diugh. Chuir an Comunn sin air chois corr is ochd fichead sgoil air feadh na Gaidhealtachd. Bha Gaidhlig 'g a teagasg am mòran de na sgoilean sin. Faodadh gu'm biodh staid ar cànan fada na b'èudòchasaiche an diugh mur bhiodh saothair is falaidheachd Comunn nam Ban Uasal.

\* \* \*

A nis mar tha fhios aig an leughadair tha ar sùilean a' tionndadh aon turus eile gu ceanna bhaile Alba, gu baile greadhach na Creige agus a' Chaisteil. Tha buidheann dhìleas Ghaidhealach an Dunéideann a thug cuireadh càrdeil do'n Mhòd Chinneachail do'n bhaile am bliadhna. Ged tha ceithir mìosan fathast mus faic sinn a chéile aig a' Mhòd gidheadh is math a bhì a' deanamh luaidh air a' chuirn mhóir agus a' tarrainn aire nam ball an deagh am. Tha am Mòd a nis air fàs cho cudthromach agus gur e tha ann ach gnothach mór a leithid a ghabhail as laimh. Air an aobhar sin tha Comhairle a' Mhòid an Dunéideann ri am moladh agus ri an clùthachadh airson am misnich. Is e an dòigh is fhearr gus am moladh sin a dhearbhadh, gu'n dean gach aon a dhìchioll gus an cuideachadh fo an uallach a tha aig an am cho trom air an guallean. Gheibh iad brosnuchadh as ùr an uair a chì iad gu bheil na buill eile feadh na tìre a' cuimhneachadh orra. Tha iad aontaichail is dùrachdach, agus is math is airidh iad air a h-uile h-oidheirp a ghabhas deanamh a chum an comhnadh.

Tha am Mòd bliadhnaile a chum leas A'Chomuinn air fad. Is e am Mòd am meadhan sonruichte aig A'Chomunn a nis gus ionmhas fhaotainn. Thatar a' cur a mach suim mhòr gach bliadhna air duaisean, màl nan tallachan, clo bhualadh is nithean eile an comhicheangal ris a' Mhòd. Mar sin is ceart gu faigheadh An Comunn buannachd o'n Mhòd airson na cosgus, agus airson na h-oibreach feadh na dùthcha. Ged bha comhstri chàrdeil air chois o chionn greise a dh'fheuch cò bu mho buannachd, gidheadh tuigear nach gabh sin cumail suas. Is e an nì sonraichte gu'n biodh na meanglain dìleas gus an earrainn féin a dheanamh. An aon seadh chan e a mhàin Mòd Dhunéideann a tha an so, ach am Mod Cinneachail. Mar sin tha dleasan a' laidhe air gach meanglan agus air gach ball. Tha gnòthach trì-filte anns an amharc—eadhon labhairt is seinn na cànan, cosnadh airgid airson feum A'Chomuinn, agus craobh-sgaoileadh le bhi a' dèsgadh is o' blàthachadh cridhe nan ceudan coigreach a chluinneas a' Ghaidhlig agus a ceòl airson a' cheud uair.

\* \* \*

Tha Comhairle Dhunéideann aig an am so a' deanamh gach nì is urrainn dhaibh ag ullachadh airson a' Mhòid. Chum iad a cheana cuirmean ciùil is coinneamhan eile, gus airgid fhaotainn. Aig deireadh a' mhios so tha iad féin is cairdean eile gu bhi a' cumail Féill fad dh' latha an Duneideann. Bithidh an Fhéil an Talla Naomh Cuthbert air an 31 de'n Chéitein agus a' cheud latha de'n Og-mhios. Is cinnteach gu'm biodh a' Chomhairle taingeil airson tabhartas sam bith a b'urrainn càirdean a thoirt dhaibh, no chur g'an ionnsaidh airson na Feillé. Mu'n am ud bithidh àireamh de mhinistirean agus de dh'èildearan an Duneideann aig an Ard Sheanadh; agus tha dòchas gu'n tadhail iadsan an Fhéil air sgàth na seann dùthcha is na seann chànan. Tràth anns an fhoghar bithidh coigreach an iomadh àite feadh na Gàidhealtachd. Bu chòir do na còisrean dùthchail Gàidhlig anns gach àite cuir-m-chiùil a chumail gu bhi a' barruinn aire nan coigreach, agus a' cosnadh airgid airgid Mòd Dhunéideann a chuideachadh.



Copies of "Voices from the Hills" can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kindred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6; postage, 9d.

## LETTER TO THE EDITOR.

Sir,—I have, for many years, been interested in collecting Puir-t-a-beul, and it has occurred to me that a good way to preserve them would be through the medium of your paper. There are doubtless many who read it and who could add verses or lines to those which I have already noted, and thus make a more interesting collection which might, at a future date, be published with music.

Take for instance the tune "Standard on the Braes of Mar"—the following words were given to me many years ago by Colonel MacInnes, Glendaruel:—

'S toigh leam fhéin mo ghùn a dheanamh  
Air a chùl is air a bheulann

'S toigh leam fhéin mo ghùn a dheanamh  
Mar tha gùn na Ban-tighearna.

Air a chùl 's air a bheul  
Air a chùl 's air a bheul  
Air a chùl 's air a bheul  
Mar tha gùn na Ban Tighearna.

Since coming to live in Perthshire I have been given two more traditional verses which are sung to the second part of the tune and with the same four first lines for the first part of the tune:—

Caol anns 'n deas a mheadhon  
Caol anns 'n deas a mheadhon  
Caol anns 'n deas a mheadhon  
'S leathann anns 'n earboll.

'S toigh leam fhéin leoir leathann,  
Leoir leathann, leoir leathann,  
'Stoigh leam fhéin gu leoir leathann  
'S crioman thun a' dhannasdh.

In a little book "Puir-t-a-beul," published by Dr. K. N. MacDonald in 1901 the following words are given, without music, and headed

"Strathspey Time."

'S fheudar dhomh mo ghùn a dheanamh  
Feumaidh mi mo ghùn a dheanamh,  
'S fheudar dhomh mo ghùn a dheanamh  
Mar tha gùn na Baintighearna!

'S fheudar e bhi umam cruinn,  
Feumaidh e bhi cuimr grinn,  
Air a chuma 's e gu riomhach,  
Direach chum an dannasdh!

This would be a suitable Port-a-beul to set for children at a Mòd competition. If anyone who reads this knows of more verses I should be grateful if they would communicate with me.—Yours truly,

ISOBEL STEWART.  
(Bean Fasnacloiche.)

Camserney Cottage,  
By Aberfeldy.

## SEANN CHLEASAGAN

agus

## Dhuanagan airson Naoidheanan agus na Cloinne Bige.

[Tha na cleasagan so air an clò-bhualadh le ughdarras Chloinn an Fhraoich airson feum Comunn na h-Oigrìdh. Nithear Leabhran de'n cho-chruinneachadh so an deidh am foillseachadh anns a' Ghaidheal.]

## AN CLAR-INNSIDH.

(Co-chruinneachadh "Cursant a' Chreachainn.")

Bhà, Bhà, Bhà.  
 Ghìsan, geusan.  
 Cuir a Bhiodag.  
 Brochan bùirn.  
 So mar chaidh na h-Eich.  
 Hup-hup air an Each.  
 Ordag, Colgag.  
 Danns, a Staigein.  
 An t-Sean Rong Mhór.  
 Cuir 'sa chiste mhóir mi.  
 'S coma leam Buntàta carrach.  
 Sòbhragan, Seamragan.  
 A Chorra-chorra-chòsag.  
 Id-Id-Idein.  
 Gùg-ùg, thuir a' Chuthag.  
 Gille-Gille Guirmein.  
 'S i mo chas chrùbach.  
 An robh thu air an Fhaidhir?  
 Tha mi air do Chrìch.  
 Tha mi air mo Bhaile mór.  
 Eirich, a phoca shalainn.  
 Im is Càise.  
 Aonrachdan, Onrachdan.  
 Cnidsein, Cneadsain.  
 Shogamaid am Boc.  
 Do sheanmhair a chrathadh.  
 An Sgrìobhadh Iudhach.

## CLEASAN A' CHLUICHEAR A' STIGH.

A' Bhuaille le aon Dorus.  
 Am Bodach Dall.  
 Gearr am Muchan.  
 Cur a mach Leannan.  
 Cluichean cunntadh-a-mach—  
 (a) Ladharc-Pocan.  
 (b) Aonadan, Dhanadan.  
 Na Meuran.  
 Clabain—  
 (a) Capull a' Phearsoin.  
 (b) Ceann a' Chapuill Bhàin.  
 (c) Cat a' Mhinisteir.  
 Cill, Cill, Cailleach Mharbh.  
 Cluich a' Mhadaidh-Ruaidh.

Gearradh a' Chàise.

Anail Fhada.

A' Chas Ghoirt.

Toimhseachain (4)—

Ceartas Nighean Dhubhain.

Aiseag nan Ceard.

An Sionnach, an Gàadh, 's an Siol.

Roinn an Uisge-Bheatha.

Bristhraisg, Dinneir agus Suipeir.

## CLUICHEAN A' CHLUICHEAR A' MUIGH.

Ruith a' Ghaduiche.

Deas, Deas, do Gheimhleach.

Crann an Dorus.

Falach-Fead.

Cluich a' Bhalgair.

Lean an Ceannard.

Fàg, Fàg, an Neapaicin-pòca.

Cartadh nam Buaillean.

## CAMANACHD.

Iomradh air Camanachd.

Na Riaghailtean-Camanachd.

## AN COITICHEANNAS.

Tha na duilleagan so air an cur a mach airson duine sam bith a tha gabhail cuid no gnothach ann an obair Comunn na h-Oigrìdh, is e tha 'san t-sealladh againn na cluichean sin a chur air aghaidh am measg na h-Oigrìdh, a tha gu sonraichte dualach do na Gàidheil agus freagarach r'an cluich air a' Ghàidhealtachd. Bha na cluichean anabarrach pailt anns na làithean a dh'aom, ach tha iad an diugh a' dol air di-chuimhne, (agus nach truagh sin!) clann nan sgoilean fada na's lionmhoire na tha iad an diugh. Ach tha cuid dhiubh 'gan cluich fhathast agus is math is fhiach oidhirp threun a dhèanamh air feadhainn eile thoirt air ais ann an cleachdadh coitcheann. Tha na cluichean agus na rudan eile a tha air an cur sìos an so air an taghadh gu sonraichte a chionn gu bheil bloighdean de Ghaidhlig—rannan, giseagan, comhraidhean-càraid, 's mar sin sìos—a' ruith air am feadh. Tha mòran de na rannan, gun teagamh, nach faigh an sgoilear àilgheasach mòran seagh annta, aca gu dé dheth sin? Tha iad gasda, neo-lochdach ri'n aithris, agus am fear aig a bheil iad a' ruith gu bitheanta air a theangaidh, chan fhaod e bhi nach dean iad a Ghaidhlig a Bmhadh. Agus tha na cluichean fein gasda, fallain.

Gheibhear an toiseach àireamh de shean chleasagan agus dhuanagan airson naoidheanan agus clainne bige : agus air eagal's gu'n abair

cuid gu bheil a leithid ro-leanabail airson an cur còmhla ri cluichean a bhuineas do bhalaich 's do chailleagan a dh'aois sgoile, faodar a ràdh gu bheil sinn a' saoilinn nach gabhar tòiseachadh tuille is tràth le Gàidhlig ann am beatha leinibh. Bithidh na duanagan so—seadh, agus mòran a bharrachd, gun teagamh—air bilibh iomadh Mathar Gàidhealaich an diugh, ach chaidh mòran duibh air chall ann an àitean, agus mar is eòlaiche bhios ar caileagan-sgoile air a leithid de ghiseagan pàisdeil, 's ann is dòcha gu'm faigh iad àite ann an àrach a' ghinealaich ùir. Fhuair an cruinneachadh so, a rinneadh leis a' Bhean-usal Catriona W. Ghrannnach nach maireann, fo ainm "Curstan a' Chreachainn," ceud dhuais a' Mhòidh ann an co-fharpais airson a leithid.

Tha na nithean eile air an taghadh, cha mhòr gu léir, bho'n leabhar "The Games of Argyll" le Raibeart Craig MacLagain (David Nutt, 57-59 Long Acre, London, 1901). O'n a tha a' mhòr-chuid de'n leabhar sin ann am Beurla rinneadh eadar-theangachadh gu Gàidhlig far an robh sin feumail. Tha mu dhà thriann de na nithean a thaghadh 'nan cleasan simplidh a dh'fhaodar an cluich a stigh, agus tha sinn ag creidsinn gu bheil iad anabarrach freagarrach do Chomunn na h-Oigridh, an uair a bhios a' Chlann ag cruinneachadh còmhla airson oidhche Gàidhealaich. Cluichear a' chuid eile an taobh a muigh: tha iad uile grunn, fallain, sunndach. Thugadh aire shonraichte do Iomain, prìomh chluich na Gàidhealtachd. Gu dearbh, tha a h-uile ceann-fàth aig Comunn na h-Oigridh gu bhì buidheach, a leithid de spòrs chinneadail a bhì aig làimh aca, ach iad a dhèanamh feum dheth.

Tha sinn ag iarraidh gu dùrachdach air Cinn-Feachd Comunn na h-Oigridh iad a thoirt fa-near gu'n ionnsaich a' Chlann na cluichean so ann an Gàidhlig—gu'm faigh iad grèim air na rannan 's na gearr-dhuanagan, na gisreagan 's na gearr-fhacail—ra bloighdean Gàidhlig a tha ruith air am feadh, 'gam beothachadh, ag cur sunnd fodhpa. Nì so luach nan cluichean fhéin àrdachadh agus a' Ghàidhlig a dhàingeachadh an intinn agus an cridhe na Cloinne. Agus a thuilleadh air a so, nach 'eòil an là 'san t-sealladh againn anns am bì na Buidhnean bho iomadh cearn gu tric ag cruinneachadh ri chèile: an sin, ma bhios na cluichean Gàidhealach ann an cumantas aca, 's a' Ghàidhlig a' ruith o bhilibh na Cloinne mar cheilear nan eun, nach mùirneach an dùil e!

Aon fhacal eile. Chan 'eil sinn ag gabhail òirnn gu bheil an leabhar so coimhlionta air aon chor. Is iomadh cluich gasda air nach do

rinneadh iomradh ann. Is dòcha gu bheil mòran eile 'gan cluich an iomadh ceann-dùthcha iomallach air nach 'eil aithne againn, Cha dèanamaid dearmad air aon duibh. Bithidh ruith agus leum, cleasachd agus cur-nan-car ann cho fad's a chuireas balach cas am bròig—no a theid e casruisgte. Gu ma fada a mhealas e a chleasan! Cha do rinn sinn ach aire a tharruing a dh'ionnsuidh àireamh de chluichean Gàidhealach a tha, 'nar beachd-ne, air leth freagarrach do Chomunn na h-Oigridh agus airidh air gach còmhnaidh agus brosnachadh as urrainn duinn a bhuileachadh orra.

#### SANAS:

Ma's aithne do dhùine sam bith a leughas an obair bheag so, nì air bith de'n t-seòrsa a tha faotainn àite air a' chlàr-eagair, agus ma chuireas e a leithid gu ar n-ionnsuidh, cuiridh e comair mhòr oirnn, agus bithidh sin 'na chuideachadh ma's e gu'n tig an là a bhios ath-chur a mach air an leabhar so.

#### CLEASAN A' CHLUICHEAR A STIGH.

##### 1. A' bhuaile le aon Dorus.

Comharraichidh duine le caile (no nì eile freagarrach) ceithir-chearnag am meadhan an ùrlair a dh'fhoghnas do neach a sheasamh innte. Bho aon oisinn tarruingidh e sgrìob fhada 'na snìomhan, astar troigh o chéile agus cho fada 's a ghabhas dèanamh le leud an ùrlair. Is e an cleas, imeachd o'n ionad as fhaide mach (an "dorus") eadar na sgrìoban, gun beantainn do aon seach aon dhiubh, gus an ruigear a' "bhuaile" 'san teis-meadhon, agus an sin air ais an comhair a chùil mach an dorus.

##### 2. Am Bodach Dall.

Taghar fear, le tilgeil chrann, no air a thoil fhéin, a bhios 'na "Bhodach Dall." Cuirear sgàil air a shùilean, agus leigidh e a thaic air an ùrlair le a làimh chli, agus bata aige 'na làimh dheis. Theid càch 'nan leth-chròidhean m'a choinneimh, gun a bhì mar astar buille dha. Deanar an còmhradh so eadar e 's càch:—

Càch—"Bodachan dall, a Bhodaich, c'ait am bheil thu dol, a dhùine bhochd?"

Esan—"A mharbhadh bodaich."

Càch—"Cìod a rinn e ort?"

Esan—"Mharbh e m'athair."

Càch—"Cìod leis a mharbhas tu e?"

Esan—"Leis a'bhata so."

Le so, biodh e air bhoile gu buille de'n bhata thoirt dhaibh-san a bhà, 'sa' bhruidhinn a bhà

eatorra, ri feala-dhà ris agus 'ga phutadh. Faodaidh am Bodach a bhi 'gan ruagadh thall 's a bhos, ach a thaic a bhi air a làimh chli fad na h-lìne. Aithrisear an còmhradh a rithist agus leanaidh am Bodach an ruaig gus an teid aige air fear a bhualadh. Theid esan an sin 'na Bhodach Dall, agus tòisichear air an iomairt as ùr.

## 3. Gearr am Muchan.

Suidhidh fear air cathair. Ruigidh càch e, aon an déidh aoin, agus bheir gach fear dhiubh ma seach gòmag air a cheann le ionga a òrdaig, agus a' ghòmagairch aige ag cumail tim ri aon sam bith de na rannan a leanas:

(As an Eilean Fhada.)

“ Aon phuicean de na puicean.  
Maide sùl, cùl an dùirn.  
Tomhais romhad as do dhéidh  
Cia meud adharc air a' bhoc? ”

(A Bearnaidh.)

“ Aon mhuchan, dà mhuchan,  
Sum cùl dùin,  
Tomhais romhad 's ad dhéidh  
Cia mheud corrag air a' bhoc? ”

(A Uidhist.)

“ Imprigan beag, Antrigan beag,  
Cùl an dhùin, maide sùla,  
Tomhais romhad mar is urrainn,  
Cia meud adharc th'air a' bhoc? ”

(A taobh Loch-Odha.)

“ Lura-bocan, Lura-bocan,  
Gaoil an duine, maid 'an doruis,  
Tomhais romhad mar is aithne,  
Cò meud adharc th'air a' bhoc? ”

(A Colla.)

Imiricean, amaraicean,  
Cùl an dùirn, maide-doruis,  
Tomhais romhad, mar a th' agad,  
Cia mheud adharc th'air a' bhoc?

An fhreagairt: Is breugach (firinneach) am boc; an uair a theid mise do chrò nan gobhar, chan fhaigh (gheibh) am boc cobhar no (is) balgam, no (is) bonnach mór, mór, leathann garbhainn.

Feumaidh am fear a tha 'sa' chathair tomhas cia meud corrag a tha togte an àird air làimh eile an fhir a tha 'ga phianadh. Ma thomhaiseas e cearr, leigidh am fear eile sin ris le so a ràdh: “ O briagach! Cha teid am boc do'n ghàrradh-chail, 's chan fhaigh e 'shàth an nochd.” Agus thig an t-ath fhear 'ga phianadh. Ach ma thomhaiseas e ceart is e a dh'fheumas am fear eile ràdh: “Laochain bhochd: theid am boc

do'n ghàrradh-chail 's gheibh e 'shàth an nochd”: agus gabhaidh esan a àite 'sa' chathair.

## 4. Cur a mach Leannan.

Suidhidh na caileagan mu'n cuairt an teine. Iarraidh té dhiubh air càch leannan a mholadh dhi fhéin, leis an rann so a sheinn (air fonn “Gabhaidh sinn an Rathad Mór”):—

“ Cò am fear a chuireas tu leam,  
A chuireas tu leam, a chuireas tu leam,  
Cò am fear a chuireas tu leam,  
Sios air machraidh Ghallda? ”

Freagraidh càch le ainm gille air am bheil iad eòlach a chur 'san rann mar so (air a' cheart fhonn):—

“ (Dòmhnall Glas) a chuireas mi leat,  
A chuireas mi leat, a chuireas mi leat,  
(Dòmhnall Glas) a chuireas mi leat,  
Sios air machraidh Ghallda.”

Ma chòrdas an t-ainm so ris a' chaileig a ghabh a' cheud rann, seinnidh i so:—

“ Cìr òir a chireadh a chinn,  
A chireadh a chinn, chireadh a chinn,  
Cìr òir a chireadh a chinn,  
Sios air machraidh Ghallda.”

Ach mur a còrd, seinnidh i:—

“ Cìr mhìn a chireadh a chinn,  
A chireadh a chinn, a chireadh a chinn  
Cìr mhìn a chireadh a chinn,  
Sios air machraidh Ghallda.”

Leanar ris an iomairt mar sin, a' cheud rann 'ga seinn aig na caileagan eile ma seach.

## 5. Cluichean cunntaidh-a-mach.

(a) Ladhhar-Pocan.

Is e is brìgh do na cleasan so, peanasachadh an fhir-chluiche a theid a chunntadh a mach ann an aithris aon de na rannan a tha air an cur sìos an so. Suidhidh an fheadhainn òga gu dlùth 'nan cròidhlean. Bithidh slat aig an “Rìgh.” Theid esan mu'n cuairt, deiseil, a' beantainn leis an t-slat do chois gach duine 'san dol seachad, agus ag cumail tìde ri fear de na rannan so:—

“Ladhhar-pocan,

Ladhhar-pocan,

Pocan seipinn,

Seipinn Seonaid,

Dà mheur mheadhon,

Meur Mhic-Iain,

Dùghall Glas,

A leig as,

A cheann 's a chaol,

Caol na slataig,

An duine so,

No'n duin' ud eile

Am fear so bhos

“Lura Pocan

Lura Pocan,

Pocan seapain,

Seapain Seonaid,

Dà mheur mheadhon,

Màthair mhic Iain,

Dughall Glas,

A leigil as,

A cheann 's a chaolain,

Caol na slaithe,

Ise cruitean,

Esan meaton,

Boineid na muice,

No a chois deas      Stoc a stigh.”  
Crup a stigh,  
Stigh an dalmachd.”

Am fear a theid a chas a bhualachd air an fhacal “dalmachd” (no “stigh”), tarruingidh e air ais i, agus bithidh i “a mach.” Theid fear na slaithe mu’n cuairt a rithis; agus mar sin air adhart gus nach bi sa’ chròidhlean ach cas aoin fhir.

Tha am fear so a nis ’na phrìosanach aig càch agus chan fhaigh e a shaorsa gus am bi e air a pheanasachadh air aon de na dòighean so.

Cumar a chas ann am bùlas slabhruidh na poite (no an àite feargarrach eile) am feadh ’s a bhuaileas fear na slaithe an t-slabhruidh agus a chas, mu seach, ag cumail tìde ri aon de na rannan so, ’s e ’ga aithris:—

“Stairirich, Stairirich, Corruich a’ chapuill, Seann bhol iaruin, Fiacan faoilinn, Faoileann bip, Buail a muigh, Buail a stigh, Cia mheud mac, A rugadh an raoir, Mac an dè, ’S mac an diugh, Buail a’bho bheuchach.”	“A chapuill, a chapuill, A chaorain, a chapuill, Seann bhol iaruin, Fiacan faoilinn, Faoileann bip, Faoileann bap, Cia mheud mac A rugadh an raoir, Mac an dè, Mac an dò, Buail a’bho bheuchach, Buail bheag, A cheann a stigh, Crup a stigh an dalmachd.”
---	---

Ma’s e a’ chas a bhuaileas an t-slat air an fhacal “bheuchach,” gheibh e a shaorsa. Ach ma’s e an t-slabhruidh, bithidh an truaghan air a pheanasachadh a rithist mar so:—

Theid e air a ghlùn, agus sgàil air a shùilean, làimh ris an Rìgh. Cumaidh an Rìgh rud sam bith os a chionn, a’ feòrach. “Cìod e so os cionn a’ Bhodaich?” (na Cailleich). Feuchaidh an neach a tha shìos r’a thomas. Ma’s ceart e, cuirear mu sgaol e, agus ma’s cearr (abair gu’n tomhais e fòid mòna) cuirear an rud a tha ann air a mhuin leis na faicail so: “Bithidh so air do mhuin mu’m bi fòid mòna ann.” Cumar a nis rud eile os a chionn agus fhad ’s nach tomhais e ceart bithidh gach rud mar a thig air a chàrnadh air a mhuin, gus an amais e air cìod e tha os a chion.

An àite a’ pheanais so, faodaidh iad toirt air a’ phrìosanach cleas eile a chur dheth mu’m faigh e a shaorsa. Faodaidh e sgeul innseadh, toimhseachan fhuasgladh, rann no òran a gabhail, ceum dannsaidh, ’s mar sin sìos.

6. Aonadan, Dhanadan.

Suidhidh na caileagan ’nan cròidhlean, ’s an lamhan sìnte, réidh, rompa, ’s na basan fòdhpà.

Theid a’ Bhan-Rìgh, agus slat aice, mu’n cuairt deiseil, a’ beantainn do gach làmh leis an t-slat agus ag cumail buille ri aon de na rannan so, ’s i ’ga aithris:—

“Aonadan beag, Dhànanan beag, Ge b’e guth, Ge b’e gach, Alt-a-ré, Roimh a riobain, Eban ullaich, Cù a’ bhradain, Cum chugad, ’S cum agad, Aon làmh dheas, ’S aon làmh thoisgeil, ’S a mhic, ’S a phlocach, Stob a stigh.”	“Fidiri, Foideri, A chrothain, A chapuill, A sheana bhò liagach, Feugath, Faoilleach, Air an t-slip, Air an t-slap, Sùisneach, Saoisneach, Buille bheag, Air ceann na slaithe, Crùb a steach an ialtag.”
---	---

Aig deireadh na rann tarruingear as a’ chròidhlean an làmh do’n do bhean an t-slat air an fhacal mu dheireadh. Theid mu’n cuairt as ùr, agus mar sin air aghaidh gus nach bi ach aon làmh a mach. Tionndaidhear an làmh sin bas an àird, agus buailear oirre àireamh de stràcan leis an t-slat, a réir mar a chaidh a shònrachadh aig toiseach na cluiche.

(Ri Leantainn.)

### COMPETITION FOR WRITING GAELIC PLAYS SUITABLE FOR CHILDREN.

The aim of this competition is primarily to obtain plays which will be suitable for playing by children belonging to Comunn na h-Oigridh. It is well recognised that acting in a play is one of the best aids to gaining a natural and accurate knowledge of the language in which it is written. It is in fact the “Direct Method” applied in an ideal form, the teaching being conveyed through the child’s interest and imagination. Apart from this a good choice of plays will stimulate the interest of the children and others in the Movement, and provide a means of healthy emulation between the Branches. It will also provide a good training-ground for adult drama and be one of several means in view whereby members of Comunn na h-Oigridh can earn some funds to help in carrying on the activities of their particular Branch, instead of being entirely dependent on outside generosity.

It is hoped that among others as many as possible of the “Cinn-Feachd” or leaders of Branches of Comunn na h-Oigridh will take part in this competition.

## COMUNN NA H-OIGRIDH.

Tha e na's fhàsa sgrìobhadh chugaibh, a Chlann mhàirneach, o fhuair mi nis rud beag de dh'èolas pearsanta oirbh, ged nach eil sin cho coimhlionta fhathast 's a bu mhaith leam. "Cha teid aig a' chù cham air a bhi thall's a bhi bhos." Co-dhiu bha turus an àigh agam comhla ri Mgr. MacPhail 'san Taobh Tuath, agus leis an Rùnaire mu Dheas: rinn sinn cuairt de'n Eilean Sgitheanach agus bho Aird-Ghobhar gu Rudha Aird-nam-Murchan; agus cho fhad's a chunnaic mise cha robh coinneach no eile a'fàs air cuibhleachan a' charbaid fad ar siubhal.

Chuir sinn suas Buidhean an Cille-Mhoire, Dunbheagan agus Port-nan-Long, agus té bheag, ghriinn, an Gleann Eilig. Tha nis 156 duine-cloinne againn 'san Eilean. Fad na h-àine bha'n Coirneal MacDhomhnuill, Tota, leinn agus cha bheag a' bhuannaich do Chomunn na h-Oigridh a leithid de Shàr-Ghaidheal usal, caoimhneil a bhi ar chùl ar n-oibre.

A rithist, thog sinn bratach Comunn na h-Oigridh an Aird-nam-Murchan. Chan 'eil na sgoilean an so ach gar beag an coimeas ri àitean eile ach is fohainteach an fheadhain òg a tha 'gam frithealadh. Tha Buidhean a nis air bonn an Sron-an-t-Sithein, Mìngearraidh Ath-tharacail, Gleann Borro-dail agus Cille-Chomhghain, le dà bhall is trì fichead gu léir Bha mi duilich nach robh e a'm chomas dol air aghaidh le Mgr. Niall gu ruig Tìriodh chionn bha soirbheachadh air leth aige air an turus ud. Ghabh an t-Eilean tiorail, Iurach sin gu falaidh air fad ri Comunn na h-Oigridh, mar bu dual do cheann-dùthcha a dh'altrum na h-ùiread sgoilear teòma, Gaidhealach. Chuir ar caraid air bonn còig Buidhean—Cornaigmor, Hilipol, Baile Mhartainn, Ruaig agus Sgairinnis, le trì buill's ochd fichead. Aig Cornaigmor tha'n t-urram ann an Comunn na h-Oigridh a thaobh àireamh nam ball—trì fichead. Agus a thaobh deisealachdan, tha fìor cheum-toisich aig an Eilean so air àitean eile, agus e an comas nam Buidhean cruinneachadh le chéile 'nuair is àill leo, a chum adhartas a chur air gach iomairt a tha dualach do Chomunn na h-Oigridh.

So agaihb mar a tha suidheachadh Comunn na h-Oigridh an diugh: tha ochd Buidhean air Tìr-mór agus fichead anns na h-eileanan, 28 air fad: agus is i àireamh nam ball, sia ceud is còig ar fhichead. Ma their sibh rium gur droch obair sin airson toiseach-tòiseachaidh, itheadh mi mo bhòineid.

Tha camain air an cur cheana a dh'ionnsuidh nam balach ann an ochd Buidhean deug, agus mu'n ruig an litir so sibh bithidh iad aig còig

Buidhean eile. Is ann a chualas sgeul an uamhais o'n Taobh Tuath—gu'm bheil na balach an sin a' dol bàs le cion bidh. Tha e coltach, air triangead an iomain, nach eil tim aca gus greim itheadh—saoil am bheil e fìor?

Tha aon rud is còir dhomh a chur ceart. O chuid de lùtrichean grinn a fhuair mi bho na Cinn-Feachd tha fear no dhà, is dòcha, a'tuigsinn gur mise tha toirt seachad nan caman as mo phòca fhein. Cha'n ann mar sin idir a tha. Airson so, tha bhur taing aig a'Chomunn Ghaidhealach.

### CRUTNNEACHAIDHEAN.

Is math leam e bhi agam ri innseadh dhuibh gu'm bheil An Comunn a' dol a thoirt suim airgid dhuinn a chum agus gu'm bi "Cruinneachadh" aig Comunn na h-Oigridh an sud is an so air feadh na Gaidhealtachd air an t-Samhradh so tighinn: 's e sin far am bi e comasach do ghrunnan de Buidhean tighinn comhla agus là fada Samhraidh a chur seachad an cuideachd a chéile. Nach bu ghasda leibh sin? Chan 'eil cùisean socraichte againn fhathast, ach is dòcha gu'm bi an àine gun bhi fada, agus ma bhios, nach ann an sin a bhios an othail agus am fire-faire; cha mhór gu'm bi carbad-olla 'sa cheann-dùthcha gun a threasdadh! 'S e tha 'san t-sealladh againn—gu'n cruinnich sibh an àit'eigin anns am bi rud annasach ri fhaicinn no eachdraidh ri cluinntinn; far an cluich sibh camanachd agus cleasan eile, agus bhur sàth fhaotainn de "thea" agus de bhaidh: an sin neo-ar-thaing mur teid sibh dhachaidh làn-dhearbhta gur e rud Comunn na h-Oigridh is math as fhuach a bhi ann.

### RUD A CHUNNAIC MI.

Mu'n cuir mi crìoch air an litir so bu mhaith leam a radh gu'n do chuir mo thurus 'nur measg misneach nach beag a'm chom. 'Nuair a thàinig sibh suas a dh'fhaotainn Braiste bhur Comuinn, 's a labhair sibh na facail sheunta sin—"Bithidh mise a'm dheagh Ghaidheal— a'm dheagh Bhana-Ghaidheal," bha e furasda fhaicinn, cha'n e mhaing gu'n robh sibh a'tuigsinn cìod a tha fillte stigh anna, ach gu'n robh sibh ann an ceart dha-rireadh ma'n déidhinn. Bìodh na facail sin daonna na fà chomhaira bhur sùilean, agus cha teid sibh fada nunn no a nall o'n t-slighe cheart. Cuimhnichibh na thubhairt mi fhein ribh—"Theid mi'n urras, mu'm bi sibh mòran bhliadhnachan na's sine, gu'm beannaich sibh an là a ghabh sibh ann an Comunn na h-Oigridh."

### NA CINN-FEACHD.

Am masg nithean a chuireadh air leth aig a'choinnimh mu dheireadh de Chomhairle

Clann an Fhraoich, leagadh cudthrom air a'phunc so. Ann an cuid a dh' itean iomallach a theagmh nach bi e comasach, air ghainnead an t-sluaigh, l n-Chomhairle de "Mhaigstirean agus de Bhana-Mhaigstirean" a bhi air ceann gnothuichean gach Buidhne, mar a chaidh earalachadh anns an leabhran- uil. Ach ged a tha sin mar sin bu ch oir, eadhon 'na leithid a dh' ite, dithis no triuir dhaoine a bhi aig a' Cheann-Feachd, o am faigh esan cuideachadh 'na obair, agus ris am faod e a chomhairle a chur. Bithidh sinn an comain nan Ceann-Feachd ma ni iad an dichioll iad fhein gus na daoine sin fhaotuin. Far am bheil Meur de'n Chomunn Ghaidhealach 'sa choimhears-neachd, cha ch oir do'n rud a bhi dullich idir. Tha e 'san t-sealladh againn Comhairle Mheadhonach a st idheachadh anns gach roinn-d thcha (abraibh mar eisimpleir Port-Righ airson an Eilean Sgitheanaich, Sron-an-t-Sithein airson Aird-Ghobhar agus Aird-nam Murchan) airson rian a chur air gnothuichean nam Buidhnean a tha m'a timchioll. Bhitheadh muiuntir nan Comhairlean beaga air an riochdachadh air a' Chomhairle Mheadhonaich so.

Tha mi a' toirt taing chridheil do na Cinn-Feachd a bha gnothuch agam riutha air mo thurus, airson cho fialaidh 's a ghabh iad rium fhein: an dealas 's am blathas-intinn leis an do ghabh iad ri st idheachadh a'Chomuinn Uir so.

SEORAS GALDA.

### "THE DIMENSIONS OF AN HARP."

By LUDOVIC McL. MANN, Glasgow.

Mr. J. L. Campbell's quotation in *An Gaidheal*, for April last, on page 108, from a mid-eighteenth century Gaelic MS., of unknown origin, now in the National Library of Scotland, is of much interest.

It concerns the ancient, traditional dimensions of the harp. To those sizes, the old-time clarsach maker had apparently to adhere, with the rigour of an immensely ancient religious discipline. In recent centuries the exact sizes, however, became forgotten, and were rounded off in terms of the modern inch and its customary fractional parts. Each harp had a dozen statutory dimensions, one for each of its parts.

The sizes of the five main parts were founded on the unit now expressed as 2-212 inches, that is 56-24 millimetres, and are respectively 24, 19, 9, 4, and 3 multiples of that unit.

These five linear values are respectively in

inches:—53.088, 42.028, 39.816, 8.848, and 6.636. The MS. referred to rounds them into 53, 42, 40, 9, and 6½ inches respectively.

Now as to the other dimensions, seven in number; these being mostly smaller; a sub-unit equal to 0.553 inch (that is one-fourth of the unit of 2.212 inches) was employed. In two cases it is quartered. The list of the seven is:—2¼, 9, 9, 7¼, 7, 3, and 3 multiples of 0.553 inch.

These are equivalent respectively in inches to 12.037, 4.979, 4.979, 4.009, 3.871, 1.659, and 1.659; and are expressed in the MS. in inches as respectively:—12, 5, 5, 4, 3½, 1½, and 1½.

The ancient measures, as exhibited in the sizes and decorative features of old clarsachs have been closely retained by copyists for some centuries, but, without a knowledge of the origin and symbolism of the measures or their very precise values.

It would be interesting if clarsachs could now be made with an exact adherence to the immemorially ancient standards. This would not, of course, in any manner lessen their value as musical instruments, nor would it increase the labours of the craftsman.

### AN ARD CHOMHAIRLE.

Chumadh Coinneamh Ghaidhlig na h-Ard Chomhairle an Sruibleah air Di-haoine, an coigeamh la de'n Ghiblein, 1935. Bha an Ceann Suidhe, Mgr. Iain R. Mac Gille na Brataich, anns a' chathair, agus bha na buill a leanas anns an lathair:—Uilleam D. Barclay, Glaschu; A'Bhean Uasal Chaimbeul (na h-Airdean) Tearlach Caimbeul, M.B.E., Glaschu; A'Bhean Uasal C. B. Dunlop, Glaschu; A'Bhean Uasal M. C. Edgar, Grianaig; Alasdair Friseal, Baile 'n Easbaig; A'Mhgn. Fionnghal Nic an Aba, Glaschu; Iain MacAoidh, Gleann F ch; A'Mhgn. Mairi Nic Artair, Glaschu; A'Mhgn. Anna Nic 'IleBhr , Glaschu; A'bhean Uasal Nic a' Chombaich, Glaschu; Iain MacDhomhnaill, A.M., Glaschu; Ruairidh MacDhomhnaill, Dundeagh; Eachann MacDhughail, Glaschu; An t-Urr. Calum MacLeod, A.M., Glaschu; Calum MacLeod, Glaschu; An t-Urr. Iain U. MacPhail, A.M., Glaschu; Gilbert Mac an t-Saoir, Cillfinn; A'Mhgn. E.L.O. Nic an T illeir, Dunbl athain; Seoras MacThomais, A.M., Glaschu; A'Bhean Uasal Nic an T isich, Baile-chloichridh; Seoras E. Marjoribanks, Sonach; Baintighearna Ormadail; Niall Orra, F.E.I.S., Dum-Eideann; An t-Ollamh Niall Ros, C.B.E., B.D., Sg re Lagain; Domhnall Scotach, Peairt. A'



frithealadh, Niall MacGille Sheathanaich, Rùnaire, agus Eoghann Mac a Phi, Fear cuidichidh.

Thug Fear na Cathrach iomradh air tinneas Mhgr. Dhomhnaill MhicDhomhnaill, Inbhirnis, aon de Iar Chinn Suidhe a'Chomuinn, agus ghuidh e gu'm biodh e, an ùine ghoirid, air aiseag gu slàinte agus air ais gu a obair àbhaistich.

Rinn Fear na Cathrach iomradh air bàs an nasail Niall B. MacCoinnich, An Gearasdan. Thugadh air falbh e am feadh 's a bha e fathast 'na dhuine òg agus bha iad uile duilich gu'n do chailleadh fear a chomasan agus a chuideachaidh mar a nochd se e fein air ceann Chomhairle-Ionadail a' Mhòid anns a' Ghearasdan Dh'iarra an Ceann Suidhe fios a chur chun na bantraich ag giùlan co-fhaireachdainn na Chomhairle rithe aig an àm so.

Thug Fear na Cathrach aire na coinneimh ris an àireamh bhliadhnachan a bha Mgr. MacPhàrlain 'na Ionmhasair aig a' Chomunn. The e air crìochnachadh coig bliadhna fichead an seirbhis a' Chomuinn agus tha iad a toirt taing dha air son a dhealuis 'sa dhìlseachd an rian an ionmhais ré na h-ùine sin. Tha iad mar an ceudna toilichte gu'n do chuireadh ùrram air le Siorramachd Dhunbreatann le chur air àrd ughdarras na cis chosnaidh.

Ghuidh Fear na Cathrach saoghal fada do'n Rùnaire is do a chéile pòsda.

Leughadh Gearr-sheanachas na Coinneimh rioimhe, chaidh gabhail ris agus chuir Fear na Cathrach ainm ris.

Leughadh tagraidhean neo-lathaireachd bho àireamh de bhuihl na Chomhairle.

Leughadh Iomradh air coinneimh de Chomhairle an Ionmhais agus air iarrtas an Fhir Ghairme, Mgr. Alasdair Friseal, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air coinneimh de Chomhairle an Fhòghluim. Thugadh aithisg gu bheil gach ullachadh air a dheanamh a nis fa chomhar na Sgoil Shamhraidh an Tobarmhoire agus thugadh taing do luchd riaghlaidh an Fhòghluim air son cead seòmraichean 's an Ard Sgoil.

Air iarrtas an Fhir Ghairme, an t-Urramach Calum MacLeod, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air coinneimh de Chomhairle Chlò-bhualaidh.

Tha a' Chomhairle a' beachdachadh air leabhar leughaidh a dheasaicheadh le Lachann MacFhionghainn, A.M., a chlò-bhualadh. Ghabh a' Chomhairle le taing ri taigse dhuaisean bho Mhgr. Seoras Marjoribanks fa chomhar cluichean Gaidhlig a bhios freagrach air son cloinne. Bheirar sanas mu dheidhinn so anns

"A'Ghaidheal." Thugadh cead do Chlann an Fhraoich air son ceithir taobh-duilleag anns "A'Ghaidheal" a chum cluichean Gaidhlig a chlò-bhualadh an earrannan, a mhios gu mios.

Ghabhadh ris an Iomradh air iarrtas an Fhir Ghairme, Mgr. Calum MacLeod.

Leughadh Iomradh air coinneimh de Chomhairle Chraobh-Sgaoilidh.

Tha a' Chomhairle riarachta le obair nam meur is nan Cròilean-ciuil mar a thugadh iomradh orra leis na Fo-Chomhairlean. Tha a' Chomhairle ag cur air ais gu Chomhairle an Ionmhais na cunntasan a nochd cuid de na cròilean-ciuil an ainmhiach agus ag iarraidh na cunntasan ath-dhiol fo stiùireadh an Rùnaire.

Air iarrtas an Fhir Ghairme, Mgr. Tearlach Caimbeul, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomradh air coinneimh de Chomhairle a' Mhòid 'sa Chiùil.

Thugadh aithisg gu bheil clàr-eagair Mòid na h-ath bhliadhna air ullachadh agus gu'n do ghabhadh ri taigse dhuaisean fa chomhar a dha de na co-fhaipsean air an do rinneadh beagan atharrachaidh. Rinn a' Chomhairle cùmhnantan ùra ri MacLabhrainn do thaobh clò-bhualadh agus reic an leabhair, Coisir a' Mhòid, agus rinneadh còrdadh mu chlò-bhualadh an treas leabhair.

Thugadh iomradh gu bheil Comhairle Ionadail a' Mhòid an Dun-Eideann a' deanamh deagh shaothrach agus gu bheil gach dùil ri Mòd soirbheachail a bhi 'sa bhaile sin.

Air iarrtas an Fhir Ghairme, Mgr. Calum MacLeod, ghabhadh ris an Iomradh.

Leughadh Iomraidhean dà choinneimh de Chomhairle Chloinn an Fhraoich.

Rinneadh iomradh air obair stéidheachaidh Comunn na h-Oigridh air feadh na Gaidhealtachd. Tha a nis ochd buidheann fichead air an stéidheachadh le còrr agus sè ceud ball. Thatar ag ullachadh fa chomhar cuirmean-cnuic is fearas-chuideachd aig cinn-uidhe an àitean sonraichte aig am bi buill às gach buidhinn 's an roinn ag coinneachadh. Tha dùil ri cruinneachadh mòr de'n t-seorsa so aig Casteal Dhùin-bheagain 's an Og-mhios.

Thug am Fear Gairme iomradh air a chuairt do'n Eilean Sgitheanach leis an Fhear Dheilbhe agus do Ard nam Murchan leis an Rùnaire. Chuireadh buidhean ùra air bonn agus bha e làn riarachta leis an obair a chaidh a dheanamh.

Ghabhadh ris na h-Iomraidhean air iarrtas an Fhir Ghairme, Mgr. Seoras E. Marjoribanks.

Ghùilaineadh obair na h-Ard Chomhairle aig a' choinneimh so air aghaidh gu léir an Gaidhlig agus aig crìch na coinneimh thugadh taing chridheil do Fhear na Cathrach.

### SECRETARY'S NOTES.

The Badenoch and Strathspey Mod, which was the first of the Provincial Mods to be held this session, took place at Grantown-on-Spey on 3rd April. In this district much progress has been made in instituting Gaelic continuation classes, and a special essay competition was instituted for learners of the language—as distinct from native speakers who are members of these classes. There was an entry of twenty-six candidates in this competition, and so delighted were the adjudicators with the standard of work submitted that a recommendation was made that six prizes be given instead of three. This is most encouraging.

\* \* \*

On the evening prior to the Mod, a Gaelic drama competition for which there was an entry of three teams was held. This was a most successful innovation which aroused keen interest throughout the district. The prize-winning team was composed of members of the Gaelic continuation class, conducted by Mr. Roderick MacKinnon, M.A., at Grantown-on-Spey. The following reference to the drama competition appeared in the local paper:—"One of the greatest forward strides in the revival of the Gaelic language was made in the Picture House on Tuesday evening when, in connection with the Badenoch and Strathspey Provincial Mod, a Gaelic Drama Competition was held. A remarkable feature was that some of the players who spoke good Gaelic for the better part of an hour scarcely knew a word of the language a couple of years ago. This, we consider, a great achievement and one of the most encouraging results of applied study."

\* \* \*

This is the first time that Gaelic plays were included as competitive items at Provincial Mods, and we would like to take this opportunity of extending our thanks to all who assisted in the success of this venture. We are particularly indebted to Mr. Iain F. Steele, M.A., Kingussie; and Mr. Roderick MacKinnon, M.A., Dulnain for their work in connection with the continuation classes.

\* \* \*

The first Mod held under the auspices of the Joint Highland Associations, in Greenock, was very successful. There was a large entry distributed over the seven competitions that were promoted. It was pleasing to hear Mr. John H. Fraser, President of the Greenock Highland Society, who presided, remark that the success of the Mod encouraged them

to go forward and make it an annual event. During the evening I was privileged to address the company, and I took the opportunity of conveying our appreciation to the Greenock friends for this practical method of showing their interest in our work.

\* \* \*

Reference must also be made to the Mod of the Paisley Highlanders' Association. This Mod is now firmly established, and it was pleasing to see that it still continues to be well patronised, both by the public and competitors. The list of entries included representatives from a wide area, and a high standard was attained in all classes.

\* \* \*

Our friends of the Gaelic Society of London seem to have added another to the list of successful Mods that have now been promoted in the Metropolis. They are to be complimented for their patriotic endeavour. The prize-list gives evidence of the earnestness with which many who have no association with our language, apply themselves with good effect to its study. If only for this Mod alone, the Gaelic Society of London perform a most valuable service.

\* \* \*

The British Columbia Mod, at Vancouver, is now an accomplished fact. Gaelic history was made during those three days—7th, 8th, and 9th March, when our exiled brethren foregathered, and were happily occupied in listening to the old familiar songs of their native land. The programme was an ambitious one, but with an enthusiasm born of that deep love which they bear for all associated with home, they carried it through in such a successful manner that we may say that the Vancouver Mod has come to stay. It must have been a memorable occasion, and a most encouraging feature is that the prize list gives evidence of how Highlanders from all airts, from the Butt of Lewis to the Mull of Kintyre, who have their residence in this Canadian City, rallied round the Committee responsible for the arrangements.

\* \* \*

The Gaelic Society of Ottawa, which was instituted three years ago, is still growing in enthusiasm and influence. Gaelic classes are regularly promoted, and a Gaelic choir has now been formed. A short time ago the choir was engaged to broadcast a Gaelic song programme, and among the soloists on that occasion was Pipe-Major MacDonald, a native born Canadian, who acts as Gaelic reader to the

choir. The Society president is Mr. Murdo MacLean, a native of Cape Breton.

\* \* \*

Preparations for the National Mod are proceeding apace. The local Committee have been actively engaged for some time arranging various functions to augment the funds. Last month a concert, and a Highland Ball were held. Both these functions were most successful.

\* \* \*

Among future events, is the presentation of the play "Beitidh" in the Oddfellows' Hall, Forrest Road, on Thursday, 16th May. The Rev. John Bain, F.S.A.Scot., Vice-Convener of the Local Committee will preside. The players are all familiar with dramatic effort, and an enjoyable entertainment is assured. A dance will follow.

\* \* \*

The Grand Highland Feill, in St. Cuthbert's Hall, on Friday, 31st May and Saturday, 1st June may be regarded as the big effort by the Local Committee. This Feill will be held under distinguished patronage and the first day's proceedings will be opened by The Lady Hermione Cameron of Lochiel, while the Rt. Hon. The Earl of Cassilis will act as chairman at the opening ceremony. Flora, Mrs. MacLeod of MacLeod, will perform a similar compliment on Saturday, and Sir John Lorne MacLeod, G.B.E., LL.D., will be associated with her in this service. There will be no less than eighteen stalls at the Feill, and as these will require to be fully plished, an appeal is made to our members to assist the Local Committee as much as possible. Contributions will be gratefully received, and Miss Mina M. Whigham, LL.B., 72 Great King Street, Edinburgh, who has kindly consented to act as Convener, will appreciate any assistance that can be given. A Ceilidh arranged by Mrs. Hubert Paton will be held at 7.30 p.m. in the Lower Hall, on the first day of the Feill.

\* \* \*

At the East Sutherland Mod, at Brora last year, the suggestion was made that the bagpipe competition should be held in the open air. This proposal is to be given effect to through the generosity of Mr. and Mrs. J. C. Wilson, who, have very generously placed the grounds at their home at the disposal of the Committee for this purpose. This is but one of the many kindly actions of assistance to the Committee that Mr. and Mrs. Wilson have performed since the institution of the Brora Branch, of which, Mrs. Wilson is president.

The Treasurer reminds me that the end of our financial year takes place on 31st May. Will members whose subscriptions have not yet been paid kindly attend to this matter before the books are closed, so that their payments may be included with the others. It should also be remembered that it is now the practice to circularise members about their subscriptions early in the new financial year which commences on 1st June. Payments made in reponse to this appeal are for year ending, 31st May, 1936.

## CRAOBH-SGAOILEADH.

### An Airde Tuath.

Air an 7mh là de'n Mhàrt thug am Fear-deilbhe sgrìob do thaobh an Iar Chataibh (Ceann Loch Biorbhaidh) agus chuireadh air bonn 's an Sgìre sin, dà bhuidheann de Chomunn na h-Oigridh—am Bad a' Choill agus an Aisir. Is iad so na ceud buidhnean a chaidh a stéidheachadh air Tir Mór. Bha Ceilidhean togarrach ann air feasgar Dior-daoin is Dihaoine agus chuidich an Oigridh leis a' Chlàreagar gu pongail.

Air an 11mh là dh'fhalbh Mgr. Marjoribanks agus Mgr. Mac Phàil do'n Eilean Sgitheanach ann an aobhar Comunn na h-Oigridh. Thadhail iad air na buidhnean sin a chaidh a chur air bonn cheana agus stéidhicheadh dà bhuidheann eile aig Dùn-bheagain agus Port nan Long. Bha iad le cheile a'frithealadh aig coinneimh de Chomhairle a' Mhòid am Port Rìgh air feasgar Di-Màirt agus tha e 'na aobhar toileachais a bhì toirt ionraidh gu'n do rinn a' Chomhairle ullachadh a chum agus gu'm bi Co-dheuchainn air a cur air Clàr-Amais Mòd An Eilein Sgitheanaich airson buill de Chomunn na h-Oigridh a mhàin. Tha a' Chomhairle ri am moladh airson an ùidh a tha iad a nochdadh ann an aobhar na cloinne. Bhiodh e furasda móran a sgrìobhadh mu'n turas so ach is cinnteach gu'm bi am Fear-Gairme e fhein a' deanamh ionraidh eagnuidh anns an litir a bhios e a sgrìobhadh anns a' Mhiosachan so do'n Oigridh.

Dhealaich Mgr. Marjoribanks agus Mgr. Mac Phàil aig Caol Loch Aillse. Rinn An Fear-Gairme air Glinn Eilge agus am Fear-Eagair air a' Ghearasdan. Bha barrachd is ceud a' feitheamh an Talla a' Bhaile 's a Ghearasdan agus labhair Mgr. Mac Phàil fad uair a thìde. B'e a chuspair, "Cor na Gaidhlig" agus leig e ris gu'm bheil feum sonruichte air bronsachadh am measg nam pàrantan, mur 'eil a' chànan gu dol às buileach.

Fhuairleadh Orain agus Sgeoil an deidh na h-Oraide.

Air an là ar fhichead labhair Mgr. Mac Phàil ri cruinneachadh gasda an Abaireadhain. Mhìnich e gu dé tha 's an fhradhac aig A' Chomunn le bhig ag cur air bonn buidhnean de Chomunn na h-Oigridh. Dh'eisd a' chuideachd le tlachd ris an iomradh so agus ged nach 'eil e comasach buidheann a chur air chois 's a bhaile sin, iad leig ris gu'm biodh iad deònach gu bhì cuideachadh buidhnean an àitean eile.

Air an ath oidhche bha am Fear-deilbhe a' frithealadh aig coinneimh an Ràta Mhurchais. Bha faisg air dà cheud an làthair agus thogadh suim laghach gu bhì paigheadh cosdais a Chròilean-Chiuil a bha fodh stiuradh na Mgn. M. Nic Dhomhnuill. Tha a' Ghaidhlig a' faighinn a h-aite fein 's an ionad sin agus bu laghach a chaidh "Réiteach Moraig" a chluich le buill a' mheòir.

Chumadh a' cheud Mhòd de'n t-Seisean am Baile nan Granddach air an dara agus an treasa là de'n Ghiblein. Air feasgar Di-Màirt bha trì buidhnean a' farpaiseachadh an Dealbh-Chluicheadh Gaidhlig—Baile nan Granddach, Ràta Mhurchais agus Ceann a' Ghiuthsaich.

Thòisich an Fhéill aig leth uair an deidh seachd agus fad trì uairean an uaireadair, bha na bha an làthair, mar gu'm b'eadh, ann an saoghal beag dhaibh fein. Rinn gach buidheann fìor mhath agus thugadh a' cheud duais do'n bhuidheann á baile nan Granddach. Air an ath latha bha faisg air trì cheud a' farpaiseachadh an Litreachas, Aithris agus Oran agus faodar a ràdh gur e so Mòd as soirbhicheile bha am Bàideanach fhathast. Bha an Talla loma-làn aig a' Chuirm-Chiuil 's an feasgar agus an Ridire Alasdair Mac Eoghainn air ceann na cuideachd. Tha taing A' Chomuinn aig Mgr. Ruairidh Mac Fhionghuin agus a' Chomhairle air son an obair ionmhalta tha iad a'deanamh air sgàth cànan, ceòl agus seann chleachdaidhean nan Gaidheal.

Luchd-teagasg Ciuil.

Iain Mac Dhomhnuill, Leodhas.

A' Mghd. Nic Dhomhnuill, Cill Chuimein, Inbhir-Gharadh, Arasaig, Morar, agus Mallaig.

### An Airde Deas.

Bha coinneamh aig a' Chomhairle Dheasach an seòmar-gnothaich a' Chomuinn air an ochdamh là fichead de'n Mhàrt. Bha mòran de na buill 's an làthair agus ma bha Fear Gairme anns a' chathair.

Rinneadh sgrùdadh air clàran gnolmha an luchd-teagasg agus fhuairleadh iad sin an

riaghailt chothromaich. Thugadh iomradh gu'n robh Sgoil Oidhche Ghàidhlig air a cumail an Srath Athfhinn (Strathaven) ré a' Gheamhraidh fo theagasg Mhgr Dhomhnaill Mhic an Uidhir, B.Sc. Thugadh so gu aire an Rùnaire dh'fheuch an gabhadh meur de'n Chomunn cur air bonn 'sa bhaile sin.

In doing so, Mr. Cameron-Head, who is a keen student of Gaelic, made reference to the most valuable patriotic service that An Comunn is performing, the constant vigilance that was observed in the protection of Gaelic interests, and the successful manner in which the work was carried on. In Mr. Shaw An Comunn possessed an ambassador who carried and planted the Gaelic banner throughout the land, and the many branches that are now in existence are a tribute to his devoted service. They met this evening to make acknowledgment of his labours, and to express to him their appreciation of his estimable personal qualities. He was very pleased to be present that evening, and he regarded it as an honour to have his name associated with this presentation.

The inscription on the portrait was as follows:—

“Do Niall Mac 'Ile Sheathanaich, Runaire A' Chomuinn Ghaidhealaich, aig ùm a' phòsaidh, bho a' chairdean ann am Meur Cheann Loch Tall mar chomharradh air an spèis air fhèin gu pearsanta, agus air son a' shaothrach dhùileis as leth na Gàidhlig.—A' cheud la de'n Chèitein, 1935.”

Copies of “Voices from the Hills” can still be obtained from the Secretary. A compilation of articles on living topics bearing on the work of An Comunn and kindred subjects, this volume is one of the most varied and attractive books ever offered to the Gaelic public. No member should be without a copy. An excellent present for friends overseas. Price, 6/6: postage, 9d.

## BRANCH CONSTITUTION AND RULES.

A new supply of Branch Constitution and Rules has been prepared in five different colours, so as to have them available for successive years. These are sold at 3/6 per 100, postage extra, and they may be had on application to the General Secretary.

## JUBILEE MESSAGE TO HIS MAJESTY.

On the occasion of the Semi-Jubilee of Their Majesties' accession to the throne, a message of congratulation was sent on behalf of An Comunn, which, along with reply, is here given:—

212 Iar Shraid Sheorais, Glaschu,  
An Ceitein, 7mh Ià, 1935.

Do a' Mhòrachd Ro-oirdear,  
Rìgh Deòrsa a' Còig,  
Lùchairt Rìoghail,  
Lunnainn.

Bhur Mòrachd Rìoghail,

Tha An Comunn Gaidhealach, a' thia sinne a' riochdachadh, ag cur ar co-ghairdeachais le aoibhneas mòr do bhur Mòrachd Rìoghail agus do a' Mòrachd Rìoghail Ban Rìgh Mairi anns gu'n do rainig sibh leth na h-aimsire de'n Iubilee.

Tha luchd-muinntir ar Comuinn ro-mhothachail air an deagh-ghean, a' nochd bhur Mòrachdan do ar slungh-ne agus is e ar dùrachd is ar dòchais gu'm bi bhur Mòrachdan iomadh bliadhna fhathast a' riaghladh ar dùtheha le buaidh agus cliù.

Is sinne, air son A' Chomuinn Ghaidhealaich, le urram is ùmhlachd,

Iain R. Mac 'Ile na Brataich,  
Ceann Suidhe.

Niall Mac Gille Sheathanaich,  
Rùnaire.

Scottish Office, Whitehall, S.W.1.  
13th May, 1935.

Sir,

I am directed by the Secretary of State to say that he has been commanded by the King to convey to you His Majesty's thanks for the loyal and dutiful Address from the Highland Association on the completion of the twenty-fifth year of His Majesty's reign, and to assure you that His Majesty deeply appreciates the sentiments of loyalty and affection to which it gives expression.

I am, Sir,

Your obedient Servant,

John Jeffrey.

Neil Shaw, Esq., F.S.A.Scot.,  
Secretary,  
The Highland Association,  
212 West George Street,  
Glasgow, C.2.



## COMUNN NA H-OIGRIDH.

## CRUINNEACHAIDHEAN NAM FEACHD.

Is math an rud an uair a tha Feachdan Comunn na h-Oigridh mar astar cuimseach d'a chéile air chor's gu'm faod iad cruinneachadh an chrus r's rithist agus an cinn a chrus r' chéile feuch ciod a ghabhas dèanamh le Feachd seach Feachd a chum rùintean ar Comuinn a thoirt gu buil. Mar sin is ait an sgeul e gu'm bheil a h-uile ni an uidhim, cha mhòr anns gach àite, airson cruinneachaidhean a bhi aig na Feachdan mu'n tig Cead-Samhraidh nan Sgoilean. Thug An Comunn Gaidhealach cead do Chlann an Fhraoich airgid a thoirt seachd airson cosdas nan cruinneachaidhean sin, agus is dòcha gu'm bi sin an lamhan nan Ceann-Feachd mu'm bi an litir so an clòdh. Tha e coltach gur h-e an cruinneachadh is mo a bhios ann am bliadhna, Feachdan an Eilein Sgitheanaich aig Caisteal Dhunbheagain. An uair a bhios mac-talla an t-seanna Chaisteil ag comh-fhreagairt do chaitream ocd fìhead de dh'Oigridh ar Comuinn, cò a their nach eil ar Canain a' togail a cinn a rithist? Is i an dara cuirm-cnuic as mo bhios againn, còig Feachdan Aird-na-Murchan, 's iad ag cruinneachadh 'san t-Sàilean. Cha bheag an t-saothair uile Chlann nan àitean iomallach sinn a thoirt gu an ceann-uidhe agus airson so, tha ar taing aig Bantigheana Aird-Ghobhar. Thig leth-cheud comhla 'sa Bhailehear an Uidhist a Tuath, leth-cheud eile eadar Bad-choill is Aisir an Cataibh, agus aon tri fìhead eadar Bagh a'Chaisteil agus Bagh a Tuath am Barraidh. Chan 'eil fhios nach bi Tobarmhoire agus Bun-Easain a' dèanamh cuirm-cnuic comhla. Ma theid gach ni mar is miann leinn, bitheadh clach-mhìle againn an eachdraidh Comunn na h-Oigridh. Gu'n éireadh a' Ghrian gu geal oirnn an là ud!

Nis, éisdibh ri so. Tha mi ag iarraidh oirbh bhur sùilean 's bhur cluaisean a chumail fosgailte air là na cuirme-cnuic, air chor 's nach leig sibh seachad aon ni anns am bheil smior agus spiorad Comunn na h-Oigridh, aig a' chruinneachadh so: agus a chum's nach leig, tha mi a' tairgseadh duais bheag a thoirt seachad, anns gach cruinneachadh ud shuas fa leth, do'n bhalach no chailleig a sgrìobhas an cunnntas as fearr m'a dhéidhinn, ag innseadh na nithean sonruichte a bhualail 'nur n-inntinn mu'n là mhòr ud, an cruth litreach. Cha bhi agaibh ach an litir a chur 'gam ionnsuidh leis a' phost: feumaidh i bhi agam roimh cheann an Oig-mhios, agus cha'n faod a bhi innte ach bhur n-obair fhein a mhàin. Thoiribh an aire gu'm bi ainm, àite fuirich, sgoil (Feachd) agus

àite-cruinneachaidh ar an comharrachadh gu soilleir anns an litir. Gaidhlig, cha ruigear a leas innseadh.

A nis, dé mu dhéidhinn nam Feachd sin a tha mar gu'm b'eadh air am fàgail leud fhein gun chomas cruinneachaidh le Feachdan eile? 'S iad na Feachdan sin Gleann Eilg, Baile Mhanaich, Iochdar agus Boghmór. Tha dòchas nach fhada bhios iad anns an t-suidheachadh bhochd sin ach gu'm bi iomadh Feachd eile ag éiridh mu'n cuairt orra. Co-dhiu, cha do rinneadh dearmad orra-san, agus tha Pund Sasannach a' dol a dh'ionnsuidh gach aon de na Feachdan sin a chum's gu'm bi cuirm-cnuic bheag aca-san cuideachd. Biodh ar smuaintean 's ar deagh-ghean a' sgaioleadh a mach do chàch a chéile air an là sin:—cuimhnichibh, ged a tha sinn dealaichte bho chéile le monaidhean àrda 's le cuantan domhain, nach eil ach aon spiorad 'gar beatha-chadh—spiorad Comunn na h-Oigridh.

## FÌGHEADH IS OBAIR-SNATHAIDH.

Tha mi duilich nach d'fhuair na caileagan na nithean a bha gu bhì aca airson na h-oibre so o chionn fada, ach cha mhise is coireach. Cha do chuir ach car mu leth nan Ceann-Feachd fios-freagairt fhathast ciod iad na nithean a tha dhìth orra. Agus a bharr air sin dh'fhalbh an aon Bhean-uasal a bha againn air Comhairle Clann an Fhraoich, agus ciod is urrainn do ghrunnan de bhodaich a dhèanamh 'na leithid a dh'obair! Is e a rinn sinn, ach fo-chomhairle bheag a chur air bonn, dà bhoireannach thapaidh agus Mgr. Calum MacLeod, an sàr Ghaidheal-Uasal air a ceann, a dh'aon ghnòthach a riarachadh nan iarrtasan a thàinig agus a thig. Tha dòchas agam nach fhada gus am bi a h-uile stuth 'nur lamhan na h-ìomlan, ceart. An sin, ma's e gu'm bi obair-laimhe deanta agaibh a tha Gaidhealach 'na gnè 's 'na dealbh, chi sinn co-dhiu is urrainn d' bhi air a foillsachadh aig a' Mhòd Mhór an Duneideann, ma tha sibh deònach.

Is i so an litir mu dheireadh a gheibh sibh bhnam-sa, is dòcha, mu'n duin na sgoilean. Ma theid cluisean mar is miann leinn, no am facail eile ma gheibh Clann an Fhraoich Cothrom na Feinne 'nan obair, tha h-uile coltas air gu'm bi fas is cinneas mòr air Comunn na h-Oigridh air an ath sheisean, Feachdan eile ag éiridh an iomadach àite ùr. Mar sin bu mhath leam cagar beag a chur 'nur cluais, a Chlanna gaolach, mu'n dealaichte Cead-Samhraidh nan sgoilean sinn bho chéile. Cuimhnichibh gur ainm agaibh-se a tha an t-urram gu'm bheil sibh 'nur ceud Bhuidhean, no Feachdan, de Chomunn na h-Oigridh.

Bithibh airidh air an urram sin. Tha mòran an crochadh oirbh-se : mòran air earbsa ribh—cha lugha na deagh-ainm agus cliù bhur Comuinn. Oirbh-se bithidh sùilean nam Feachdan ùra, seadh agus sùilean am Pàrantan. “An rud a chi na big, 's e ni na big.” Leanaidh an fheadhainn ùr bhur n-eisimpleir. Biodh e 'na dheagh-eisimpleir! Ma's modhail, deanadach, cuideachail sibh-se, bithidh na pàrantan deònach gu'n gabh an cuid chloinne 'nar Comunn. Bithidh sin 'na cuideachadh do Chlann an Fhraoich : fàgaidh e ar n-obair na's fhusa. Buaidh is beannachd leibh, saighdearan-tochlaidh Comunn na h-Oigridh!

#### NA CINN-FEACHD.

Tha mi toirt taing chridheil do na Cinn-Feachd sin a bhios a' sgrìobhadh gam' ionnsuidh o àm gu àm ann an Gaidhlig mu'n obair mhóir. Chan eil ni is mo a bheir de thoilinntinn dhomh na bhi faotainn nan litrichean sin. Bithidh cuid ag iarraidh lethseul na Beurla, agus tha fhios nach còir sùil a bhi agam ri Gaidhlig bho na h-uile fathast. Ach iad-san a tha murrach air sgrìobhadh Gaidhlig idir, guidheam orra cùl a thoirt do'n Bheurla chruaidh cho fhad 's a ghabhas sin dèanamh, chionn cha fhreagar a' chainnt gu do Chomunn na h-Oigridh. Their fear is té no dhà gu'm bheil nàire orra bhi sgrìobhadh 'sa Ghaidhlig air eagal 's gu'n dean iad mearachdan is mi-litreachadh. Nach comagad a ni! Am bheil mi fhein ach a'm sgoilear bochd fhathast? Agus nach e cleachdadh a ni coimhliontachd? B'fhearr leam Gaidhlig chuibheasach na Beurla choimhlionta là sam bith, ach a dh'innsadh na frinn tha Gaidhlig anabarrach math aig a' chuid as mo de na Cinn-Feachd, o am faod mi iomadh ni math ionnsuchadh mi fhein. Tha e 'na aobhar gairdeachais gu'm bheil cuid, a bha sgrìobhadh air tùs am Beurla, a nis air teannadh ris a' chainnt dhualach.

Tha beachd aig cuid nach còir do na buill a bhi giùlan braistean Comunn na h-Oigridh ach a mhàin an uair a tha iad a' bruidhinn na Gaidhlig no ri gnìomhachas a tha fuaighte ri an Comunn. Bheachdaich Comhairle Clann an Fhraoich air a' phunc so an là roimhe. Bha iad de'n bheachd gu'm biodh a' Chlann buailteach do bhi call am braistean le bhi 'gan cur seachad uair is uair mar so. Chuir iad rompa a' chùis fhagail an lamhan nan Ceann-Feachd an drasda, ach iad a thoirt fainear gu'm bi na braistean 'gan giùlan co-dhiu 'nuair a bhios na buill ri obair a bhùneas do Chomunn na h-Oigridh.

SEORAS GALLDA.

## LOCHABER PROVINCIAL MOD.

The fourth Provincial Mod organised by An Comunn for the Lochaber district was held in Fort William on 3rd May. There were large entries from the outlying districts, as well as from the local Secondary School, and competition was keen in each event.

The adjudicators were:—Gaelic—Mr. Donald Graham, M.A., Inverness; Rev. William Macdonald, M.A., Kilmallie, and Donald MacPhail, Northern Organiser. Music—Mr. Lewis J. Owen, L.R.A.M., Inverness, and Mr. Neil Orr, F.E.I.S., Edinburgh. Miss Violet Cooper judged the Instrumental Classes.

#### PRIZE-LIST.

Gaelic Essay on any subject—Annie M'Pherson, Fort William Secondary School.

Writing from Dictation—Annie M'Pherson.

Translation from English to Gaelic—Valerie Mackinnon, Fort William Secondary School.

Gaelic Poem—Janet Mackinnon, Fort William Secondary School.

Short Story into Gaelic—Peggy MacIntyre, Fort William Secondary School.

Reading Test Piece—Jessie Cameron, Fort William Secondary School. Learners—Angus Cameron, Fort William Secondary School.

Reading Prose (unseen)—Annie Macpherson and Jessie Cameron, Fort William Secondary School (equal).

Reading Scripture—Jessie Cameron. Competitors' Own Choice—Anne Maclean of Ardgour.

Conversation—Jessie Cameron.

Recitation—Annie Macpherson, Kilmallie.

Trophy for Competitor with Highest Aggregate Marks—Jessie Cameron, Fort William Secondary School.

Solo Singing—Boys—J. MacEachan, Morar; Girls under 12—Cathie Mackenzie, Morar; Boys under 16—Ronald Cameron, Mallaig; Girls under 16—Flora Maclean, Inchlaggan; Open—R. Cameron, Mallaig.

Lochaber Medal for Boy with Highest Aggregate Marks in Vocal Music—Ronald Cameron, Mallaig; Girls—Flora Maclean, Inchlaggan.

Choral Singing—Junior Challenge Shield—Arisaig Junior Choir.

Unison Singing—Morar Junior Choir.

Solo Singing—Unpublished Song—Archie MacLean, Inchlaggan; Ladies—Mina Gillies, Fort William Secondary School; Men—Archie MacLean, Inchlaggan; Ladies—Mina Gillies; Men—Allan Macdonald, Fort Augustus.

Lochaber Quach to Lady with Highest Aggregate Marks—Mina Gillies.

Glengarry Cup to Man with Highest Aggregate Marks—Archie MacLean, Inchlaggan.

Choral Singing—Female Voices—Ardgour Ladies' Choir; Male Voices—Glengarry Male Voice Choir.

Unison Singing—Fort Augustus Choir. Challenge Shield Competition—Fort Augustus Choir.

Reading Piece of Prose (unseen)—Helen O'Reilly, Fort William Secondary School.

Recitation—Alex. Macphee, Fort William Secondary School. Prose Piece—Alex. Macphee.

Acted Dialogue—Janet Mackinnon and Helen O'Reilly, Fort William Secondary School.

Sgeulachd—Peter Macleod, Fort William Secondary School.

Instrumental Music—Violin—Archie MacLean, Inchlaggan; Pianoforte—Mrs D. Grant, Glenurquhart.

## SECRETARY'S NOTES.

I had the honour of performing the opening ceremony at the Northern Counties Musical Festival, at Inverness on 8th May. This Festival has a Gaelic section which serves as a provincial Mod for that area, and it is pleasing to notice that the Gaelic classes are well patronised. It was an honour, of which I am proud, to be associated with the efforts of our Northern friends on behalf of the movement. They are to be congratulated on the enthusiastic manner in which they serve the cause.

\* \* \*

Many of our readers will be sorry to learn of the indisposition of Mr. Donald MacDonald Inverness, one of the Vice-Presidents, and Convener of the Northern Sub-Committee. Mr. MacDonald has been confined to the house for some time with a severe attack of sciatica, but, I am glad to be informed that he is now improving. Our members, I am sure, will join with us in wishing him a speedy and complete recovery.

\* \* \*

During the course of my visits to the Branches, since my appointment with An Comunn, I have had recourse to many means of conveyance, but it was not until my return from Inverness to attend the Kintyre Provincial Mod, at Campbeltown, that I made my first aeroplane journey. The actual flying time occupied only thirty-five minutes. It was one of the smoothest journeys I ever had, and leaving Renfrew shortly before ten o'clock I arrived at my destination in sufficient time to be present at the opening of the Mod.

\* \* \*

There is every prospect of a record Mod in Lewis, on 20th and 21st June at Stornoway. Mr. John MacDonald, Music Teacher, has been active in the Island since the beginning of the year and it is expected that in addition to usual entries from the East Side, a number of Junior and Senior Choirs from the West Side will compete for the first time. From reports received, the young people are very enthusiastic, and can be depended upon to give a good account of themselves.

\* \* \*

It is expected that the syllabus of many of the Provincial Mods in the North will include Competitions for Gaelic Drama next year, and the Northern Propaganda Sub-Committee have appointed a special Sub-Committee to consider the methods of adjudication. It is realised that the study of Gaelic Drama is of the utmost

value in the preservation or restoration of Gaelic. This was evident at the Mod at Granttown last month, when a team of learners produced a well-known Gaelic play. A meeting of the special Sub-Committee will be held shortly.

\* \* \*

The East Sutherland Provincial Mod takes place on 7th June, and Mr. David Grant, the energetic Secretary, has arrangements well in hand. Mr. J. M. Bannerman is to preside at the Competitions and Col. MacAulay, Golspie, at the Grand Concert in the evening.

\* \* \*

We would strongly recommend all those who intend being present at the Summer School of Gaelic to attend to arrangements for their accommodation as early as possible. The School will be in session for four weeks, from Tuesday, 16th July to Friday, 9th August inclusive. This period coincides with the holiday season and unless the matter is attended to well in advance difficulty may be experienced in obtaining rooms. A special circular has been prepared giving particulars of classes, and we shall be pleased to send copies to anyone desiring information on the work of the School.

\* \* \*

For the convenience of choirs and others attending the Mod, we are publishing in this issue a list of Hotels and boarding houses in Edinburgh. The approximate distance of each establishment from the Halls is given. Details in regard to terms, and accommodation available, can only be had on application to addresses given on the list.

\* \* \*

It is pleasing to note the added distinction that has been conferred on Pipe-Major John MacDonald, M.B.E., Inverness, by his appointment as Honorary piper to the King. An accomplished exponent of Ceol Mor, the highest and most cultured form of pipe music, Mr. MacDonald is well-known for his interest in the Mod proceedings. On several occasions he has acted as one of the adjudicators in the Instrumental section at the National Mod, and with his other friends, we congratulate him on this high honour.

\* \* \*

A new use for the Celtic Art Post Cards has been brought to our notice. At a concert arranged for the Mod funds by Mr. Neil Orr, F.E.I.S., Edinburgh, on behalf of the Edinburgh branch of the Clarsach Society, these cards were prepared as tickets. With the printed matter nicely displayed within the Celtic Art border, these tickets struck a very artistic and distinctive

note. This is an idea that we would like to recommend to others who may be interested in concerts of a like character. These cards may be had from the office, 212 West George Street, Glasgow, C.2. at One Penny per packet of ten cards.

\* \* \*

It is with feelings of deep regret that we have to record the death of Mr. William D. Barclay, J.P., one of our most devoted members. Mr. Barclay who was much attached to Gaelic matters represented the Lanarkshire Highlanders' Association on the Executive Council, and he also served on several of our Committees. A native of Fort William, and a member of the banking profession, it is only six years ago since he retired from the agency of the Bank of Scotland at Motherwell. Throughout his life, Mr. Barclay, who possessed a kindly personality, applied himself unsparingly to church matters, and his services as a lay preacher were greatly in demand and freely given. His genial presence will be missed from our midst, and to his only son, the Rev. William Barclay, B.D., Renfrew, we offer our sincerest sympathy in the loss he has sustained.

## CRAOBH-SGAOILEADH.

### An Airde Tuath.

Tha obair a' gheamhraidh a nis a' teannadh gu crìch agus tha Rùnairean nam Meuran gu trang a' deanamh ullachaidh airson nan Coinneamhan Bliadhna.

Bhò'n tha Cèilidh nan Gaidheal an Inbhirnis a nis ceangailte ris A' Chomunn Ghaidhealach faodair iomradh a dheanamh anns a' mhiosachan so air Coinneimh Bhlialdhna na Cèilidh, an Comunn anns a bheil gach iomairt air a ghiulan air adhart anns a' Ghaidhlig. Bha aireamh ghasda na buill anns an eiseachd agus thug an Rùnair agus an t-Iomnhasar cunntasan taitneach air obair an t-Seisein a thainig gu crìch aig deireadh a' Ghiblein. Chaidh an luchd-dreuchd a bha an uiridh an sàs an iomairt na Ceilidh a chur air leth gu ìre bhig, ach gu bheil Mgr. Iain Mac Fhionghuinn á Inbhirnis 'na Chleireach-iomraidh. A thaobh 's gu bheil mòran eile an crochadh ris, cha b'urrainn Mgr. Iain M. Mac Leoid dreuchd a Chléirich-iomraidh a ghabhail os laimh airson bliadhna eile ach tha a' Cheilidh gu léir fortanach gu'n do ghabh Mgr. Mac Fhionghuinn, fìor Ghaidheal as na h-Earadh, an dreuchd so fo a chùram. Tha taing na Cèilidh aig Iain M. Mac Leoid airson cho dealasach agus cho cùramach 's a bha e air

cùl na Cèilidh ré na bliadhna a dh'fhalbh, agus gu dearbh fhéin, dh'fhàg e labhar a' Chleirich-iomraidh 'na eisimpleir do gach Cleirach a dh'fhaodas a leanntuinn anns an dreuchd so. Chaidh Comhairle bheag a chur air leth gu bhì cur an òrdugh Clàr-Eagair an ath Sheisein.

Air an 17mh là de'n Ghiblein bha am Fear-deilbhe a' frithealadh aig Coinneimh Bhlialdhna Mgr Ghlinn Urchadain. Bha trì fichead 's an lathair agus Mgr. Rob Mac Ghill Eòin, an Iar-cheann Suidhe air an ceann. An deidh gabhail ri cunntasan an Rùnair agus an Iomnhasair, chaidh luchd-dreuchd a shuidheachadh airson an ath Sheisein. Is i a' Bhan-Rùnair, A Mhdn. M.C. Burgess agus an t-Iomnhasair Mgr. Donnchadh Mac Mhathainn. Tha an Dotair Mac Dhomhnuill gu bhì aig an stiùir a rithist agus tha dùil aig an luchd-comhairle ri Dealbh-Chluicéan a chur air adhart anns a' Ghaidhlig air an ath Sheisein.

Bha coinneamhan de Iar-Chomhairlean a' Chraobh-Sgaoilidh agus an Fhoghlum air an cumail air an 27mh là de'n Ghiblein. Bha aireamh mhath de na buill 'san lathair agus a thaobh 's gu bheil an Ceann-suidh gun chomas éirigh fhathast, bha Mgr. Donnchadh Mgr. Donnchadh air ceann nan coinneamhan. Leugh am Fear-deilbhe a chunntas obrach bhò'n a chruinnich a' Chomhairle mu dheireadh agus ghabhadh ris an iomradh. Thug an Rùnair iomradh air obair gach aon de'n luchd-teagaisg Ciuil fa leth agus an deidh sgrùdaidh a dheanamh air, ghabhadh ris. Tha oidheirp 'ga dheanamh aig an àm so a chum 's gu'm bì Gaidhlig air a teagasg mar chnspair an Sgoil a' Phluic (Loch Aillse) agus leig an Rùnair ris gu'n deachaidh Tagradh (Petition) le ainmean nam pàrantan, a chur a dh'ionnsuidh Ard-Chomhairle an Fhoghlum an Siorramachd Rois. Chaidh Fo-Chomhairle bheag a chur air leth gu bhì a meòrachadh air riaghailtean a bhùileachadh airson Co-fharpuisean nan Dealbh-Chluicéan Gaidhlig. Tha e feumail gu'm biodh na riaghailtean so air an cur sìos an dubh 's an geal, chionn tha dùil ri Co-fharpuisean fo'n cheann so aig Mòdan an Taoibh Tuath an ath Bhlialdhna.

*Mod Lochabar.* Bha am Mòd so air a chumail beagan na bu tràithe am bliadhna, air an treas là de'n Cheitein. Bha latha anabarrach briagh ann, a' ghrian a' dearsadh ré an latha, agus bu mhath sin, chionn bha aireamh mhór chloinne 'san làthair. Bha na Breitheamhan làrriarichte leis na chuala iad, ach c'arson nach 'eil a dhùblachadh aireamh a' feuchainn nan Co-fharpuisean Leughaidh agus Aithris aig a' Mhòd so? Chan 'eil na Sgoilean beaga a' deanamh an díchill an so. Aig a' Chuirm-Chiuil 's an fheasgar bha a' Bhean uasal Ryan,

anns a' chathair agus thug i seachad na duaisean a choisinn na Co-fharpaisichean aig a' Mhòd. Tha taing A' Chomuinn aig Mgr. Lachlan Mac Fhionghuinn agus a' Chomhairle, airson gach adhartas a tha iad a' deanamh air tàilleamh ar Cànan 's ar Ciuil an Lochabar agus 's an Dùthaich mu'n cuairt.

Bha cruinneachadh gasda an Tigh a' Bhaile, Inbhirnis, air feasgar Di-Ciadaoin, an Sìmh là de'n Cheitein nuair a thainig Rùnaire A' Chomuinn Ghaidhealaich a dh'aon sgrìobh u' Glaschu, a dh'fhosgladh Mòd Ionadail Inbhirnis. Thug e seachad Oraidean brosnachail an Gaidhlig 's am Beurla agus bha seann chairdeas air a bheothachadh as ùr nuair a thairg An t-Urr. Eachann Camshron taing na cuideachd do Mhgr. Mac Gille Sheathanaich agus do'n Chomunn Ghaidhealach airson an obair ionmhalta a thatar a'deanamh airson cainnt agus ceòl nan Gaidheal.

### An Airde Deas.

Air an ocdamh là deug de mhios a' Ghiblein bha an Rùnaire 'na Fhear-cathrach air cuirn-chiuil Còisir Oigridh Ghlaschu. Tha luchd-comhairle agus fear-juil Comunn Còisiridh Ghaidhlig Ghlaschu ri mhohladh air son a' chothrom a tha iad a' toirt do òigridh Ghaidhealach a' bhaile, agus air son na saothrach a tha iad a' deanamh ann a bhi ag cumail a suas ceòl nan Gaidheal anns a' bhaile mhór.

Bha a' Cheilidh Bhliadhnail aig meur Dhrumfrìs air a' cheathramh là fichead agus bha an Rùnaire 's an lathair a' toirt dhoibh sgeul a' Chomuinn agus 'g am misneachadh anns an obair mhaith a tha iad a' deanamh le an ceilidhean, cròileanan ciuil is Gaidhlig. Bha mu cheithir fichead cruinn air an feasgar so.

Air an ath feasgar bha Mgr. Mac Gille Sheathanaich aig coinneimh de mheur Tigh a' Mhuilinn, faisg air Tigh na Bruaiche. Bha sè fichead cruinn an so agus bha ceilidh thogarrach ann. Tha am meur so ag uidheamachadh air son cròileanan Gaidhlig is Ciuil a bhi aca air an ath Sheisein agus tha gealladh air soirbheachadh a bhi leis an oidheip.

Chumadh ceilidh an Tigh Ormadail air feasgar Di-haoine, an seathamh là fichead de'n Giblein. Bha an Rùnaire 'na Fhear-cathrach agus bha cuideachd ghada—mu shè fichead—'san lathair. Bha gu leoir de phlobaireachd is de òrain Ghaidhlig ann agus bha Baintighearna Ormadail i fhéin air ceann na cuideachd.

Air a' cheud là de'n Cheitein bha an Rùnaire aig Ceilidh an Ceann Lochiall far an d'thug na buill dha tiodhlac spéis. Bha mu cheithir

fichead cruinn agus labhair an Rùnaire riutha an Gaidhlig is am Beurla mu obair a' Chomuinn, agus aig a' cheart àm a' toirt taing dhoibh air son an coibheis.

Air feasgar an treas là de'n Cheitein bha Mgr. Mac Gille Sheathanaich an lathair aig Coinneimh Bhliadhnail meur Bhaile-chloichridh, agus aig a' chuirm-chiuil a bha 'na deidh. Tha am meur so a' deanamh obair mhath air taobh na Gaidhlig agus 'na chùl-taice mór do Mhòd Siormachd Pheairt.

Chaidh an Rùnaire gu Inbhirnis air an ocdamh là agus liubhar e òraidean an Gaidhlig is am Beurla aig fosgladh a' Mhòid is an Fheis-chiuil 'sa bhaile sin. Dh'fheuch e gu h-àraidh ri aire an t-saigh a tharruing gu dleasan muinntir na Gaidhealtachd do thaobh an cànan agus chomharraich e mach am feum a tha ann iad a bhi ag cur an guala r'a chéile agus seasamh duineil, dileas air a cùl.

Thill e air ais an oidheche sin fhéin agus air maduinn an larn-a-mhàireach bha e air sgiathan 's an athar air bòrd air carbad-neoil air a thurus gu Mod Chinntire a bha air a chumail an là sin, agus an ath latha, an Ceannloch Chille Chiarain. Bha am Mòd so fìor shoirbheachail air gach doigh ged nach robh uiread chofharpaiseach ann is a b'abhaist. Air a shon sin rinn feabhas na h-obrach a suas air son gainnead an luchd-strìthe agus tha beachd gu'm bi móran barrachd a mach an ath bhliadhna. Tha sinn a' taingse taing a' Chomuinn dhoibhsan a tha a' saothrachadh, bliadhna an deidh bliadhna, gu bhi ag cumail a' Mhòid so aig inbhe aird agus chluicth. As eugmhais na buidhne bhig a tha a' saothrachadh gu dichìollach 's an doigh so cha bu chomasach e air bratach a chumail a suas an ioma cearna.

Tha a' Mhgr. Ealasaid NicMhartainn a' teagasg an Ard na Murchan agus Iain MacIomhair an Ile.

### CLANN AN FHRAOICH.

#### GAELIC PLAYS FOR CHILDREN.

A first prize of £3 3/-, and a second prize of £2 2/-, are offered for Gaelic Plays suitable for children. Prizes presented by Mr. George E. Marjoribanks.

The Plays should be in One Act, with the minimum of Stage Scenery, and take about 20 minutes to perform.

Entries must reach the Secretary, 212 West George Street, Glasgow, C.2, not later than 31st August, 1935.

**EDINBURGH MOD DONATIONS.**

Previously acknowledged	...	...	£120	1	0
<b>Received at Head Office—</b>					
Pitlochry Branch	...	...	2	0	0
Rev. J. M. Connor, D.S.O., Newport, I.O.W.	...	...	0	10	6
Gaelic Society of Glasgow	...	...	5	0	0
Ceilidh nan Gaidheal Inbhirnis	...	...	2	8	9
<b>Received at Edinburgh—</b>					
The Highland Ball Committee, Edinburgh	...	...	100	0	0
Proceeds of "Highland Societies" Ball, organised by Mod Local Committee	...	...	74	6	11
Proceeds of Concert in Music Hall, Edinburgh, do.	...	...	60	13	6
Proceeds of Concert in Leith, do.	...	...	20	16	6
Proceeds of Concert in Oddfellows Hall, Edinburgh, do.	...	...	9	6	7
His Grace the Duke of Sutherland, K.T. Edinburgh Gaelic Choir (further donation), collected by Miss Isa H. Macintosh	...	...	5	0	0
Dundee Highland Society	...	...	4	4	0
Collected by Mrs. Angus, Edinburgh (previously collected, £1 1s.)	...	...	3	9	0
Edinburgh Renfrewshire Association (further donation), proceeds of Whist Drive	...	...	3	3	0
Colonel A. Macaulay, Golspie	...	...	2	2	0
David Russel, Esq., LL.D., Markinch	...	...	2	2	0
Sir Patrick Ford, Bart., M.P., Edinburgh	...	...	1	1	0
Anonymous	...	...	1	0	0
Robert Cullen, Esq., Islay	...	...	0	10	0
Miss Russel, Edinburgh	...	...	0	2	6
			<u>£423</u>	<u>2</u>	<u>3</u>

**LIST OF HOTELS IN EDINBURGH.**

The 39th National Mod will be held in Edinburgh from 24th to 27th September, 1935. The following is a list of hotels in the proximity of the Music Hall:—

North British Hotel (L.N.E.R.), Waverley Station, Princes Street (10 mins.).  
 Caledonian Station Hotel (L.M.S.), Princes Street (10 mins.).  
 The Royal British Hotel, 20 Princes Street (5 mins.).  
 The Royal Hotel, 53 Princes Street (5 mins.).  
 Old Waverley (Temperance), 43 Princes Street (5 mins.).  
 The George Hotel, 21 George Street (5 mins.).  
 The Windsor Hotel, 73 George Street (opposite Hall).  
 The Palace Hotel, 1 S. Castle Street (5 mins.).  
 St. Andrew's Hotel, 10 S. St. Andrew Street (5 mins.).  
 Roxburghe Hotel, 38 Charlotte Square (5 mins.).  
 Rutland Hotel, 2 and 3 Rutland Street (10 mins.).  
 Killin Hotel, 23 Rutland Square (10 mins.).  
 Queen Hotel, 1 and 2 St. Colme Street (15 mins.).  
 Abercromby Private Hotel, Abercromby Place (5 mins.).  
 Brooklands Private Hotel, 9 Abercromby Place (5 mins.).  
 Scotia Hotel, 9 and 11 Gt. King Street (5 mins.).  
 Cockburn Hotel, Cockburn Street (10 mins.).

Adelphi Hotel, 59 Cockburn Street (10 mins.).  
 Darling's Regent Hotel, Waterloo Place (10 mins.).  
 New Waverley Hotel, Waterloo Place (10 mins.).  
 Imperial Hotel, Leith Street (10 mins.).  
 Grosvenor Hotel, 11 and 21 Grosvenor Street (10 mins.).  
 Clarendon Hotel, 22 Grosvenor Street (10 mins.).  
 Zetland Hotel, 16 Grosvenor Street (10 mins.).  
 Hotel de Vere, 17 Eglinton Crescent (12 mins.).  
 Braid Hills Hotel, Braid Hills (20 mins.).  
 Blair Atholl Private Hotel, Grosvenor Street (10 mins.).  
 Tartan Hotel, 14 Rothesay Place (12 mins.).  
 Drumsheugh Hotel, 24 Drumsheugh Gardens (10 mins.).  
 Thomson's Hotel, 26 and 27 Drumsheugh Gardens (10 mins.).  
 Mackenzie & Robinson's Hotel, 40 Drumsheugh Gardens (10 mins.).  
 Balfour Hotel, 55 Melville Street (10 mins.).  
 Kenneth Mackenzie Private Hotel, 58 Melville Street (10 mins.).  
 Craigwood Private Hotel, 6 Melville Crescent (10 mins.).  
 Mrs Millen's Private Hotel, 29 Melville Street (10 mins.).  
 The Harwood Private Hotel, Forres Road (15 mins.).  
 Dalblair Private Hotel, 55 Manor Place (10 mins.).  
 Miss Johnston's Private Hotel, 50 Manor Place (10 mins.).  
 Stewart's Manor Place Hotel, 56 Manor Place (10 mins.).  
 Thistle Hotel, 59 Manor Place (10 mins.).  
 Walker's Private Hotel, 58 Manor Place (10 mins.).  
 Crescent Hotel, 6 Coates Crescent (10 mins.).  
 Maitland Temperance Hotel, 33 Shandwick Place (10 mins.).  
 Crown Hotel, 22 Torphichen Street (10 mins.).  
 The Terrace Private Hotel, 37 Royal Terrace (15 mins.).  
 Mrs A. Cameron's Clachan Hotel, 12 Royal Terrace (15 mins.).  
 Mrs Smith's Park Private Hotel, 33 Royal Terrace (15 mins.).  
 The Iona Private Hotel, 17 Strathearn Place (15 mins.).  
 Park Central Hotel, 65 Bruntsfield Place (10 mins.).  
 Bruntsfield Hotel, 72-74 Bruntsfield Place (10 mins.).  
 Ariston Hotel, 69 Bruntsfield Place (10 mins.).  
 Leamington Hotel, Bruntsfield Place (10 mins.).  
 Links Hotel, 3 Bruntsfield Crescent (10 mins.).  
 Green's Hotel, Eglinton Crescent (12 mins.).

**FREE FREE FREE**

To all Sufferers of Rheumatic Ailments.

A generous free supply of my treatment, which will convince you of its power to dissolve and wash away the razor-edged crystals of the uric acid which is the cause of the agony and disablement.

**Joints that for years were fixed like rusty hinges can now move with perfect freedom.**

**Stiff and swollen joints and muscles rapidly return to normal.**

**Nerves on fire with Neuritis are quickly soothed. All pain banished.**

DELAY IS DANGEROUS. SEND POST CARD NOW.

Mr. PICKERING (Masseur),

184 Seaview Road, Wallasey, Cheshire.

# YOUR SUMMER SPORTS EQUIPMENT

*is waiting at*


# MACPHERSON'S SPORTING STORES

Get Out of Doors.



## CRICKET

HUGE STOCK OF BATS, BALLS, STUMPS, LEG GUARDS, WICKET AND BATTING GLOVES. Cricket Nets a Speciality.



YOU CAN'T HELP CATCHING FISH WITH OUR TACKLE.

SALMON and TROUT RODS, REELS, LINES, CASTS and FLIES.

ALL-STEEL 8-ft. RODS ..... 5/6

10-ft. GREENHEART RODS ..... 12/6

*Catalogue on request.*

We will make your Holiday a Success.



## CAMPING

AND

## HIKING

BIVOUAC TENTS from 9/11

GROUND SHEETS from 2/3

CYCLE BAGS.

STOVES.


"LI-LO" AIR BEDS ..... 14/6

CAMP BEDS ..... 10/-

SLEEPING BAGS,

OILSKINS, etc.

*Send for List — Free.*



## LEATHER GOODS

"REVELATION" EXPANDING SUIT CASES from .. 14/6

CABIN TRUNKS.

SCHOOL BAGS.

PICNIC OUTFITS.

EVERYTHING FOR TRAVEL



FINEST SELECTION IN SCOTLAND.

HUNDREDS OF RACKETS BY ALL

THE LEADING MAKERS.

Specialists in Tennis Court Equipment.

*Special Prices to Clubs*



Our Reputation as Gun and Rifle Makers is World-wide.

Our Cartridges cannot be Equalled.



## RUC-SACS

EVERY KIND IN STOCK.

NEW PATTERN WITH

METAL FRAME ..... 15/6

ORDINARY STYLE from 3/6

HAVERSACKS and

FISHING BAGS.

GOLF CLUBS and BALLS

GOLF BAGS and JACKETS

# JOHN MACPHERSON'S Sporting Stores, INVERNESS

'Phone 168

Estab. 1887.

'Grams: "Angler"

# 3 BOOKS IN ONE

Price 10/6

**A DESCRIPTION OF THE WESTERN ISLANDS OF SCOTLAND.** By MARTIN MARTIN (1695).

**A VOYAGE TO ST. KILDA.** By the same Author (1698).

**A DESCRIPTION OF THE WESTERN ISLES OF SCOTLAND called Hybrides, with Genealogies of the Chief Clans of the Isles.** By Sir Donald Mouro, High Dean of the Isles (1549).

Edited with Introduction by  
DONALD J. MACLEOD, O.B.E., M.A., D.Litt.

### Press Opinions.

"A new edition of the Skye man's 'DESCRIPTION' was not only desirable but necessary. The demand is fully answered in this admirable volume. It is an engrossing and excellently produced edition."—*Scotsman*.

"One of the most charming volumes ever written about the Western Isles. I know of no book dealing with the Highlands which is more crammed with alluring matter."—Angus Henderson in *The Weekly Scotsman*.

"Intensely interesting, a book full of curious and interesting matter."—*Aberdeen Press*.

"An admirable omnibus."—*The Morning Post*.

"A fascinating book."—*Daily Record*.

From all Booksellers.

**Eneas Mackay :: Stirling**

FOR THE BEST DESCRIPTION  
AND THE  
BEST VIEWS OF SCOTLAND  
SECURE

## Come to Scotland

Price - 1/-

By Post, 1/9

A Magnificent Guide Book  
with  
One Thousand Beautiful  
Views, and Printed on  
Finest Art Paper.

ON SALE AT ALL BOOKSELLERS

Published by  
THE SIMMATH PRESS LTD.,  
DUNDEE.

. . ADVERTISE . .  
DAY AND NIGHT

WITH  
SIMMATH

## Ray Road Signs



THE ADVERTISEMENT  
THAT'S ALWAYS  
WORKING



All information from  
THE SIMMATH PRESS, LTD.  
Simmath House, Roseangle,  
DUNDEE

SITUATIONS WANTED.

OUR GAELIC ARTISTS' REGISTER.

Advertisements under the above headings will be accepted by The Simmath Press, Ltd., Simmath House, Roseangle, Dundee.





EDITOR.—Rev. NEIL ROSS, C.B.E., D.Litt., *The Manse, Laggan, Kingussie, to whom all literary communications should be addressed; business and other communications to 212 West George Street, Glasgow.*

TELEGRAMS.—*Runaire, Glasgow.*

TELEPHONE.—*Douglas 1433.*

Leabhar XXX.]

*An t-Iuchar, 1935.*

[Earrann 10

### GAIDHLIG ANNS NA H-ARD SGOILEAN.

Bu mhath leam earrann bheag a chur sìos mu'n Ghaidhlig mar chuspair foghlum anns na h-ard sgoilean. Bho chionn beagan sheachdainean air ais fhuair mi cothrom a mheas mi mar shochair luachmhor. Thadhail mi air na h-ard sgoilean anns a' bheil Gaidhlig 'g a teagasg anns an dà shiorramachd, Inbhir-Nis is Ros. Tha an luchd rannsachaidh ag iarraidh iomradh eagnaich air gach sgoil fa leth; agus gun cuirear an t-iomradh sin air aghart a dh'ionnsaidh Luchd-iùil an Fhoghlum, aig am bheil an cairtealan an Dun-eideann a nis. Chan fhaodair na h-ionmraidh sin a chraobh-sgaoileadh, oir is ann airson feumalachd an Luchd-iùil fhéin a tha iad air an deanamh. Ach air an laimh eile saoilidh mi nach bu mhisde leughadairean na duilleig so beachd fhaotainn cia mar tha ar cànain a' cosnadh àite urramach mar mheur oilein anns na h-ard sgoilean air diugh. Ged nach robh mi an ard sgoil sam bith ach anns an dà shiorramachd a dh'ainmich mi, tha dearbhadh gu bheil obair aithnichte anns a' Ghaidhlig 'g a giùlan air aghart ann an ard sgoilean eile mar an ceudna.

\* \* \*

Mar is eòl do'n leughadair tha Teisteanas Foghlum ri chosnadh aig deireadh a' chùrsa anns na h-ard sgoilean. Tha àireamh de bhliadhnachan bho shuidhich an t-Ard Riaghladh an gnòthach sin. Tha an Teisteanas de dha sheorsa—Ard is Iossal. Gheibh an òigridh a bhuidhneas an dearbhadh so a stigh do'n oil-thigh gun deuchainn eile a sheasamh. Gheibh iad mar an ceudna a stigh do thighean

malairt is do thighean tasgaidh leis an Teisteanas. A nis tha a' Ghaidhlig air aireamh nan cuspair anns am faodar an dearbhadh sin a chosnadh. Is coir aire an leughadair a tharrainn gu sonraichte gus an ni sin. Is tric a chluinnear casaid an aghaidh ar cànain, nach eil feum no buannachd innte airson obair laitheil no gu airgid a dheanamh. Ach is e am freagradh is fhearr do'n chasaid sin gu bheil ar cànain a nis air an aon ruith agus de'n aon luach ri cainntean sam bith eile, gu bhi ag uidheamachadh na h-òigridh airson an obair laitheil mar fhir is mnathan. Tha luchd foghlum ag aideachadh gu bheil eòlas air gnathan-cainnte agus air litreachas na Gaidhlig, pàilt nas freagarraiche air òigridh na Gaidhealtachd, na tha an oidhearp choitcheinn air briseadh de Fhraincis no de Ghearmailt ionnsachadh.

\* \* \*

Anns an dà ghincalach a tha air ùr dhol seachd cha robh a' chànain a' faotainn aire no urram an coimeas ris an àite a tha i a nis a' faotainn air clar-ùine nan ard sgoilean. Tha i a' faighinn uiread de ùine is de aire ri cainnt air bith eile an saothair nan sgoilean. Agus feumaidh an cuspair so tim is dicheall gun an ire cheart a ruigheachd. Chan 'eil a' Ghaidhlig dad nas fhuasda na Laidiuun no Fhraincis. Mhothaich mi gu bheil na h-òganach agus na maighdeanan a sheas deuchainn airson Ard Theisteanas anabarrach deas arson an labhairt na cànain agus 'n an eòlas farsainn air litreachas na cànain anns na linntean deireannach. Chuir sud annas air leth orm, a bhi ag èisdeachd ciod e cho fileanta, foghainteach 's a tha iad. Is cuimhneach leam dà fhichead bliadhna air

ais, nach robh foghlumaichean òga idir cho ealanta anns a' Ghaidhlig ris a' ghinealach a tha nis a' feuchainn is a' cosnadh nan Teisteanas. Is cinnteach gu bheil aobhair air sin; agus faodaidh mi am beagan fhacal na h-aobhair sin a chomharrachadh.

\* \* \*

Is e a' cheud reusan gur i a' Ghaidhlig cainnt mhàtharail nam foghlumach. Tha sin furasda ri aithneachadh leis an fhìor thlachd a tha iad a' nochadh an am a bhi labhairt innte. Tuigear bha na feallsanaich a sgrìobh mu alt an teagaisg, gur e *uidh*, no taitneas anns a' chuspair, cumha is fhearr air an ionnsaich am foghlumaiche. Mur bi thlachd agad anns an leasan cha tog thu e am faisg cho luath no cho eagnaigh. Ach ma tha ar n-uidh an ni sam bith, is dualach gun greimich sinn nas luaithe air na nithean is toigh leinn. Aon uair is gun dean ar n-òigridh aghart anns an litreachas Ghaidhlig tha maise nam briathran is nan smuain a' togail an aire, air chor is gu bheil iad a' faighinn toilinntinn anns na bàird agus anns an rosg. A chionn gur i so a' chàinain a dh'ionnsaich iad air tùs, agus a bha a' chuid mhòr dhiubh a' cleachdadh aig an dachaidhean, tha fuaim is seadh na càinain fada nas nàdurraiche dhaibh na eadhon fuaim na Beurla. Is dàna sin a chantainn—ach tha e cho fìor 's a tha sinn 'g a sgrìobhadh.

\* \* \*

Buinidh an dara h-aobhar do'n luchd-teagaisg. Cha bhiodh a' chùis cho soirbheachail mur b'e gu bheil an luchd teagaisg air leth cothromach. Is fortanach gu'n d'fhuair Comhairlean an Fhoghlum àireamh de mhaighistearan aig a bheil ceum nan ealadhann le ard urram an Gaidhlig. Comhla ri fiosrachadh farsuinn air litreachas na Gaidhlig maille ri litreachas no dha eile, tha na h-oidreachan foghlum ud teoma an alt an teagaisg. Tha iad eòlach air a' mhodh dhreach; agus tha iad ealanta air teagasg anns a' mhodh sin. Mar is trice cluinnear Fraingeis, agus Laiuinn is cainntean eile mar an ceudna 'g an teagasg troimh Beurla. Is e Berlitz a thug a stigh do'n dùthaich so am modh dhreach, gu bhi a' teagasg Fraingeis troimh Fhraingeis, is Gearmailt troimh Ghearmailt. Agus air a' mhodh ùr so, chuala mi luchd teagasg na Gaidhlig anns na h-ard sgoilean a' teagasg Gaidhlig troimh Ghaidhlig, mar nach biodh a leithid de chainnt is Beurla air an t-saoghal. Is e sin a dh'fhàg an obair cho sunndach, agus cho taitneach do'n òigridh a bha iad a' teagasg.

## LETTER TO THE EDITOR.

17 Merchiston Avenue,  
Edinburgh, 5th June, 1935.

Dear Dr. Ross,—In regard to our conversation recently, it occurs to me that it would be well to give a few hints in *An Gàidheal* on the proper use of the hyphen. One frequently finds Duneideann, Dundeagh, Dunblathain, Cillfhinn, Inbhirnis. All these should be written as two words, or with hyphen: Dun Eideann, Inbhir Nis, Cill Fhinn, or Dun-éideann, Inbhir-nis, etc. The rule is that all compound terms which are stressed on the second part or element should have a hyphen: otherwise the tendency is to stress the first syllable, according to regular Gaelic usage. In place-names the two elements may often be better written separately, both with a capital letter.

Another point is the improper use of the apostrophe in gun, that; nan, if; chan, not—where no letter is omitted from Old Irish onwards. The reason why Alasdair Mac Mhaighistir Alasdair used the apostrophe was an attempt at separating the final *n*, as in Irish. For the same reason he wrote *na'n* as gen. pl. of the article.

There seems to be nowadays a tendency to write the article and the noun as one word, with an apostrophe: e.g. a'bhean, instead of the correct *a' bhean*, two words.

Is it not true that the false Port Rìgh were displaced by the genuine Port Rìgheadh? No Skye man whom I ever met said the former, and I have tested many. Miss Francis Tolmie was the first to draw my attention to this, long ago.

And in this connection, when are we to have a map of Gaelic Scotland, with the real names instead of anglicised adaptations? Now that we have a Gaelic Texts Society, with the prospect of providing worthy work for our scholars and giving our Gaelic people an opportunity of becoming acquainted with their own literature and taking proper pride in it, it seems to me that such a map should be the natural sequel. The thing is possible now: year by year it becomes less and less possible.

What says An Comunn Gàidhealach?

With all kind regards,—Yours sincerely,

W. J. WATSON.

### COMUNN BADGES.

Members can now be supplied with Badges direct from Head Office; price 2/7½, post free.

**CLEASAN GAIDHEALACH**

airson

**Comunn na h-Oigrìdh.**

**CLEASAN À CHLUICHEAR A STIGH.**

(Air an leantainn.)

(Toimhseachain, 3.)

**16. Ceartas Nighean Dhubhain — Aireamh Nighean Dhubhain.**

Bha fear de'n Fheinn (muinntir Fhinn) pòsda air Nighean Dhubhain. Bha Fionn agus Dubhan ann am bàta, agus còig fir dheug aig gach fear dhiubbh. Bha nighean Dhubhain anns a' bhàta cuideachd. Air do chònsachadh éirigh eatorra, bha a h-uile coltas air gu'n leigtheadh a' chùis gu ràdh a' chlaidheimh, 'nuair a thubhairt an nighean gu'n cuireadh ise an dara taobh e leis a' chranncur—gu'n éireadh na coig fir dheug le Fionn, agus na coig fir dheug le Dubhan, 'nan seasamh anns a' bhàta: gu'm biodh na deich fir fhichead air fad air an àireamh 'nan naoinearann, agus gach naoidheamh fear air a bhàthadh gus an cuirtheadh as do'n leth. Thugadh aonta do so, agus dh'èirich ise air na fir a chur an òrdugh airson an cunnntadh a mach. Nis, ged a bu nighean Dhubhain i, bha bàidh aice ri fir Fhinn 's i pòsda air fear aca, agus thug i fa-near gu'n tuiteadh an crannchur an còmhnuidh air fear de bhuidhinn Dhubhain, gus an deachaidh am bàthadh air fad. Mar sin, bha 'n Fheinn tèaruinte. So an suidheachadh a rinn i—tha "X" fear ag comharrachadh fear Fhinn; "O," fear Dhubhain:—

XXXXO0000XXOXXXO00XXO00  
XOOXXO.

Ma dhubhar a mach gach naoidheamh litir, fàgar, air a' cheann thall còig "X" deug (an Fheinn), air dhaibh leigeil sìos le fir Dhubhain an còig "O" deug, thar beul-mòr a' bhàta.

So an rann-chuimhne a ni e comasach do fhear-tairgse an toimhseachain so a chomharran a chur an òrdugh ceart:—

"Ceathrar o Fhionn na Feinne o thùs,	XXXX
Is ann leam bu chubhaidh an àireamh	
Le còig laoch Dhubha 'nan dèidh,	O0000
De dhearbhbh mhuintir Dhubhain	
Dithis o Mhac Dhùghaill a nuadh,	XX
Is fear o Dhubhan teach ruadh,	O
Triùir o Fhionn is deirge dreach	XXX
Is fear o Dhubhan dùrach,	O
Cha suidh Fionn 'sa bhruith bhàn	X
Gun dithis dhubh air a làimh,	O0
Is dithis eile 'na dhéidh,	XX

Mhuintir Fhinn 's a thalmhain féin,	
Triùir dhubh mo Dhubhan dil,	000
Is aon fhear, Fionn 'nam fochair sin	X
Le'n dà laoch dhubh 'nan dèidh	O0
Dithis o Fhionn, is fear o Dhubhan	XXO

**17. Toimhseachan Aiseag nan Ceard.**

Aiseag a' bhodaich 's na caillich, 's an dà bhalach; cha ghléidheadh am bàta ach tunna, 's bha tunna 's a' bhodach 's bha tunna 's a' chaillich, 's tunna eadar an dà bhalach. Chaidh an dà bhalach thairis air an aiseag an toiseach, dh'fhan fear de na balaich thall 's thainig am fear eile a nall. Chaidh am bodach a null anns a' bhàta, 's thug am fear de na balaich a bha thall a nall am bàta. Chaidh an dà bhalach a null a rithist, thill fear leis a' bhàta 's dh'fhan fear thall. Chaidh a' chailleach a null an sin 's thàinig am fear bha thall de na balaich a null leis a' bhàta 's chaidh an dà bhalach a null an sin; agus bha iad thall uile an sin.

**18. Toimhseachan: An Sionnach, an Gàadh 's an t-arbhar.**

Bha aig fear ri sionnach 's gàadh 's sguab-arbhair a thoirt leis thar an aiseig 's cha b'urrainn da ach an t-aon diubb a thoirt aig aon am, 's na'm fàgadh e an sionnach 's an gàadh, no'n gàadh 's an sguab le chèile dh'itheadh an sionnach an gàadh 'san dara càs, 's dh'itheadh an gàadh an t-arbhar 'sa chàs eile. Dé nis mar a rinn e?

Dh'fhàg e an sionnach agus an sguab 's ghabh e thar an aiseag leis a' ghèadh 's thill e. Thug e leis an sguab thar an aiseag 's dh'fhàg e'n sin e 's thill e leis a' ghèadh. Thug e leis an sionnach thar an aiseag. Dh'fhàg e'n sionnach 's an sguab 's thill e aon uair eile 's thug e leis an gàadh thar an aiseag 's bha iad uile aige an sin gu tèaruinte.

**19. Toimhseachan: Roinn an Uisge-Bheatha.**

Bha dhà fhear a fhuair ochd galainn uisge-bheatha, ceithir gluain gach fear. Cha robh aca airson a roinn ach buideal a h-ochd, buideal a còig, agus buideal a trì. Dé nis mar roinneadh iad e?

Llon iad fear nan trì buideil, agus chuir iad sin ann am fear nan còig. Llon iad fear nan trì a rithist, agus as a so chuir iad a dhà ann am fear nan còig, leis na trì a chuireadh ann roimhe. Bha nis aon air fhàgail ann am fear nan trì. Chuir iad an sin fear nan còig air ais gu fear nan ochd, agus chuir iad an t-aon a bha air fhàgail ann am fear nan trì, ann am fear nan còig. Llon iad an sin fear nan trì, á fear nan ochd, agus chuir iad sin ann am fear nan còig,

leis an aon a bha ann. Bha an t-uisge-beathais air a roinn aca, le ceithir galain ann am buideal nan cóig, agus ceithir eile ann am buideal nan ochd.

## 20. Bristhraisg, Dinneir agus Suipeir.

Tha an cluich so gu h-àraidh airson nan caileagan. Seasaidh an dà “Bhana-Cheannard,” fa chomhair a chéile, a’ beirsinn air làmhnan sinte a chéile. ‘Nuair a their iad “Bristhraisg” thig càch ‘nan sreath singilte, a’ beirsinn air gùintean a chéile agus ag gabhail òrain shunndaich, fo ghàirdeanan an dà Bhana-Cheannard. ‘Nuair a tha iad uile air dol seachad their an dà Bhana-cheannard “Dinneir.” agus theid càch mu’n cuairt agus thig iad fo an gàirdeanan a rithis: an sin, “Suipeir”; “Glan do chasan”: agus, mu dheireadh “Rach fo’n phlaide.” Air an ruith so, ‘nuair a thig a’chaileag mu dheireadh fo ghàirdeanan nam Bana-Cheannard, cuartaichidh iadsan le’n gàirdeanan i ag ràdh: “Glac.” Feòraichidh iad an sin dhith “Cìod a b’fhearr leat, uaireadar òir no uaireadar airgid (no ni-eigin eile mar a shònraicheadh roimhe); agus seasaidh am “priosanach” air chùl na té a roghnaich i a suaicheantas. An déidh do na h-uile an roghainn a gabhail mar so, bithidh deuchainn neirt eadar an dà bhuidhinn.

An àite dol ‘nan sreath singilte faodaidh a’chuideachd dol ‘nan caraidean. Mar a thig iad a mach fo ghàirdeanan nam Bana-Cheannard, dealaichidh iad ri chéile, an fheadhainn air an làmh dheis a’ tionndadh deiseal, agus an fheadhainn eile toisgeal, agus theid iad ‘nan sreathan singilte mar sin gus an coinnich iad a chéile a rithis aig ceann eile an t-seomair.

## CLEASAN A CHLUICHEAR A MUGH.

### 21. Ruith a’ Ghaduiche.

Bithidh fear de’n luchd-cluiche ‘na “Ghaduiche,” ‘s bithidh càch a’leigeil orra bhì faire àireamh de dh’adagan.

Their an Gaduiche:—

“Goididh mi aon as an adaidg,  
Goididh mi dhà an adaidg,  
Goididh mi trì an adaidg,  
Goididh mi ceithir an adaidg,  
Goididh mi cóig an adaidg,  
Goididh mi sè an adaidg,  
Goididh mi sgub mhòr nan cóig dual.  
Cò sam bith a chuala so, tarraing as.”

Falbhaidh e ‘na dheann an sin, ‘s ruithidh càch ‘na dhéidh e. Am fear a bheireas air, bithidh e ‘na Ghaduiche an ath ruith.

### 22. Deas, Deas, do Gheimhleach.

Bha so ‘na chluich roghainneach am Bearnaraidh ‘s na Hearadh. Tarruingear sgrìob mu dhusan slat air fhad. B’e so a’ “chrìoch.” Tarruingear cearcall mòr air dara taobh na crìche. B’e so a’ bhuaile mhòr anns an deachaidh an luchd-cluiche ach aon fhear a mhàin. Tarruingear cearcall beag air an taobh eile. B’e so a’ bhuaile bheag anns nach deachaidh ach aon fhear, agus “Ionnann” mar ainm air. Theirheadh esan:—

“Deas, deas, do gheimhleach,  
Ho-ro, rumpán,  
Mur bì thu mach  
Bithidh thu air do chrùnadh.”

Cho luath ‘s a bha so air innseadh, ruitheadh càch a mach as a’ bhuaile mhòir agus timchioll air ceann-eigin de’n chrìch, feuch am faigheadh iad seachad air a’ bhuaile bhig agus air ais gu ruig am buaile fhéin, ach a’ fuireach bho bhì dol thairis air a’chrìch, no eadar i ‘s a’ bhuaile bheag. B’e gnothach “Ionnain” beantainn do mhullach cinn fir sam bith de’n chuideachd mu’n ruigeadh iad a’ bhuaile mhòr. An fear a bhiodh air a chrinadh mar sin, bu “Ionnann” e air an ath ruith.

### 23. Crann an Dorus.

Air do chrìochan a bhì air an sònrachadh, seasaidh fear, agus “Hut” mar ainm air, ‘s a’ mheadhon, agus càch fa chomhair air an dara crìoch. Fear sam bith a ghairmeas “Hut” air ainm feumaidh e ruith thairis ga’chrìoch eile, agus beiridh “Hut” air ma’s urrainn da. Ma bheireas, gabhaidh am fear so àite “Hut”. Ach ma ruigeas am fear so a’ chrìoch eile, gairmidh e “Crann an dorus,” agus feumaidh càch an sin ruith thairis air ball. Ma bheireas “Hut” air fear, gabhaidh esan àite “Hut.” Mur a beir, toisichear as ùr gus an teid neach a ghlacadh.

‘S e is brìgh do’n chluich so gu bheil a chothrom aig an fhear a ruitheas thairis an toiseach, an car a thoirt as a chompanaich. An àite “Crann an dorus” faodaidh e a ràdh “Crann” an geata no “crann, an uinneag” no an rud a thogras e, agus ma dh’fhàgas neach a chrìoch mu’n faigh e an rabhadh ceart, is “Hut” e gus an glac e fear eile. Agus tha a thoil aig an fhear-ghairme, le bhì ag atharrachadh fuaim a ghutha, a chompanaich a mhealladh ma’s urrainn da.

### 24. Falach Fead.

Deanar cearcall no “buaile.” Taghar “Bodach” agus “Rìgh” le rann cunntadh-a-mach. Sgapaiddh càch gach rathad agus theid iad am falach. ‘S e is deas

do'n Rìgh an sgàil a chumail air sùilean a' Bhodaich gus am bi càch rèidh.

Gabhaidh an Rìgh an sin an rann so:—

“Glicean, glacan

Mo chuid chaorach.

Thig am madadh ruadh am màireach

'S bheir e leis na h-uile caora's fearr tha agam,

Ach caora dhubh fir an tighe,

'S caora ghlas na searbhanta.

Bheil am brochan tiugh fuar ?

Bheil am brochan tiugh fuar ?”

Mur 'eil iadsan deas, their fear aca “Cha'n 'eil am brochan tiugh fuar, 's cha bhi e fuar an diugh”: no ma tha iad deas, “Tha'm brochan tiugh fuar.” Bheir an Rìgh an sin an sgàil bho shùilean a' Bhodaich agus theid esan a mach air tòir an luchd-falaich. Cho luath 's a shaoileas e gu'm faic e fear dhiubh their e “Tha mi 'gad fhaicinn a (Dhòmhnuill Ghlais).” Ma tha Dòmhnall cinnteach nach eil am Bodach 'ga fhaicinn, cha toir e feart air. Ach ma tha, feumaidh e teicheadh feuch an toir e mach a' bhuaile mu'm beir am Bodach air. Glacaidh esan a mheadh 's is urrainn da, agus is an ath-Bhodach am fear mu dheireadh a ghlacas e.

25. Cluich a' Bhalgair.

Taghar fear luath mar “Bhalgair.” Bithidh càch nan “gadhair” 's bithidh “Maighstir” aca. Bheirear ceum math air toiseach do'n Bhalgair, 's tha a làn chead aige dol far an àill leis agus cho fad 's is urrainn da, gus falach-uain a dhèanamh orra. 'S iomadh car a chuireas am Bhalgair dheth mu'n dean na gadhair, fo stiùradh a' Mhaighstir, suas ris.

26. Lean an Ceannard.

'S e tha 'san amharc aig a' Cheannard 's a'chluich so, bhi cur nan car dheth le lethid de thapachd agus gu'm bi e thar comas a chompanach a h-uile car a tha aige a chur dhiubh. Falbhaidh esan an toiseach ag ràdh “Lean an Ceannard,” agus leanaidh càch e nan sreath singilte. Ni an Ceannard coiseachd, ruith, leum, car-a-mhuiltein—an aon fhacal, cleas sam bith a thogras e, agus feumaidh gach fear eile na cleasan ceudna dhèanamh coltach ris. Bheir e an rabhadh seachd o am gu h-am “Lean an Ceannard.” Cho luath 's a theid neach a bheag a nunn no a nall bharr lùtha a' Cheannard ann an cleas air bith, cuirear a mach e. Gabhaidh iad air adhart mar so gus am bi a h-uile fear a mach, no an Ceannard, fhéin air a chlaoidh.

27. Fàg, fàg an Nèapaicin-pòca.

Faodaidh na caileagan an cleas ud shuas (26) a chluich mar so:—Suidhidh a'chuideachd

astar beag o chéile, ach a' “Bhan-Rìgh” a mhàin; ni ise falbhan air ais is air aghaidh, agus nèapaicin-pòca aice 'na làimh, 's i 'g aithris:—

“Fàg, fàg an nèapaicin-pòca,

Tha chearc ag gur

'S tha phoit ag goil,

Aran is im is breacagan eorna,

Cò aig a bhios an nèapaicin-pòca ?”

An sin, air dhi a ràdh “Dùin do shùil is tog do cheann,” duinnidh càch an sùilean agus togaidh iad an cinn. Fàgaidh a' Bhan-Rìgh an nèapaicin air gnùis té de na caileagan agus falbhaidh i 'na deann. Leanaidh a'chaileag sin i, agus a h-uile car a chuireas a' Bhan-Rìgh dhith, feumaidh a' chaileag an cur dhith mar an ceudna. Ma ni i mearachd sam bith their càch “Loisg thu toll 'nad bhrochan,” agus cuirear a mach i. Ach ma bheireas i air a' Bhan-Rìgh mu'n dean i mearachd, is ise Ban-Rìgh an ath ruith.

28. Cartaidh na Buailean.

Comharraichear a mach aireamh de “bhuilean” astar o chéile—sòn bhuaile airson gach fir, ach am “Buachaille” a mhàin 's bithidh esan a mach anns a'mheadhon. 'Nuair a their am Buachaille “Cartaidh na buailean” feumaidh gach mac-màthar bhi mach as a'bhuaile, agus àite fhaotainn ann am buaile eile ma's urrainn da. Aig a' cheart ùm feuchaidh am Buachaille ri faotainn a steach an aon de na buailean, agus ma theid aige air sin bithidh am fear aig nach 'eil buaile, 'na “Bhuachaille,” agus tòisichear as ùr.

## CAMANACHD.

Gun teagamh is e so cluich nan Gàidheal. Bha O'Curry, duine a rinn rannsachadh mòr ann an sean eachdraidh agus sean sgeulachdas na h-Eireann, ag creidsinn gu'n robhas 'ga chluich 'san dùthaich sin 1272 bliadhna roimh theachd Chrìosd! Biodh sin mar a dh'fhaodas e, is cinnteach gu'n robh na Gàidheil ag “iomain,” no a' cluich Camanachd, cho fad air ais agus a tha eachdraidh a'dol. 'Nuair a bheir sinn, ma-tà, urram dligheach na h-aoise dhi, agus a bheir sinn faineag gur cluich i a tha tagradh bho a luchd-leanmhainn neart agus luathais, fulangais agus gleusdachd—an aon fhacal, na buadhan fearail a bha riann dualach do na Gàidheil, chì sinn cho airidh 's a tha Camanachd air prìomh àite fhaotainn am measg cluichean Comunn na h-Oigridh.

Is iomadh atharrachadh a thàinig air Camanachd, seach mar a bha i 'ga chluich aig ar sinnsrean, 'nuair a thionndaidheadh iad a

mach 'nan ceudan mu àm na bliadhna ùire—a h-uile mac màthar 's a cheann-dùthcha eadar balach ronnach agus braisiche de bhodach liath, a dh'iomain air faiche a bha gu tric leth-mhille air fhad, far am faodadh tu am ball a bhreabadh no eadhon a ghhlìan leat, fhad 's a chumadh tu o dhùin' eile e. Ach ged a tha a' chluich a nis air a cuairteachadh le riaghailtean teann, neo-ar-thaing mur 'eil an aon spiorad 'ga nochdadh ann is a bha an làithean na Féinne. Tha riaghailtean a' Chomuinn-Chamanachd air an cur sìos 'san leabhran so an Gaidhlig, agus bu chòir an leantainn cho fada 's a ghabhas sin dèanamh.

Gu freasdalach tha greim làidir aig Camanachd air a' Ghàidhealtachd fhathast. Tha sin furasda fhaicinn a h-uile là a bhios bàir 'ga cluich ann an comb-stri nan Cupan-Camanachd: chan 'eil féill air an dùthaich a tharruingeas a choimhlonn dhaoine, sean is òg, an aon àite. Agus an iomadh clachan agus baile beag, is gann a chì sibh balach a mach air dorus gun a chaman aige 'na làimh, 's e ag iomain a h-uile rud a ghabhas buaidh. Ach ged a tha sin mar sin, chan 'eil Camanachd cho coitchionn an diugh air feadh na Gàidhealtachd agus a bu chòir dhi bhì. An sud is an so, tha ball-coise a' tolladh a stigh, seadh, ann an iomadh cearn a tha fad is cian o'n Ghaldachd—agus is bochd agus is maslach an sgeul sin. Tha ball-coise math gu leòir 'na àite fhéin ach chan i a' Ghàidhealtachd a àite! Cha do ghabh na h-Eileanan gu làidir ri ball-coise fhathast, ach gu mi-fhortanach chan 'eil iomain ach ainneamh aig na balaich, ni nach iongantach agus gun choille aca 'sam faigh iad caman.

Tha fìor chion-fàth ann, ma-tà, airson gu'm biteadh a'dèanamh oidhirp àraidh air cluich a tha cho gasda, fearail, agus cho dualach do na Gàidheil, a thoirt air ais gu a h-àite dlìgheach. Tha sinn ag guidhe gu dhrachdach oirbh, luchd-stiùraidh Comunn na h-Oigridh air feadh na dùthcha, Sgioba Camanachd a chur air bonn far an comasach e: agus ni sinn na's urrainn duinn a chuideachadh leibh.

Tha Iain Mac a' Phearson, "Sporting Stores," Inbhirnis, air aon de na Ceannaichean-chaman is fear a tha ann. Gheibhear caman hickory bhuaithe air 6 tasdain: ach is dòcha gu'm bheil sin tuilleadh is daor, agus tha e reic camain de gheanmchno (chestnut) air oechd sgill inn deug is math is fhìach a' phris. Faodar innsadh gu bheil an duine gasda so ag gealltainn dà sgillinn a thoirt bharr pris gach camain a cheannaicheas Comunn na h-Oigridh.

Ach 'na dhéidh sin uile, nach b'fhearr gu mór na'n dèanadh a h-uile balach an Comunn na h-Oigridh a chaman fhéin far an comasach e? Tha so furasda gu leòir air tìr-mór na Gàidhealtachd, far am bheil failleanan uinnsinn

is calltuinn am pailteas anns na coilltean: chan 'eil obair as fhearr do bhalach tapaidh, agus faobhar gear air a' sghìthinn, na bhì a' snagaireachd air aon diùb sin ri là fhìuch—nach e bhios pròiseil ag iomain le caman de a obair-làimhe fhéin? Chan 'eil seirbhìs as gasda a b'urrainn do Bhuideann de Chomunn na h-Oigridh air tìr-mór a dèanamh (an déidh camain a dhèanamh dhaibh fhéin), na bhì gabhail os làimh aon dà dhusan de chaman a dheasachadh agus an cur a dh'ionnsuidh Buidhne an aon de na h-Eileanan Siar.

(Ri leantainn.)

## BOOK REVIEW.

**An Laoideadair (The Gaelic Hymnary).** Edited by Rev. Malcolm Macleod, M.A., and Robert Macleod, Mus. Bac. Published by the Church of Scotland Committee on Publications. xiv + 175 pp. Engraved and Printed by Aird & Coghail, Ltd. Price 1/-.

This welcome volume meets a need which has been long felt, the need for an appropriate aid to devotion which would properly represent the Gael's faculty of expressing in suitable words and melodies the deep religious feelings of his nature. The volume is refreshing in that it is practically a new kind of book. In his brief preface, the Gaelic editor, Rev. Malcolm Macleod, states that the hymns were collected with much care by three Gaelic scholars who are with us no more—the Rev. Malcolm Macleannan, D.D.; the Rev. George W. Mackay, D.D.; and the Rev. Malcolm N. Munro, M.A. Mr. Macleod's own contribution has been the general preparation of the Gaelic text for the press; and, needless to say, he has done this most efficiently. The selections shows a wide scope; it has been judiciously made from the abundant field of sacred verse in Gaelic, which reveals the various aspects of the religious life of the Gael.

The musical editor has brought to his task a trained musical judgment and a mature knowledge of Gaelic music in general. For many years he has adjudicated at Gaelic Mods, and has thus had occasion to analyse the structure of the folk-melody of the Gael. The relation between folk-melody and hymn-melody could not be more happily expressed than he has done in his short preface. He says: "Research seems to indicate that the fundamental emotions, in Gaelic at least, have selected for themselves appropriate intervals of sound, which provide a universal musical language for the Gael—a language which links him with his fellow-countrymen in a communion of spirit which he senses but cannot analyse. These intervals, when linked together by different rhythms, produce a musical phrase vocabulary comparable to a language vocabulary. By repetition and combination of these phrases, the folk-melody makes its appeal and secures its unity. Thus genuine Gaelic folk-melodies are in essence ideal hymn tunes because of their deeply rooted significance and introspective character."

All intelligent musical Gaels cannot but feel how deeply we are indebted to Mr. Macleod for his wonderful interpretation he has given of our devotional music. The two editors have worked hand in hand to give us a little book, a great bargain at one shilling, which ought to be found in every Highland church, school, and home.

## PRESENTATION TO THE GENERAL SECRETARY.

An interesting function took place in the Grosvenor Restaurant, Gordon Street, Glasgow, on Thursday, 30th May, when Mr. Shaw, General Secretary, and his wife, were entertained by members and friends to mark the occasion of his recent marriage, and to express to him their gratitude for his long and valuable service to Gaelic during the past twenty-two years.

There was a large and representative company present, including several ladies and gentlemen who travelled considerable distances to attend. Mr. John R. Bannerman, president of An Comunn, occupied the chair, and after tea he delivered a characteristic address in both Gaelic and English. He referred to the success that had attended Mr. Shaw's work since his appointment. As organiser, his duties made him familiar with the whole of Gaeldom, and there was not a village or clachan in which he was not a welcome and esteemed visitor. Mr. Shaw was their ambassador who went forth carrying their message throughout the Highlands, and he was regarded by all Highlanders as their friend. The prestige of the Association was well maintained wherever he went. His intimacy with the intricacies of his office rendered his services invaluable, while his geniality and tact assured him of the full confidence of those who worked with him. An Comunn's trust in him had never been violated. He possessed the key that fitted the lock of every door connected with An Comunn's work. He was a singer, a bard, and a piper, and these gifts added to his other qualifications made him the ideal person for the appointment he held.

This day they were gathered to celebrate his recent marriage, and to wish him and his wife long life and happiness. They were well aware that Mr. Shaw did not go about with an empty mind or unobservant eye, and they were glad when he came to choose Miss Elizabeth Taylor as his partner in life. She was an active worker in Gaelic matters in Campbeltown, and was prominently identified with the Gaelic choir and the branch in the town, and would make a fitting helpmate for him.

When the suggestion that advantage be taken of Mr. Shaw's marriage to express their regard for him took tangible form, the ready response that was received to the circular from hundreds of Gaels, from Australia, Canada, and the home countries testified to the high regard in which Mr. Shaw was held, and on behalf of the subscribers, he had much pleasure in calling

on Mrs. Burnley Campbell of Ormidale, M.B.E. to make the presentation which consisted of a cheque for £140 and a volume—beautifully decorated in Celtic Art—containing the names of over four hundred contributors to the testimonial to Mr. Shaw, and a lady's dressing case to Mrs. Shaw.

The inscription on the Presentation Volume is as follows:—

Chaidh an leabhar so maille ri tiodhlacan eile a thoirt do Mhgr. Niall Mac 'Ille Sheathanaich, Runaire a' Chomuinn Ghaidhealach, aig am a phòsaidh, le buill de'n Chomunn mar chomharradh air am mór-mheas air mar dhùine agus air luach a shaothrach, agus is e an dùrachd gu'm bi sonas agus saoghal fada air a bhùileachadh air fhein agus air a chèile.

Gheibhear anns na duileagan a leanas ainmean na muinntir a chuidhich leis na tabhartasan so.

Gleschu, An Deicheamh la fhead de'n Chéitein, 1935.

In handing over these gifts, Mrs. Burnley Campbell expressed the pleasure it gave her to be present on this occasion. It brought back to her mind Mr. Shaw's appointment twenty-two years ago. She was a member of the Committee which considered the applications, and she was extremely glad that the confidence they then placed in Mr. Shaw had since been abundantly justified. His work, for which he was singularly fitted impressed them all. Everything he did seemed so easy to him. Always courteous and willing, he never appeared worried or bothered, and no matter how difficult a situation might be he always seemed to find the right way out. It was these qualities of tact and resourcefulness that made him so welcome everywhere he went. His presence always inspired confidence and they were grateful to him for all the services he had so well performed on behalf of the movement. It was an honour, of which she was proud, to be the medium of presenting the gifts to Mr. and Mrs. Shaw on behalf of all those whose names were inscribed in the volume. It was a happy thought to take advantage of his recent marriage to show their respect and esteem for him, and to express their appreciation of the energy and enthusiasm with which he discharged his duties. She wished him and Mrs. Shaw a long and happy married life.

In acknowledging these gifts, Mr. Shaw remarked that he felt exactly as he did twenty-two years ago, when, as a candidate for the Secretaryship of An Comunn he was asked by Mr. Malcolm MacLeod, who was then President, to address the Executive Council in support of his own application. It was an embarrassing

situation, words then seemed to fail him just as they did when now he endeavoured to return thanks for the generous expressions of appreciation that had been uttered this afternoon. What they had said about him provided him with a wonderful encouragement to go on with his work on behalf of the movement, and all it stood for, with renewed enthusiasm. It was a distinction of which he felt extremely proud, to be appointed organiser of An Comunn, and the work which he had been called upon to perform during these years carried with it many pleasant experiences. He had for many years been travelling all over the Highlands addressing meetings and forming branches and he was happy to say that the membership was annually increasing.

Some indication of the development of An Comunn, since his appointment, may be realised from the fact that in 1913 there were ninety branches, while last year there were one hundred and seventy. The greatest progress had, however, been made with the National and Provincial Mods. The first Provincial Mods were held in 1912, at Portree, and Tobermory. The first National Mod he attended was held at Rothessay in 1908, at which, there were four hundred and six competitors. It was a noteworthy fact, that the number of entries received in many of the Provincial Mods to-day exceeded the entries for the National Mod when he became secretary.

A tribute was paid to the assistance he received from successive Presidents and Conveners of Committees, and also from members of the office staff, and Mr. Donald MacPhail, Northern Organiser. Mr. Shaw concluded by thanking his many friends, on his own and his wife's behalf for the splendid gifts they had this day so generously presented to him.

Among the others who spoke on Mr. Shaw's worth and work were: Miss Campbell of Inverneil, M.B.E., Convener, Art and Industry Committee; Capt. George I. Campbell, Yr. of Succoth; Rev. Angus Duncan, B.D., Kilmeny; Rev. Alexander MacDonald, M.A., St. Columba Church, Glasgow; Mr. John MacDonald, M.A., Glasgow; Robert Macfarlane, C.A., J.P., Treasurer; Rev. Malcolm MacLeod, M.A., F.S.A., Convener, Education Committee; Dr. A. C. Morrison, Edinburgh; and Mr. Neil Orr, F.E.I.S., Edinburgh.

At the close of the proceedings, Mr. Malcolm MacLeod proposed votes of thanks which were cordially given to the Chairman, to Mrs. Burnley Campbell, who had travelled specially from Ormidale to be present; to Dr. Colin Sinclair who was responsible for the very artistic book

containing the names of subscribers; to Mr. Robt. Macfarlane and Mr. Hugh McPhee on whom the work connected with the presentation had mainly fallen, and to the Subscribers who had so generously responded to the Committee's appeal.

During the proceedings, Mr. Bannerman read the following poem which had been specially written for the occasion by Mrs. Catherine Urquhart, North Kessock, the first lady to receive the bardic prize, and who was crowned at last year's annual Mod at Oban.

AN T-USAAL NIALL MAC GILLE SHEATHANAICH.  
A' dìreadh an tulaich gu'm b'èagsaidh do chéum,  
An deise nan Gàidheal ro-ionmhuinn do bhéus;  
Do phearsa mar ghaisgeach am maise do chéis,  
Do shùil ghorm chridheil a' tàladh nan téud.

Bha iomairt do dhìlseachd an cànan ar tir  
'N a mhil air a taruing bhò ionmhas do chridh',  
Troimh uisg' agus iobair gun charraid ach sith,  
Thog thu 'Ghaidhlig gun mhearachd 'na  
h-aidmheil 's an tir.

Bha urram na h-uaisleachd 'n ad ghluasad 's 'n  
ad réis  
Agus briathran a' ghliocais a' sileadh 'o d'  
bhéul;  
Bha solus do spioraid a' stiùireadh do chéum  
Thar fuar-bheann is monadh gu cala na réit'.

Gu ma sealbhach is sona le sòlas gun éis  
A' mhaighdean ghlan shnasail a thagh thu le  
spéis,  
Le beannachd gach caraid an Alba gu léir  
'Ur n-éirigh 's 'ur laighe 'na anail bhò Neamb.

Cleas saoi agus naoimh chaidh troimh Alba le  
'n créud  
'Na chrann-brataich do mhuineal a' briosgadh  
le éud,  
Gus a' Ghaidhlig a thogail thar inbhe na Feinn',  
'S neo-bhàsmhor do mheas anns na linntean  
'n ad dhéidh.

## BRANCH REPORT.

LISMORE.—The annual general meeting of the local Branch was held in the Public Hall on Friday evening, the 14th June. The Rev. D. Bell, B.D., The Manse, local president, presided. Touching references were made to the death of the late Miss Mary Macintyre, public school teacher, and to the manner in which she discharged the duties of secretary-treasurer to the Branch. The meeting agreed to record an expression of its sincere sorrow and sympathy on account of the loss sustained by Miss Macintyre's death. Office-bearers were elected for the ensuing year. Rev. D. Bell, president, and Miss Mary M. Maccorquodale, secretary-treasurer.



## COMUNN NA H-OIGRIDH.

AR COMUNN A NIS 'NA NI BEO.

Thubhairt duine a bha sgrìobhadh mu Chomunn na h-Oigridh nach bitheadh e 'na ni beo gun am bitheadh còthrom aig na Feachdan cruinneachadh le chéile. Sin an rud a thachair fa-dheòidh, agus is ann a dh' fhaodas sinn a nis a radh gu'm bheil ar Comunn beo an da-rìreadh.

## CRUINNEACHADH AN EILEIN SGITHEANAICH.

Gun a bhi idir airson urram a thoirt a dh'aon roinn-dùthcha seach roinnean eile, is e so an t-aona Chruinneachadh a b'urrainn domh a fhreasdal mì-fheinn, agus am fear bu mhotha bha aig a' Chloinn gu léir am bliadhna agus mar sin bheir mi iomradh beag air mar a chaidh leinn an là ud, Di-Sathuirne an 15mh. de'n Ogmhios. Agus sinne bha fortanach, chionn a dh'aindeoin neòil ghruamach 's a'mhaduinn cha do nochd a' cheud charbad mór am foireann Caisteal Dhunbheagain mu'n robh a'ghrian a' dearrsadh oirnn, rud a rinn i fad fin foineach an latha àluinn ud. Chruinnich suas ri dà cheud air an raon-cluiche agus cha b'fhada gun an robh na caileagan le'n taodain-sùrdaig ag cur nan car dhiubh, agus na balaich le'n camain a'dol am badaibh a chéile. An sin chaidh sinn sìos 'nar buidhnean, deich ar fhichead ma seach, a dh'ionnsuidh a' Chaisteil, agus gu là ar bàis cha di-chuimhnich aon againn an fhàilt 's am fuan suilbhearna a chuir Baintighearna Flora 'Nic Leòid a' Chaisteil oirnn. Bha i fhein a' fhreasdal do gach aon dhinn, 's ag radh gu'n robh e'n dà chuid 'na thoilintinn agus 'na urram leatha sin a dhèanamh. Bu mhór an obair a bha aice fhein agus aig a daoine 'gar seòladh, buidheann as déidh buidhne, troimh'n Chaisteal air fad, a'leigeil ris dhuinn uile ionmhasan agus iongantasan, 's a' m'neachadh dhuinn gach eachdraidh a b'annasaiche na chéile mu'n togail mhiorbhuilich sin, a tha gun a coimeas an Albainn. Cha ghabh iad cuntas, no eadhon iomradh orra an so, ach air mo shon fhein dheth 's iad na nithean as mò a dhruidh orm, dealbhan Clann Leòid air na mùrean, an toll-dubh, peiteag a' Phrionnsa, a' bhratach-shithe agus an sealladh a fhuair sinn air a' Chaisteal bho thaobh na mara. Agus bhual an smaoin a'm inntinn, nach math is airidh macneamna na h-Oigridh a bhi air a dhùsgadh gu fosrachadh dìleab an dualchais, 'na leithid so de shean ghrèadhachas!

Chaidh sinn an sin air a dh'ionnsuidh na raoin-cluiche. Thòisich na cleasan, agus, ma

thòisich, cha do gsuir iad gu seachd uairean feasgar. Bha réisean ann de gach seòrsa, agus leum-an-aird airson gach aois is gach gné. Bha comhrag-iomain eadar na còig Feachdan, agus ma bhunnig Dunbheagan air a'cheann thall, bha an dìol aca, air tàilleamh a' ghille bhig ghleusda ud a rinn na h-euchdan barraichte air taobh Feachd Bhearnasdail. 'Na dhéidh sin 's iad an dà rud a b'fhearr a bh'againn, réis mùthadh-each nam balach agus réis thrì-chasach nan caileagan—bheireadh iad sin air a' ghobhlan-gaoithe fhein. Bhunnig Dunbheagan an "Tug-o-war," ach chuir na Feachdan beaga gu foghainteach 'nan aghaidh, a réir an cudthrom.

Fhuair sinn ar sàth de the 's de bhiaidh fallain, blasda, agus an déidh nan duaisean a thoirt seachad thug Mgr. Domhnall Mac Phail taing chridheil do gach aon a chuidich ann an obair an latha mhóir a bh' againn. Cha bu bheag an t-saothair sin, agus air Mgr. Ramage, Ceann-Feachd Bhearnasdail a thuit an tromlach: ach is e fhein a dh'aontaich gu fialaidh cho dìchiollach 's a bha na Cinn-Feachd agus cairdean eile air a chùl, gu h-àraidh Mgr. Friseal, Dunbheagan. Bhruidhinn mi fhein tacan, agus labhair an Còirneal MacDhomhnuill, Tobhta, ruinn mu chaoimhneas Baintighearna a' Chaisteil. Bha e 'na aobhar tlachd duinn uile gu'n robh an Còirneal còir leinn fad an latha. Caraid na's dìlse chan 'eil aig Comunn na h-Oigridh. 'S e fhein a thug aoidheachd dhomb-sa 's do Mhgr. MacPhail fhad 's a bha sinn anns an Eilean. An sin, sgap sinn gach rathad, an déidh latha nach dìchuimhnich aon a bha lathair, agus mo làmh dhuibh-se gu'n robh iomadh ceann gu turra-chadalach mu'n robh na carbadan mòra aig an ceann-uidhe.

## CRUINNEACHAIDHEAN EILE.

Cha mhór an fios a fhuair mi fhathast mu na Cruinneachaidhean eile. Ach bha cuirm-chnuic air leth taitneach air là geal grianach aig Feachdan Bagh a' Chaisteil agus Bagh a Tuath air tràigh Allasdail am Barraidh. Fhuaras sgeul a' bho'n Mhgn. Nic Adhaimh, Aird-Ghobhair, mu'n là ghasda a bha aig Feachdan Aird nam Murchan. Cha'n e mhàin gu'n robh spors gu leòir aig na h-uile, ach tha i 'g radh gu'm bheil barrachd suim aig an Oigridh do dh'obair a' Mhòid, agus aig am Parantan do Chomunn na h-Oigridh gu léir, air tàilleamh a'chruinneachaidh so bh'aca. Mo laochain sibh-se, Clann Aird nam Murchan! Tha sibh a'leigeil ris do'n Chomunn Ghaidhealach nach ann an domhain a dh'fhosgail iad iallan an sporain dhuibh.

Aig a' choinneimh mu dheireadh de Chomhairle Clann an Fhraoich thug an Rùnaire aithisg gu'n deachaidh snath is obair-ghreis a chur gu ceithir Feachdan deug a chum feum nan Caileagan. Tha a' Chomhairle ag iarraidh gu'm bi Féillean air a cumail le gach Feachd, aig am bi obair-làimh nan Caileagan air fhòlseachadh. Ma reicead dad 'sam bith dheth so is còir an t-airgid a chur ri creideas Comunn na h-Oigridh anns gach Feachd fa leth. Bheir an Rùnaire fa chomhair Chomhairle 'Ghniomhachais is nan Ealdhain mu fhòilseachadh na h-obrach so aig a' Mhòd Mhór (ach i bhi Gaidhealach 'na dealbh 's 'na gné), agus ma ghabhas a' Chomhairle sin ris theid roghainn na h-obrach a tha 'ra fhòilseachadh fhàgail aig na Bana-Cheannardan anns gach Feachd.

A thaobh so, tha mo thaing chridheil aig na Caileagan modhail sin anns na Feachdan a chuir litir chugam a dh'innseadh dhomh cho toilichte 's a bha iad leis na nithean a fhuair iad o'n Chomunn Ghaidhealach.

Tha a' Chomhairle ag cliùthachadh gu'n teid leth-bhreac de'n "Ghaidheal" gach mìos a chur gu na Ceannardan agus na Bana-Cheannardan, cho math ris na Cinn-Feachd a tha 'ga fhaotuinn mar tha. Bheir so còthrom na's fearr dhuibh uile a bhi leughadh gach mìos mu na tha dol ann an Comunn na h-Oigridh.

Biodh na Cinn-Feachd anns na h-Ard-sgoilean a' toirt an aire dha so:—Dh'antaich a' Chomhairle gu'n gabhadh iad ri Paipearan-ceasnachaidh an Ard-fhoghlum airson nan Ard-sgoilean, an Gaidhlig, (i) Day School Higher and (ii) Third Year Post-Qualifying. Mar dhearbhadh air airdheachd buill Chomunn na h-Oigridh air na braistean as àirde inbhe—(i) Làn-Ghaidheal agus (ii) Sàr-Gaidheal (ma's fearr leo sin an àite nam Paipearan-ceasnachaidh a tha Chomhairle Clann an Fhraoich ag cur a mach.)

Bha fiughair agam luaidh air mo thurus gu Barraidh agus Uidhist a Deas an so, ach tha taobh-duilleig Comunn na h-Oigridh air cur thairis cheana agus 's fheadar dhomh feitheamh gu an ath-mhìos. Sgùirdh mi le innseadh dhuibh mu'n ghnìomh fhialaidh a rinn Mgr. Alasdair MacLachlainn, Tobar-Mhuire; chuir e còig Puinnd Shasunnach chugam a chum ar n-obair an Comunn na h-Oigridh a chuideachadh. Gu'n leanadh iomadh Gaidheal eile a dheagh-eisimpleir.

SEORAS GALLDA.

## UIDHIST A TUATH.

Bha a' cheud Chuirm-Chnuic a chaidh a dheasachadh ann an Uidhist air a cumail anns a' Bhailehear, air Di-Sathuirne, an ochdamh là de'n og Mhios. Thainig buidhnean de chloinn agus de chairdean á Cairinish agus á Loch-nam-Madadh gu bhi ag cur seachad latha sunndach comhla ri comunn a' bhaile so le farpais is fearas-chuideachd. Bha còrr is leth-cheud sgoilear agus mu'n aireamh cheudna de inbhich cruinn air an raon aig an tigh sgoile. B'e iomain a' chluich a b'araide a bha air a' chlár, agus thug na gillean òga as na trì buidhnean cunntas math orra frein anns a' cheud fharpais iomaineachd a chaidh fhaicinn an Uidhist bho chionn iomadh bliadhna. Thaitinn sgiobaltachd nam balach leis na camain, ni nach b'aithne dhaibh a laimhseachadh bho chionn beagan mhìosan, gu mor ris an luchd-amhairc, agus tha dochas fhathast gu'n tig cluich na h-iomaine air ais gu Uidhist tre na balaich thapaidd a tha nis 'ga cleachdadh 's na sgoilean. Chord draghadh-na-saille (tug of war) gu ro mhath ris na chunnaic an spàirn a bha na laoch bheaga ag cur air an ròpa, agus cha b'e an deoin le taobh seach taobh gilleadh. Bha biadh mòr air ullachadh gu h-òrdail agus fhuair a' Chloinn uile an sàth. Chaidh an cumail ann am fonn le puirt aigeannach air a' phìob-mhoir aig amannan, 's i chaidh rompa 'nuair a chaidh an còmhlan tlachdmhor so ma sgaoil. Chaidh na duaisean a thoirt seachad leis a' mhgdn usail Nic Dhomhnuill, á Cairinish, agus dh'antaich Mgr. MacLeod, Loch-nam-Madadh leatha ann a bhi a' toirt taing chridheil do Chomunn a' Bhailehear air son gach doigh a ghabh iad gu bhith deanamh an latha soirbheachail. Is e ar dùrachd gu'm bi a' Chuirm-Chnuic so 'na ni bliadhnaid aig Comunn na h-Oigridh an Uidhist, agus gum bi iad a' dol nas fearr gach bliadhna.

## CLANN AN FHRAOICH.

### GAELIC PLAYS FOR CHILDREN.

A first prize of £3 3/-, and a second prize of £2 2/-, are offered for Gaelic Plays suitable for children. Prizes presented by Mr. George E. Marjoribanks.

The Plays should be in One Act, with the minimum of Stage Scenery, and take about 20 minutes to perform.

Entries must reach the Secretary, 212 West George Street, Glasgow, C.2, not later than 31st August, 1935.

### SECRETARY'S NOTES.

Provincial Mods are now being held throughout the country. During the course of the month I had the privilege of being present at the Dalriada Mod at Lochgilphead, which occupied two days, the Perthshire Mod at Aberfeldy, the Islay Mod at Bowmore, and the Ardnamurchan Mod at Strontian, while Mr. MacPhail attended the East Sutherland Mod at Brora, the Lewis Mod at Stornoway, the Skye Mod at Portree, and the South West Ross and Glenelg Mod at Kyle. The Lorn and Mull Provincial Mod was also held at Oban during the month. These Mods perform a valuable service in stimulating and maintaining a live interest in Gaelic matters, in their respective districts, and we are much indebted to the Local Committees who make all the arrangements.

\* \* \*

Mr. MacPhail sends us an interesting account of his visit to the East Sutherland Provincial Mod at Brora. A gratifying feature was the increased entries received in all sections; particularly in the junior oral competitions. The special Gaelic competition to encourage the practice of parents and children conversing in Gaelic in the home, which was held for the first time, aroused much interest. This is the type of competition we would like to see included on the syllabus of all Provincial Mods and we shall be glad to give details concerning it to anyone desiring particulars.

\* \* \*

At the concert which followed the Mod in the evening, many well-known Gaels travelled from such far distant places as Durness, Kinlochberrie, and Thurso, to attend. Sir Alfred N. MacAulay, who was to have presided at the concert, was unable to do so, as he was then under doctor's orders. He, however, called at the hall during the day and received a great ovation. This was his first public appearance since receiving his knighthood. It was a pleasing tribute from his own people.

\* \* \*

The Northern Sub-Committee are endeavouring to have the Gaelic Competitions at the Northern Counties Musical Festival held during one day. At present, these competitions are spread over the three days of the Festival, and it is felt that more interest would be attached to the Gaelic items, if a day of the proceedings was set aside for them.

\* \* \*

The Feill promoted by the Local Committee, at Edinburgh, in aid of the National Mod funds

was most successful. The proceeds will constitute a gratifying addition to the funds already in hand. We would like to take this opportunity of expressing our thanks to the ladies and gentlemen who assisted at the various stalls and to Miss Whigham, LL.B., and Mrs. John Bain, who acted as Convener, and Vice-Convener respectively. It was a splendid effort.

\* \* \*

In a few days we shall be busily engaged with Mod entries. The closing date for these is 20th July. It would be appreciated if competitors, who have already decided to go forward, would send in their names as soon as possible. The practice of leaving this important matter to the last moment adds considerably to the work of the office. We would earnestly solicit the assistance of competitors in this direction.

\* \* \*

Another important matter is, that competitors should remember that no individual entries will be accepted for Competition 46, which is specially reserved as the final test for the Mod Gold Medal awards. This competition is confined to the six competitors of each sex, who stand highest in the "Oran Mor" No. 47 and 48, and the "James Grant" competition No. 49. Will competitors please make a note of this.

\* \* \*

We are always very glad to receive reports from our overseas readers. In a letter from the Rev. D. Maclean Sinclair, he informs us of a considerable revival of interest in the language and literature of the Highlands in Eastern Prince Edward Island, due chiefly to the efforts of the Gaelic Society of Orwell Head, which was organised last winter, with Mr. R. C. MacLeod, as President, and Mr. Walter Ross, as Secretary. Ceilidhs were held fortnightly in the homes, with an average attendance of thirty-five, ranging in age from twenty to eighty-four. The language was studied under the direction of Rev. D. MacLean Sinclair. The most part of each evening was spent studying grammar, while the remaining time was occupied with Gaelic songs and readings. The society closed for the session with a Gaelic service in the Orwell Head United Church, at which there were more than three hundred present. The sermon was preached by Mr. MacLean Sinclair, and the praise was led by Mr. John S. Martin, Uigg. It is hoped to continue the Ceilidhs in the autumn with an increased membership. Gaelic classes were also conducted by Mr. MacLean Sinclair, throughout the winter in Heatherdale, another section of his. As a result of the

enthusiasm created by the work of this society, and the widespread influence of the classes, many enquiries were received from all over Canada about suitable text-books for similar classes in other areas.

\* \* \*

Another letter has been received from Rio de Janeiro. Mr. Donald MacKay, a Highlander, who writes a good Gaelic letter, is anxious to perfect his knowledge of the language. He would like if some of our members would correspond with him, and assist him in his desire. We trust some of our readers will respond to this appeal. Mr. MacKay's address is—Caixa Postal 989, Rio de Janeiro, Brasil.

\* \* \*

The Treasurer desires to thank the members who have so promptly responded to the circular intimating that subscriptions for the current year, 1st June, 1935 to 31st May, 1936 are now due. It would be appreciated, if those who have not already done so, will kindly send their subscriptions to him as early as possible.

## CRAOBH-SGAOILEADH.

### An Airde Tuath.

Chumadh coinneamhan de Iar Chomhairlean a' Chraobh Sgaolaidh agus an Fhoghlaim, an Inbhirnis, air a' cheud là de'n Og-mhios agus bha deichnear de na buill an lathair.

Thuir an t-Urr. Calum Mac Ileadhain gu'n robh iad uile toilichte am Fear-gairme fhacinn air an ceann a rithist agus gu'n robh iad an dòchas gu'm biodh e a' dol o neart gu neart.

Thug am Fear-deilbhe iomradh air a obair bho chruinnich a' Chomhairle mu dheireadh agus ghabhadh ris. Mhìnich e gach ullachadh a thatar a' deanamh airson Cuirmean Comunn na h-Oigrìdh 's an Taobh-Tuath. Tha Cuirm mhór gu bhi an Caisteal Dhun-Bheagain agus bidh aithisgean 'g an sgrìobhadh mu dheidhinn an latha sin mu'm bi au litir so an clò.

Bha Fo-Chomhairle a' Chraobh-Sgaolaidh de'n bheachd nach b'urrainn am Fear-Eagair a obair a dhanamh cho coimhlionta gum am biodh Cagar-céin (Telephone) 's an tigh aige agus rùnaich iad gu'n cuireadh iad iarrtas a dh' ionnsaigh Comunn a' Chraobh-Sgaolaidh, gu'm biodh sin air a dhanamh.

Chaidh Feachd ùr a chur air bonn 's an Drochaid Ruaidh agus tha nise 14 ceangailte ris a' mheur so, seachd gillean agus seachd caileagan. Bha Ceilidh ghlasda 's an Tigh-Sgoil 's an fhasgar agus euidich an Oigrìdh leis a' Chlar-Eagair gu pongail. Labhair Mgr. Mac Phàil air cùisean a bhùinneas do'n Oigrìdh.

Air an 23mh là de'n Chéitein, air iarrtas Rùnair Mòd Bhrùra, chaidh Mgr. Mac Phàil gu Cataobh agus chuir e an ordugh Clar-Eagair a' Mhòid sin. Chumadh an Mòd air Di-haoine, an 7mh là de'n Og-mhios agus is e so Mòd as soirbheachala bha an Taobh an Ear Chataobh fathast. Bha na Co-fharpaisichean lombhor agus bha e taitneach fhacinn gu'n robh aireamh cho mór a' leughadh agus ag aithris.

Bha Iain Og Mac Ille na Brataich 'na Fhearcathrach anns an Talla mhór ré an latha. Cha do chriochnaich na deuchairnean gu leth uair an deidh sè feasgar. Bha Cuirm-chiuil thogarrach ann an deidh sin agus bha an Talla mòc cho làn 's a chumadh e. Bha a' Bhean-usal Nic Uilleim anns a' chathair agus thug an Coirneil Gunnach seachad Oraid an Gaidhlig choimhlionta.

A bharrachd orra-san a choisinn duaisean aig a' Mhod, chuidich Iain Og agus Bhalter Ros le bhi seinn Oran agus thug Bean Iain Og seachad na duaisean.

Tha taing A' Chomuinn Ghaidhealaich aig luchd-comhairle a' Mhoid so airson na h-obrach shonruichte a tha iad a' deanamh, agus gu h-àraidh aig Mgr. Daibhidh Grand, An Runair, agus Mgr. Alasdair Sutharlanach, an t-Ionmhasair.

### An Airde Deas.

Bha an Runaire an lathair aig fosgladh na Feille moire a bha an Dun Eideann air an là mu dheireadh de mhios a' Cheitein. Chumadh an Fheil so le Comhairle Ionadail a' Mhoid agus dhiol i dhoibh gu tàbhachdach air son gach saothair a chleachd iad 'na h-uidheamachadh. Dh'fhosgladh an Fheil, air a' cheud là, le Baintighearna Lochiall agus mar is gnath leatha thug i oraid ghlasda seachad. Chaidh an Fheil fhosgladh air an làrn-a-mhàireach le Fionghall nic Leoid nan Leòdach.

Bha an Runaire an lathair aig Coinneimh an Dun Eideann air an treas là de'n Og Mhios, agus a bha ris aig coinneamhan seasmach an Glaschu air a' cheathramh agus an coigeamh là.

Chaidh Mgr. MacGille Sheathanaich gu Mod Dhairiada, an Ceannt Lochgillb air an aoba là deug. Bha latha na h-Oigrìdh for thaitneach gu h-àraidh an ròinn an leughadh is na h-aithris. Cha robh uidhir de na h-inbhich erwin is a b'abhaist, ach rinneadh obair mhathe leosan a fhrithheil. Bha a' Bhean Usal Nic Ghilleathain Aird-Ghobhair anns a' chathair aig Cuirm Chiuil na h-oigrìdh agus Baintighearna Ealasaid Chaimbeul aig Cuirm Chiuil nan Inbheach.

Bha an Runaire an lathair aig Mod Sierramachd Fhairte an Obair-Pheallaidh, air

a' cheathramh là deug. Cha robh uidhir chomh-fharpaiseach 's an lathair 's a bha am Baile Chloichridh an uridh, ach thug na bha ann rogha 's taghadh aithris is ceòl do'n chuideachd ghasda a bha cruinn. Bha am breitheamh làn toilichte leis an leughadh agus leis an aithris. Mur bitheadh am Mod bliadhnaid so cha bhiodh staid na Gaidhlig ach gle iosal an Siorramachd Pheairt.

#### EDINBURGH MOD DONATIONS.

Previously acknowledged ... ..	£423	2	3
<b>Received at Head Office—</b>			
Bute Branch ... ..	3	0	0
Dunoon Branch ... ..	2	2	0
Oban and Lorn Association ... ..	3	0	0
Aberdeen Branch ... ..	3	3	0
Mrs Marjoribanks, Sonachan ... ..	0	5	0
Alex. Duncan, Esq., Manchester ... ..	1	1	0
Clachan (Lochbroom) Branch ... ..	1	0	0
A. MacFadyen, Esq., Benton ... ..	0	5	0
Walter MacFadyen, Esq., Brookfield ... ..	0	5	0
Miss Agnes W. Walker, Edinburgh ... ..	0	5	0
Major A. Fraser, Findhorn ... ..	0	5	0
Colin Paterson, Esq., Campbeltown ... ..	0	5	0
Malcolm MacCallum, Esq., Balfour ... ..	0	15	0
Miss F. M. E. Brereton, Inverness ... ..	0	5	0
Col. D. A. MacVean, Kichrenan ... ..	0	10	0
Miss Susan MacKenzie, Luing ... ..	0	2	6
Lt.-Col. M. B. H. Ritchie, D.S.O., Laggan ... ..	1	0	0
Duncan MacCowan, Esq., Luing ... ..	0	2	6
Mrs. N. G. Lumsden, Dingwall ... ..	0	5	0
Lochgilphcad Branch ... ..	2	2	0
<b>Received at Edinburgh—</b>			
Net Drawings at Grand Highland Feil in St. Cuthbert's Halls, Edinburgh, organised by Mod Local Committee	1102	8	3
Proceeds of Gaelic and English Play, produced by Mr and Mrs D. J. Laing, Edinburgh, and Dance in Oddfellows Hall, Edinburgh ... ..	11	2	7
Mrs Louise W. Carnegie, Skibo Castle, Dornoch (for Mod Prize Funds) ... ..	10	10	0
Edinburgh Sutherland Association ... ..	10	0	0
Sir Alexander Grant, Bart. ... ..	5	0	0
Proceeds of Ceilidh per Miss C. B. Cameron, Glasgow ... ..	3	15	0
Donald Maclean, Esq., and Mrs Maclean, Edinburgh ... ..	2	2	0
Allan M. Matheson, Esq., Edinburgh ... ..	2	2	0
Rev. A. MacMillan, Edinburgh ... ..	1	1	0
W. G. Campbell, Esq., Thurso ... ..	1	1	0
D. C. Macintyre, Esq., Islay ... ..	1	1	0
James MacKillop, Esq., Islay ... ..	1	0	0
Ian A. Hunter, Esq., Islay ... ..	1	0	0
Edinburgh Gaelic Choir, per W. J. Maclean, Esq. (further donation)	1	0	0
Miss Helen A. Dudgeon, Musselburgh	1	0	0
Aberfeldy Branch of An Comunn ... ..	1	0	0
Mrs Matheson, Edinburgh ... ..	0	10	6
Miss C. F. Matheson, Edinburgh ... ..	0	10	6
W. L. Sleigh, Jun., Esq., Edinburgh ... ..	0	10	0
M. Macintyre, Esq., Islay ... ..	0	5	6
	<b>£1599</b>	<b>19</b>	<b>7</b>

#### MEAL A NAIDHEACHD.

Phòs Iain Og Inbhir-néill agus Mairead F. NicGhilleseathanaich air a' choigeamb là deug de'n Og-mhios. Tha sinn ag cur meal a naidheachd orra. H-uile là sona dhaibh, gun là idir dona dhaibh. Is fhada o dhearbh Iain L. Caimbeul gur Gaidheal is fìor Ghaidheal e. Chan eil mòran ann aig a' bheil barrachd ùidh ann an cor is an cànan nan Gaidheal na e; agus chan e mhàin gur h-àrd sgoilear Gaidhlig e—dhearbh e sin leis an leabhar mhòr fhoghlumte a chuir e mach, "Orain Bliadhna Thearlaich"—ach tha mothachadh aige air stidheachadh is feum nan Gaidheal, gu h-àraidh feadh nan Eileana. Tha sinn ag creidsinn nach eil aige ach toiseach toiseachaidh ann a bh' seasamh cànan is cùis nan Gaidheal anns gach dòigh. Bu dual dha sin.

Chan 'eil a bhean-nuadh-phosda ceum air dheireadh air. Ged a chaidh a togail an tùs a h-òige, an America, bha i a chòmhnaidh o chionn aireamh bhliadhnanach an Uidhist a deas, agus is grinn Gaidhlig bhinn bhlasda nan Eileana air a teangaidh. Mar bu dual do'n dithis aca is ann an Gaidhlig a bha h-uile facal de'n t-seirbhis-phòsaidh. Buaidh is piseach orra.

#### KINTYRE PROVINCIAL MOD.

The twelfth Kintyre Provincial Mod was held at Campbeltown on 9th and 10th May. There was a gratifying attendance of Junior competitors, and their work was of a very high standard.

Mr George E. Marjoribanks, Sonachan, presided over the Grand Concert on the closing evening.

The adjudicators were:—Gaelic—Mr John A. Nicolson, M.A., and Mr. Neil Shaw, Glasgow. Music—Mr. Hugh Hunter, Mus.Bac., Rothesay.

The following is a list of the first-prize winners:—

#### JUNIORS.

Oral Delivery.—Gaelic poetry reading—1, Mary Smith, Tayinloan. Prose reading—1, I. Richardson. Poetry recitation—1, Mary Smith. Dialogue—Anna MacDonald and I. Richardson. Prose recitation—1, Mary Smith.

Instrumental Music.—Pianoforte—1, Nan Wilkie, Lochgilphcad. Violin—1, George M'Nellan, Carradale.

English Solos.—Girls under 12—Flora Campbell, Carradale. Boys—Iain MacDonald, Campbeltown. Girls under 16—1, Etta Reppeke, Campbeltown. Boys—1, John M'Sporran, Campbeltown.

Gaelic Solos.—Boys—1, Iain MacDonald. Girls—1, Etta Reppeke. Boys and girls—1, Helen M'Lulich, Lochgilphcad.

Duet singing—John M'Sporran and Donald Campbell, Campbeltown.

Unison singing—Choir under 12 years—1, Kinloch School Choir. Under 16 years—1, Drumlemble Choir.

Choral singing (two-part harmony)—Drumlembie Choir. Unison singing (English choirs)—1, Grammar School Choir.

#### SENIORS.

Gaelic reading at sight—1, Isa MacDonald, Tayinloan. Poetry recitation—1, Isa MacDonald. Prose recitation—1, Isa MacDonald. Best original Gaelic speech—Isa MacDonald. Sgeulachd—Isa MacDonald. Scripture reading—1, Charles Reppke.

Gaelic solos—Women—1, Rose MacConnachie, Southend. Men—1, John M'Kendrick, Campbelltown. Men and women—1, Charles Reppke. Former first prize winners—1, William Galbraith, Carradale. Puirt a beul—1, William Galbraith.

English solos—Women—1, Rose MacConnachie. Men—1, Duncan M'Intosh. Duet singing—1, Mairi M'Dougall and William Buchanan, Carradale. Quartettes 1, Carradale No. 3.

Ladies' choirs—Drumlembie Choir. Mixed choirs (Gaelic)—1, Tarbert Choir. Mixed choirs (puirt a beul)—1, Carradale Choir. Mixed choirs (English)—1, Carradale Choir.



### THE LORN AND MULL PROVINCIAL MOD.

The above Mod was held in Oban on 6th June and attracted large attendances at each session. Mr. John MacDonald, President of the Oban Branch, presided over the closing concert in the evening.

The adjudicators were:—Gaelic—Mr. Peter Fletcher, Oban; Rev. A. MacDonald, Ardchattan; Mrs. MacGregor, Oban; Mr. D. MacPherson, M.A., Appin; Rev. John Macpherson, M.A., Taynuilt, and Mr. Donald Thomson, M.A., Oban. Music—Mr. John MacDonald, Oban, and Mr. James Murray, L.R.A.M., Kingussie.

The following is a list of the first-prize winners:—

#### JUNIORS.

Solo Singing.—Prescribed song—1, Margaret MacQueen, Easdale. Competitor's Choice—Girls—1, Margaret MacQueen; Boys—1, David MacQueen, Easdale. Under 12—1, Anna B. MacQueen, Easdale.

Reading.—A' Phìobaireachd Fhalaich—1, Hughina M'Kinnon, Salen. Competitor's Choice—1, Mary M'ulloch, Oban.

Reciting from memory—1, Donald M'Kechnie. Reciting Poetry—1, Minnie Stewart, Oban. Reading at Sight—1, Grace Campbell, Oban.

Duet—Competitor's Choice—1, Thomas Black and Mary Black, Oban.

Unison Singing—1, Oban High School Junior Choir.

#### SENIORS.

Solo Singing.—Prescribed songs—1, Ena A. M'Cowen, Luing. Female Voices—1, Ena A. M'Cowen. Male Voices—1 and 2 (equal), N. Campbell, Luing, and Hugh Lamont, Pennygael, Mull.

Reading at Sight.—Prose—1, Neil MacGill, Oban. Duet Singing—Competitor's Choice—1, Ina S. Urquhart and Rev. A. E. Anderson, Dalmally.

Reciting from Memory—Poetry—1, Ian MacDuffie. Dialogue—1, Miss Mairi MacLucas and Miss Stewart, Glenforsa, Mull.

Solo Singing of Puirt a Beul—1, D. Campbell, Easdale. Quartette Singing (Mixed Voices)—1, Luing Quartette. Choral Singing in Harmony—1, Easdale. Choral Singing (Females)—1, Oban. Choral Singing in Harmony (Lorn and Mull Mod Trophy)—1, Luing.

### EAST SUTHERLAND PROVINCIAL MOD.

The third East Sutherland Provincial Mod was held at Brora on 7th June. The number of entries was in advance of former years.

